


Hall 195 h. 1(1-22)

National Library of Scotland



B000274327

BEOLADH AGUS MISNEACH

DO

NEACH A THA FO IOMAGUIN

AG

ARRAIDH AN DEIGH SLAINTE

LE J. A. JAMES.

EADAR-THEANGAICHTE

LE AONGHAS MAC AN T-SAIOR.

GLASGOW:
PRINTED BY JOHN NIVEN AND SON,
55, GLASSFORD STREET,
FOR THE GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY.

1840.

SCOTTISH ARTS AND CRAFTS SOCIETY

THE NATIONAL MUSEUM, GLASGOW

THE NATIONAL MUSEUM, GLASGOW



THE NATIONAL MUSEUM, GLASGOW

THE NATIONAL MUSEUM, GLASGOW

GLASGOW

THE NATIONAL MUSEUM, GLASGOW

THE NATIONAL MUSEUM, GLASGOW

THE NATIONAL MUSEUM, GLASGOW

GLASGOW

ROIMHRADH. —



CHaidh an t-Eadar-theangachadh a leanas a chlo-bhualadh le Comunn a th'ann an Lunduinn chum eolas Criosduidh a chraobh-sgaoileadh. Chaidh a thoirt doibh a nasgaidh, air chùmhanta s gu'n sgaoileadh iad e cho saor's cho farsuing's bu chomasach iad's na *cearnaibh* sa' *bheil Gaidheil a' tuineachadh*.

Ann's a' bheurla tha 'n leabhar air a dhealbh ann an cainnt dhùrachdaich dhruightich, ach gu tric tha na ceart bheachdan air an cur an céill ann an caochla cainnte's air an aobhar sin chunnacas iomchuidh earrannan dbeth a ghiorrachadh sa' Ghaidhlig.

B'e rùn an ùghdair leabhar so-thuigsinn a dhealbh air an son-san a tha miannachadh a bhi air an iompachadh, 's a tha chum na crìche sin toileach teachd gu bhi mar leanabaibh ann an sgoil Chrìosd; agus faodar a nis earailean an ùghdair a chur 'na chois anns an uidheam sa bheil e dol a dh'ionnsuidh nan Gàidheal.

Tha e'g earalachadh ort a leughadair, a leughadh le trom-smaoineachadh agus le ùrnuigh 'nuair a bhios tu 'na t-asnar's 'nuair nach bi dlù dhuit ach Dia agus do choinnseas fein. Agus nam bu mhiann leat buannachd fhaotuinn uaithe's ann mar sin a dh'fheumas tu a leughadh; oir cha'n ion dhuit fughair a bhi agad ri eolas slàinteil, ri fuasgladh o t-iomaguin, ri sith no ri naombachadh, mur toir Dia dhuit a Spiorad Naomh, agus ma's miann leat cumhachd an Spioraid feumaidh tu aslachadh. Leugh e leis a Bhiobull aig t-uilinn's fosgail suas gach earrann do'n Sgrìobtur a thachras ort ann, Sann tha 'n leabhar so chum do threorachadh a dh'ionnsuidh a' Bhiobuill's cha'n ann

chum seasamh 'na ionad, agus bu chronail dhuit gu cinn-
teach nan rachadh seasamh mar so eadar thu agus focal
Dhe. “ Mar naoidheana air an ùr bhreith” arsa 'n t-
Abstol “ iarraibh bainne fìor-ghlan an fhocail chum as gu
fas sibh leis.” I Pead ii. 2. Agus mar is iad na naoidh-
eana sin a's fhearr a shoirbhicheas a th'air am beatha-
chadh le bainne-cioch am màthar is iad na h-iompachain
sin a's motha bheir iad fein suas do leughadh focail Dhe,
a's motha dh'fhàsas ann an gràs.

SEOLADH AGUS MISNEACH

DO

NEACH A THA FO IOMAGUIN.

CAIB. I.

Ro churam a thaobh slainte reusonda agus feumail.

A LEUGHADAIR, chaidh do dhùsgadh o cheann ghoirid, le trocair Dhe, gus a cheist chudthromach sin a chur, le tomhas do chùram, “ Ciod is còir domh a dheanamh chum gu'n tearnar mi?” Cha'n ioghnadh thu bhi fo churam, 'se'n t-ioghnadh nach robh thu mar sin roimbe so mu'n chuis, nach 'eil t-iomaguin anis ni's truime, agus nach 'eil gach aon aig am bheil focal De fo 'n churam cheudna. Air gach cor tha 'n iomaguin so ceart, agus tha neo-churam r'a bhi air a chronachadh. Tha neo-chùram mu'n anam agus dearmad air slainte ro amaideach agus ciontach. Tha 'n dealas a's deine's na cuisibh sin ni's lagha ioghnaidh, 's ni's reusonta na caoin-shuarachas, mar chithear o na beachdaibh a leanas.

1. *Is creutair neo-bhàsmhor thu a rugadh air son siorruidheachd.* Theid Linntean lionmhor mar ghainneamh na tragh, 's mar dhuilleach na frithe, seachad, ach romhad tha'n t-siorruidheachd bhuan. Tha gach lá ga d' thoirt ni's dluithe air sonas no air piantaibh siorruidh. Faodaidh tu básachadh ann an tiotadh agus tha thu cho dlú air neamh no air ifrinn's a tha thu air a bhás. Cha'n ioghnadh thu chur na ceiste, “ Ciod is coir domh a dheanamh chum gu'n tearnar mi?”

2. Ach chithear os barr cho iomchuidh 's a tha 'n cùram so ma *bheir thu fanear gur peacach thu.* Bhris thu lagh Dhe; rinn thu ceannairc 'na 'aghaidh; bha thu ga d' ghnàthachadh fein mar nàmbaid dha, agus rinn thu e' na nàmbaid dhuit. Dh' fhàgadh aon chionta fein do chor eagalach. Bheireadh aon pheacadh diteadh lagha Dhe ort

agus dh'fhàgadh e thu dorsach d' a chorruih; ach tha do pheacanna ni's mò ann an àireamh's ann am meud na dh' fhaodas tu thuigsinn. Ann am fianuis Dhé cha robh thu riainh ach a' cur peacaidh an gnìomh. Chuir t-euceartan glàodh air son dioghaltais asuas gu neamh. Tha thu gu fìor fo mhallachadh an Uile-chumhachdaich.

3. *Smuainich cìod e call an anama.* Is e call an anama call gach ni a's caomh le duine mar bhith neo-bhàsmhor: is e call néimh e—leis gach urram sonas agus glòir—call deadh ghean Dhe—ni is e beatha gach bith reusonta—is e call gach àigh e—call dochais tearmunn deireannach an duine thruaigh. Is e call an anama gach ni a ta 'm focal uamhasach sin Ifrinn a' ciallachadh—is e bhi giùlan feirge Dhe gu sìorruidh; is e teachd anuas mallachaidh an Uile-chumhachdaich air spiorad an duine, no mar 's fhearr a dh'fhaodar a radh, tuiteam an spioraid anns a' mhallachadh sin, mar do loch a ta losgadh le teine 's le pronnusc. Nach fìor 's nach solaimte briathra Chrìosd, “ Cìod an tairbhe ta ann do dhuine ged' chosnadh e'n saoghal uile agus 'anam fein a chall? no cìod i a' mhalairt a bheir duine air son 'anama?” Cha dean deoir, osnaich, no pìanta sluaigh an t-saoghail asuas meud na truaighe a th'air fhilleadh asteach ann an call aon anama, 'Sceart mata a dh'fhaodas tusa a tha'n cunnart na truaighe sin a radh, “ Cìod is còir domh a dheanamh chum gu'n tearnar mi?”

4. Tha 'n iomaguin so reusonta, *ma bheir tha f' anear gu bheil call sìorruidh an anama gu ro thrìc a' tachairt.* Is cuis uamhais cho mòr e, 's ged nach tachradh e ach uair sa' bhliadhna, no sa' cheud bhliadhna, gu 'm bu chionta ro mhòr dhuit a bhi neo-iomaguineach mu'n chùis: ach nach motha 'n cionta so 'nuair is dosgairn so a tha tachairt gach la. Tha ar Tighearna 'g innse dhuinn gu bheil an t-slighe gu sgrios air a dumhlachadh, am feadh is tearc iad a tha 'g imeachd 'air slighe na beatha. Tha ifrinn a' fosgladh a beoil, 's a' slugadh sluaigh gu'n aireamh. Nach eagalach r'a smaointeachadh, agus nach coslach a chùis, gu faod thusa bhi 'measg an t-sluaigh sin! Faodaidh cuid do na leughas an leabhar so a bhi ré na sìorruidheachd maille ri anamaibh cailte: is e ur gliocas agus ur dleasnas mata, bhi 'g altrum na h-iomaguine sin a tha feoraich, “ Cìod a ni mi chum gun tearnar mi?”

5. *Faodar slainte fhaotuinn*, 's mur b'ann mar sin, bu diomhain a bhi iomaguneach mu'n chuis; agus bu chruaidh an ni iomaguin a bhrosnachadh nach biodh am feasd air a fuadach le seilbh air a chuspair sin a dhùisg i. Cha'n'eil do chor eu-dochasach, faodaidh tu bli air do thearnadh; tha cuireadh agad gu bhi air do thearnadh. Bhàsaich Criosd chum do thearnadh, 's tha Dia feitheamh gu d' thearnadh; tha gach cothrom 's gach comhnadh agad chum na criche sò. Faodaidh tu ruigheachd air slainte; tha'n t-sochair air a toirt dlu dhuit; agus coirich thu fein mar faigh thu seilhh oirre. Cha'n'eil t-iomaguin mata, air a dhùsgadh mu ni air nach faodar ruigheachd.

6. *Fhuaradh slainte cheana le mòran, agus nach faodar a faighinn leatsa?* Tha sluagh gun àireamh chean' air neamh 's tha tuillidh a' triall air an t-slighe gu slainte. Tha Dia fathast cho toileach agus Criosd cho comasach thusa shaoradh's a bha e iad-san; 's c'arson mata nach bitheadh tu air do thearnadh.

7. *Agus nach àghmhor an t-sochàir slàinte!* Sochair a tha gabhail asteach uile shlaibhreas gràis, agus saibhreas a's àirde na sin, saibhreas na gloire; saorsa o pheacadh o bhàs agus o ifrinn, seilbh air mathanas, air sìth, air namhachd 's air neamh; sochair a tha neo-chriochnach, bith-bhuan: a bha'n rùn na Diadhachd o shiorruidheachd, a choisneadh le Mac Dhe air a' chrann-cheusaidh, agus a lionas an t-siorruidheachd le sòlas. O cia suarach faoin gach cuspair a's airde miagh a measg dhaoine 'gun ghuth air faoinies gun stà, ann an coimeas ri slainte! Saibhreas, inbhe, cliu agus urram, cha'n'eil ach mar dhus na sligethomhais, an coimeas ris "an t-slainte a tha ann an Iosa Criosd, maille ri glòir shiorruidh." Co aig am biodh an t-suim a's lugha d'a shonas féin nach abradh, "Ciod a ni mi chum gu'n tearnar mi?"

8. *Tha'n cor sam bheil thu air do shuidheachadh chum slainte fhaotuinn ann an cuid fahhorach agus ann an cuid neo-fahhorach.* Tha gradh Dhe neo-chriochnach; tha toillteanas Chriosd neo-chriochnach; tha cumhachd an Spioraidh Naoimh neo-chriochnach: tha Jehobhiah' toileach agus a' feitheamh gu d' thearnadh; tha Criosd ga d' chuireadh; tha na h-uile ni ullamh, 's tha gras Dhé air a thairgsinn gu t-iompachadh. Air an laimh eile, tha cridhe truailidh agad, 's tha thu ann an saoghal sam bheil

na h-uile ni a' feuchainn ri t-aire tharruing o shlainte. Tha Sàtan ri dicheoll chum t-inntinn a dhalladh, an saoghal chum do smaointean 's do chridhe lionadh le nithibh eile, ionnus gu'r " h-ann air eigin a thearnar am firean." Cha 'n urrainn thu 'n saoghal fhàgail 's thu fein a dhùnadh suas mar aonarach, ach 's ann a dh'fheumas tu slainte t-anama iarraidh amearg iomairte agus buaireis an t-saoghail, far am bheil cùram an anama 'n cunnart a bhi air 'fhuadach le cùram a' chuirp, agus ar n-aire bhi air a tarruing o nithibh neo-fhaicsinneach agus siorruidh le nithibh faicsinneach agus aimsireil. O's duilich an tomhas iomchuidh do shuim a thoirt do na nithibh a ta làthair, agus gun tuillidh 's a' chòir! Cia duilich frithealadh gu ceart air nithibh saoghalta agus siorruidh; a bhi dian air son da shaoghail aig an aon am! Is math a dh'fhaodas na cuisean sin t-iomaguin a dhusgadh.

Cha 'n 'eil ni mata cho reusonta ri dian iomaguin mu shlainte; agus dh'fhaodamaid fheoraich. An coltach gu bheil fhios aig an neach sin a tha caoin shuarach mu shonas siorruidh, gu bheil anam aige? An duine no 'n ainmhidh e? Am bheil e 'na cheill no air mhi-cheill? E do ghna 'g imeachd air bile na creige tha 'n crochadh os ceann an t-sluichd gun iochdar, agus e gun iomaguin mu shlainte! O's cianail millteach am mi-chùram-sa! ~~A~~truim t-iomaguin mata. Feumaidh tu bhi fo iomaguin, oir 's iombuidh dhuit sin, oir as eugmhais sin cha robh 's cha bhi neach air a thearnadh. Tha slainte anama 'na saorsa cho mor, 's 'na cuis cho cudthromach, 's gur neochomasach gu 'm biodh an tiodhlac air a bhuileachadh air neach air bith nach bi dùrachdach ga fhaotuinn. Is ann chum na crìche-sa cliruthaichheadh thu agus a tha thu air do chaomhnadh le Dia air thalamh. C'arson a thug Dia dhuit buadhan-inntinne tha mar gu'm b'ann a'sealltuinn ri siorruidheachd, agus iarrtais thuige sin, mar bitheadh tu air do shonrachadh chum na crìche sin? Is e slainte shiorruidh crìoch araidh na beatha. Caill so, agus ciod air bith eile bhuannaicheas tu, chaill thu crìoch do chruthaichaidh. Ged gheibheadh tu stòras na cruinne agus uachdranachd an t-saoghail. Ged lionadh tu 'n talamh le d' chliù, 's ged bhiodh t-ainm air a luaidh gu linntibh deireanach an t-saoghail, ma chaill thu slainte t-anama chaith thu do bheatha gu diomhain. Tha cor an neach a's bochda

a fhuair riamh a' bheatha mhaireannach tre chreidimh ann an Iosa Criosd, ged nach biodh do thoinnisg aige ach na thuigeadh nàdur aithreachais, ged chaitheadh e a bheatha 'sa bhochduinn bu truaighe, ged rachadh adhlacadh an uaigh an duine bhochd air nach deachaidh déur a shileadh riamh; tha chor ni's mo ri blii air a mhiannachadh, na cor a cheannaiche bu mhotha saibhreas, a ghaisgich bu bhuaidhaire, a ghliocair a b'eagnuidhe, an fhilidh a b' oirdheirce bha riamh air thalamh ma's e gu'n do bhasaich e gun slàinte. Tha 'n inbhe's isle air neamh ri bhi air a roghnachdach gu fada thairis air an inbhe's airde air thalamh. Buanaich, mata ann a bhi feoraich, "Ciod a ni mi chum gu'n tearnar mi?" Na tionndadh neach t-aire air falbh o'n chùis-so. Fhad's a tha do mhiann air a' so, tha do shùil, do chridhe's do dhòchas socraicht' air a' chuspair a's oirdheirce san domhan; agus 'nuair a dh'fheuchadh càirdean aineolach r'a, thoir ort a chreidsinn gu bheil do chùram tuillidh a's trom, thoiré an aire chum an t-sluichd gun iochdar, agus feòraich an comasach thu bhi tuillidh a's durachadh gu dol as o phiantaibh? Tog an smaointean gu neamh, agus feòraich an urrainn neach a bhi tuillidh a's dùrachdach chum a ghlòir a bhuanachd? Duisg an smaointean mu'n t-siorruidheachd agus feòraich, an comasach neach a bhi tuillidh a's dùrachdach chum a bheatha mhaireannach a ghlacadh? Tarruing am beachd gu crannceusaidh Chrìosd agus feòraich, am bheil e comasach do neach air bith a bhi tuillidh's durachdach gus an t-sochair sin a bhuanachd air son an do bhàsaich e?

CAIB. II.

Beachdan druigh-teach mu dhiadhachd, agus cho feumail's a ta e an altrum agus an-tromachadh.

A PHEACAICH a tha 'nis air do dhusgadh agus fo iomaguin, is cudthromach an suidheachadh sam bheil thu san am so. Socraichidh an earann so do d'eachdraidh do chranncur siorruidh. Tha thu dùsgadh o shuain a' pheacaidh agus a' bhàis spioradail, agus anis eiridh tu an dara

cuid, chum an reis a chuireadh romhad a ruith, no tuitidh tu gu grad (mar ni iadsan nach lan dhuiseag) ann an cadal a's truime na rinn thu riamh. Tha Spiorad Dhé a' strìgh riut, agus geillidh tu 'n dara cuid d'a chomhairleachadh, 's cuiridh tu thu fein fo 'stiùradh gràs-mhor, no cuiridh tu doilgheas air le dearmad 's le bhi cur 'na aghaidh, agus imichidh e air falbh. Tha Dia 'ga d' tharuing le cordaibh gràidh; tha Criosd ag radh, " Feuch tha mi a'n'sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh." Tha'n Spiorad a' strìgh riut. Geill do na banntaibh mine sin; fosgail do'n Fhear-shaoraidh ghràs-mhor; na cuir doilgheas air an Spiorad agus na mùch a ghluasad san anam. Tha slàinte air teachd dlù, 's tha neamh a' fosgladh do t-anam. Cuimhnich gu faod thu 'n Spiorad a mhùchadh le dearmad cho math 's le bhi cur na aghaidh. Na bi, guidbeam ort, gun mhothachadh ceart agad air do chor. Cha bu chòir aon agartas coguise chur an suarachas na aon mhothachadh druigh-teach a dhearmad. Cha 'n urrainn thu fuireach fada sa' chor sam bheil thu, crìochnaichidh do gheur-mhothachadh an dara cuid ann an iompachadh no ann an caoin-shuarachas ni's motha; mar bhlaithèan an earraich bheir iad toradh an aithghearr no tuitidh iad gu làr. Ma lughdaichear an cùram fo'm bheil thu 'nis, treigidh e thu gu tur; agus mu ni e sin is ro choslach nach beothaichear e ni's mo. Is cunnartach an ni geur-mhothachadh air peacadh agus beachdan druigh-teach a chur an suarachas. Nam bu mbiann leat ma ta gun a mothachadh a th'agad anis a chall, gabh a chomhairle leanas.

1. *Aidich gu'm faod thu a chall.* Na smuainich gu bheil e neo-chomasach dhuit tuiteam air t-ais. Cuir fada uat nàdur baoth, fein-earbsach Pheadair, a thubhairt, " Ged gheibh gach uile dhaoine oilbheum annad cha'n fhaigh mise oilbheum gu bràth." Cha 'n 'eil ni cho cumanta ri cràbladh diombuan. Chithear gach la biuthas *So-lùbaidh*, ann an " Turus a Chrìosduigh." Is tearc iad a chluinneas an soisgeul air nach deanar uaireigin drùghadh. Tha miltean, a tha nis a' togail suas an sùl ann an dòruinn ag amharc air an ais air gach drùghadh a chaill iad. Na saoil, gu feum thu bhi air do thearnadh, a cheann gu bheil thu nis fo iomaguin mu shlainte. Siomadh aon a leughas na duilleagan so fo throm iomaguin a chuirear ri aireamh luchd cul-sleamhnachaidh. Crìochnaichidh fein-

earbsa ann an amhluidh, ach 'sann le cion muinghin annainn fein a sheasas sinn.

2. *Biodh eagal ort roimh thuiteam ann an caoin shuarachas.* Thugadh an t-eagal sin ort criothnachadh. Eigh ann an àmhghar spioraid, “ O saoil nan dearbhainn mi fein na m'chealgair, ma bhitheas mo mhaitheas mar neul na maidne no mar an driuchd moch, ma dh'fhàsas an cridhe so a tha nis mar gu'm b'ann cho dùrachdach, caoinshuarach; ma thilleas m'anam, nach 'eil, mar 's coslach fad o rioghachd neimh,—ma thilleas e air ais mar gu'm b'ann o gheataibh fhlaithheanais, 's nach triall e tuillidh ann an slighibh Dhé; ma thachras mo chairdean no mo mhinistear orm a'triall air m'ais, 's gu'n abair iad rium, “ Is math a ruith thu, ciod a chuir bacadh ort?” Is uamhasach an t-atharrachadh. Gu'm bacadh Dia 'na thròcair so.” Altruim na smaointean sin, agus bi mar gu'm bu roghnaiche leat am bàs na cul-sleamhnachadh, agus biodh am mothachadh so agad, gu'm b'fhearr leat buannachadh an toir air slàinte, ged a bhàsaicheadh tu cho luath 'sa bhiodh do pheacanna air a' mathadh, na beatha fhada 's an saoghal gu leir a bhuanachd, le tuiteam ann am mi-chùram. Cha'n eil nì cho uamhasach ri call bheachdan druigheach mu dhiadhachd ach call an anama fein, agus treoraichidh au ceud ni gus an dara ni.

3. *Bi'g urnuigh gu dùrachdach gu'n deanadh Dia do bheachdan druigheach, seasmhach, le còmhnaidh èifeachdach a Spioraid Naoimh.* Anis, a Leughadair, dean an da leasan so fhòghlum; gur h-e Dia ambain a sheulaichais na beachdan sin air do chridhe; agus nach fheudar duil altrum gu'n dean e sin ach amhàin ann am freagradh do ùrnuigh. Is ro fhéumail dhuit anns a' chor sam bheil thu, beachdachadh gu trom air an fhìrinn mhoir sin gur h-e fìor naomhachd ann an cridhe 'n duine obair Spioraid De. Na leugh sreath eile gus an trom-smaointich thu air an fhìrinn sin, 's gus an oibrich thu ad chridhe cho teann i, s gu'm bi i mar chulaidh gluasaid gu dleasnas 's mar rìghailt giùlain. Caillear gach géurmhothachadh 's gach beachd druigheach mar dean Dia féin seasmhach iad le cumhachd a ghràis; agus ni thu gu cinnteach an call mur deonaich Dia a neart dhuit. Tha e cho reusonta dhuit dùil a bhì agad ri solus gun a'ghrian, agus ri diadhachd as eugmhais Dhé. Cha tig 's cha tuin-

ich mothachadh naomh am feasd anns a' chridhe ach le Dia; agus uaithe sin 's e's rinn agus is stà do ùrnuigh an cumhachd gràs-mhor sin fhaotuinn. 'Se ùrnuigh an ceud céum ann am beatha na diadhachd, an dara ceum 's an treas céum; tha ùrnuigh da rìreadh féumail re turus a Chrìosduigh. A pheacaich a th'air do dhùsgadh, feumaidh tu bhì 'g ùrnuigh. Feumaidh tu cothrom fhaotuinn air a bhì 'd' aonar, feumaidh tu gladhach gu tréun ri Dia; féumaidh tu a chòmhuidh asluchadh; feumaidh tu earann a thoirt bharr do chadail, mar bì uine agad san latha air son ùrnuigh. Ann an aon seadh bu choir dhuit a bhì 'g ùrnuigh do ghna; agus spiorad na h-ùrnuighe a bhì gabhail cònuidh annad gun do threigsinn, ach a bhì ghnà a' d'aomadh gu t-iarrtuais a chur suas san tigh, 's air an t-slighe, air do leabaidh 's ameasg do ghnothaichibh agus is e bu chòir dhuit a bhì 'g aslachadh nach bàsaicheadh do ghéur-mhothachadh, ach gum buanaicheadh e chum iompachaidh. Faodaidh tu bhì léughadh leabraichean, sear-moinean eisdeachd, comhairle chur ri cairdibh, deadh ruintean altrum, ach leabhraichean, cairdean, sear-moinean, agus deadh ruintean cha dean stà mur deonaich Dia a Spiorad Naomh. Is glé thrì le luchd-toiseachaidh a bhì 'g earbsa tuillidh 's a choir, agus tuillidh 's beag ri Dia. Mar faigh thu uine air son ùrnuigh ann an uaigneas, tha cho mhath dhuit stad 's gun dol ni 's fhaide 'n toir air slàinte; oir as éugmhais ùrnuigh cha bhì thu air do thear-nadh.

4. Chum do bbeachdan druigheach a ghleidheadh, agus buanachadh an tòir air slàinte feumaidh tu cur romhad cùl a chur ris gach nì peacach a' d' chaithe beatha agus a bhì faicilleach an aghaidh peacaidh, "Iarraibh," arsa Dia, "iarraibh an Tighearna am feadh a ta e r'a fhaotuinn; gairmibh air am feadh a ta e 'm fagus: tréigeadh an t-aingidh a shlighe, agus an duine eucorach a smuainte; agus pilleadh e ris an Tighearn, agus nochdaidh e tròcair dha, agus ri ar Dia-ne, oir bheir e maitheanas gu pailt." Isa. lv. 6, 7. "Ma dheasaicheas tu do chridhe agus gun sin thu da ionnsuidh do lamhan; ma bhìòs euceart a' d' laimh, cuir fada uait i." Iob xi. 13, 14. Is iomchuidh dhuit fhiosrachadh air ball, gur li-e'n t-slainte th'ann an Crìosd saorsa o pheacadh. "Bheir thu Iosa mar ainm air; oir saoraidh e a shluagh fein o'm peacaibh." Mat. i. 21. arsa'n

t-airgeal ri Joseph 's e toirt rabhaidh dha mu bhreith Chriosd. "A thug e féin air ar son, chum gu'n saoradh e sinn o gach aingidheachd, agus gu'n glanadh e dha fein sluagh sonraichte éudmhor mu dheadh oibribh." Tit. ii. 14. Is ro fheumail dhuit e bhì gu soillear a' d' bheachd, gur gairm naomh an t-slaime tha thu 'g iarraidh. Gach ui ta peacach a' d' nadur, mar tha mi-run, dioghaltas agus anamianna; gach ni a ta peacach a' d' chomhradh, mar tha bréugan, ana-cainnt agus cul-chàineadh; gach ni ta peacach 'nad chleachdadh, mar tha briseadh sàbaide, éucoir, mi-shuairceas, mi-dhleasdnas do pharantaibh 's do mhaighstiribh; feumaidh iad sin uile bhì air an diobradh gun mhoille agus gu buileach. Ma ghleidheas tu aon pheacadh aithnichte, mùchaidh e gach géur-mhothachadh 's cuiridh e as do d' bheachdaibh druighteach. *Mur'eil thu deonach do pheacanna a dhìobradh cha slainte tha thu 'g iarraidh.* Faodaidh tu shaoilsinn gu'r miann leat a bhì d' chriosduidh; agus bithidh tu leughadh a bhìobuill, agus ri urnuigh, agus fritheilteach air searmoin, agus is ioghnadh leat nach 'eil thu dol air t-aghaidh ann an diadhaich; ach theagamh gur h-e's aobhar dha sin, nach 'eil thu toileach do pheacanna a dhìobradh, an inntinn shaoghalta, toileachadh na feola, no cleachdadh eigin a' tha buannachdail no taitneach dhuit, ged tha fhios agad gu bheil e peacach. Cha soirbhich t-anam anns a' chor inntinn so. Amhaire gu furachail san taobh-stigh; geur-bheachdaich air do ghiùlan, agus seall am bheil ni air bith annad is fiosrach thu bhì cearr, ach gidheadh nach miann leat a dhìobradh: ma tha, is diomhain dhuit a smuaineachadh gu'n gleidh thu 'n drughadh a rinneadh air do chridhe, 's gum fàs thu d' chriosduidh. Cuimhnich gu feum thu cur romhad do pheacanna a thréig-sinn gun dàil. Tha Augustin ag innse gu'm bu ghnà leis a bhì 'g urnuigh ri Dia gu'm bitheadh e air iompachadh, 's le guidhe aig a' cheart am, "A Thighearna cha'n ann an trasda." Bha mhiann air teachd beo ni b' fhaide a' toileachadh 'anamianna, mu'n do thilleadh e o dhroch shlighibh chum an Tighearna. Tha cuid mar sin a tha 'g aidmheil gur miann leo bhì, air an iompachadh aig am eigin, 's am peacanna a chuiteachadh, ach "cha'n ann an trasda." Tha gné do mhothachadh 's do 'iomaguin a thaobh slainte an co-chuideachd ri mairneal 's ri gràdh do pheacadh eigin; agus socraichidh iad a chùis le bhì cur rompa am peacadh

sin a dhiobradh aig am éigin eile. Is uamhasach am mealladh e! Tha Dia ag radh is e so an t-am, agus fre-agair thusa, seadh a Thighearna; air an uair so is miann leam a bli air m' iompachadh o gach peacadh.

Agus cha-n e mhàin gu féum thu bhi toileach am peacadh a threigsinn ach feumaidh tu faire dheanamh 'na aghaidh. Is cudthromach an cor-inntinn sam bheil thu; agus is ro bheag an caidreamh a bheir thu do'n pheacadh, 'nuair a dh'fhaodas e gach faireachadh cràbhach fhudach. Faodar eadhon le géill a thoirt do dhroch nàdur call nach leasaichear a dheanamh do t-anam, 's do ghrabadh 's tu'n tòir air a'bheatha mhaireannaich. Dean faire gu sònraichte 'n aghaidh a pheacaidh sin a tha 'g iathadh mu'n cuairt, ort 's gabh earail an Abstòil. Eabh. xii. 1. Aig a' cheart am chomhairlichinn thu gun tuiteam ann am mi-mhisnich ged thuislicheas tu air uairibh fo chumhachd buairidh. 'Sann bu choir do gach tuisleadh mar so t-fhagail ni 's faicilliche, ach gun do thilgeadh ann am mi-mhisnich.

5. *Tha e ro fhéumail dhuit thu féin a dhealachadh o chombanaich mhi-dhiadhaidh.* Feumar misneach agus fein-aicheadh cruaidh, ann a bhi treigsinn comunn do luchd eolais; ach ma 's daoine mi-dhiadhaidh iad feumar a dheanamh. Leugh briathran Dhe mu'n chuis. Salm cxix. 63; Gnath. i. 11—16; xi. 12—19; xxix. 6; xiii. 20; 1 Cor. xv. 33; 2 Cor. vi. 14—18. Thoir géill do na h-earailibh sin agus tréig comunn na h-aitim sin le 'n suarach diadhachd. Bheir an cuideachd san còmhradh a thaobh thu o shlighe na naomhachd. Bithidh an gòraiche, an neochùram, 's an dìmeas air slainte sgriosail do gach faireachadh cràbhach. Gheibh na Chrìosduidhean a's airde ann an naomhachd,—gheibh iad sin fein an comunn ro mbi-chairdeil d'an diadhachd, agus seachnaidh iad e mar a dh'fhaodas iad; ach nach bi 'e gu mor ni's cunnartaiche dhuitse, 'nuair nach 'eil do chreidimh ach fann! Mar feuch combanaich mar sin ri d'chùram a thaobh t-anama fhudach air falbh le m'fanoid, ni 'u comhradh 's an giùlan do chràbhachd a chrìonadh, mar a chrìonas an ear-ghaith blàithean an earrach. Feumaidh tu mata, an dara cuid, do chombanaich pheacach a threigsinn no do shlàinte, oir mar bris thu mach o d'chombanaich mhi-dhiadhaidh, faodaidh tu dòchas na beatha maireannaich a leigeadh dhìot, oir cha mhair smaointean cràbhach ann an comunn na' mi-dhiadhaidh.

Am bheil càirdeas air thalamh a b'fhearr leat na slainte, agus nach b'fhearr leat a chall na bhi air do sgrios?

6. Is ro fheumail gu'n gnàthaicheadh tu gach còmh-nadh a gheibhear o'n sgriobtur a's fearr gu mothachadh ceart air diadhachd a chumail suas anns an anam. Dean sin a chleachdadh gu grad's gu dùrachdach: Tha t-anam an cunnart, tha neamh r'a iarraidh, 's ifrinn r'a sheachnadh; tha Sàtan r'a bhi air a cheannsachadh, agus slàinte ri bhi air a faotuinn. Tha do naimhdean lionmhor laidir, agus iomadh ceap-tuislidh san rathad ort. Lengh na h-earanna a leanas do fhocal Dhé, agus faic co dhiubh tha diadhachd na h-obair fhurasd agus fhaoim. "Iarraibh air tùs rioghachd Dhe, agus 'fhìreantachd-san," Mat. vi. 33. "Deanaibh spàirn chruaidh gu dol astigh air a'gheata chumhann: oir a ta mi 'g radh ribh, gu'n iarr mòran dol astigh, agus nach urrainn iad," Luc. xiii. 24. "Deanaibh saothair cha'n ann air son a' bhìdh a theirgeas, ach air son a' bhìdh a mhaireas chum na beatha sìorruidh," Eoin vi. 27. "Comhraig deadh chomhrag a' chreidimh, gabh greim do 'n bheatha mhaireannaich," 1 Tim. vi. 12. "Ge b'e neach leis an àill teachd a'm'dhèigh-sa, aicheadhadh se e fein agus togadh e a chrann-ceusaidh agus leanadh e mise." Marc viii. 34. Nach iad sin na samhlaidhean's na briathran druighteach! Nach faodamaid a cheist a chur. Co ma seadh a dh'fheudas a bhi air a shaoradh: ma tha leithid do spàirn's do chùram feumail? Is ann air éigin a thearnar am fìrean. Mar iarr thusa le Daibhidh, le d' uile chridhe deadh-ghean Dhe, cha sealbhaich thu gu sìorruidh e. Tha e cho coslach gu'n ruigeadh tu mullach na beinne's airde gun saothair s gu'n ruig thu neamh gun spàirn. Ma tha thu 'n duil gu'n dean do dhùrachd agus oidhirpean faoine feum, tha thu air do mhealladh, 's mar is luaithe chuirear ceart thu's ann is fearr; ach ainmichidh mi nis na meadhonan bu choir dhuit a ghnàthachadh.

Grad thoisich air léughadh nan sgriobtura gu dùrachdach. Mar naoidheana air an ùr-bhreith iarraibh bainne fìor-ghlan an fhocail, chum as gu fàs sibh leis. 1 Pead ii. 2. Is e'm Biobul lòn an anama, mar's e bainne na cìche beathachadh an leinibh, agus tha e cho coslach gu'm fàs an naoidhean gun lòn, 's gu'm fàs thusa ann an eolas no ann an gràs as eugmhais nan sgriobtura. Lengh a chum a bhi air do theagasg agus a chum gu'n deanadh am

focal drùghadh ort. Leugh le cùram's beachd-smaoin-eachadh. Na dearmaid leabhar Dhé air son leabhairichean dhaoine. Na gabh leabhar air bith an aite bhiobuill, ach mar chulaidh mhineachaidh. Mar bi e cho taitneach leat an toiseach 'sa shaoil thu, cleachd a léughadh, agus fàsaidh e ann am miagh leat mar theid thu 'n eòlas air. 'Se's coslaiche gu mothachadh druigheach air diadhachd a chumail suas auns an anam, agus do dhithis air am bheil curam an anama, is e'n neach sin a's dùrachdaiche léughas focal Dhé, a's docha fàs ann an diadhachd. Na caill misneach ged nach tuig thu na h-uile ni: tha mòran ann a thuigeas tu. Leugh an toiseach na Saim, na soisgeil, agus na lithrichean.

Fritheil air searmonachadh an t-soisgeil. Eisd am facal le dearbh-chinnt nach bi searmoin chum buannachd ach mar bheannaicheas Dia i. Amhairc os ceann a' mhinistear ri Dia. Theirig o ùrnuigh uaignich gu aoradh follaiseach, agus o aoradh follaiseach gu ùrnuigh uaignich. Gabh am focal do d'ionnsuidh fein, eisd air do shon fein, eisd air son slainte. Na fritheil air meadhona nan gràs ann an doigh aotrom neo-chùramach. Seachainn còmhradh faoin'nuair dh'fhàgas tu 'n t-searmoin; 's na géill do na droch spioradaibh sin a dh'iarras siol math an fhocail a ghoid, a cridheachan na h-aitim sin auns am bheil e air a chur.

Gabh cothrom air dol gu coinneamh-urnuigh. Tha urnuighean dhaoine diadhaidh mar oiteagaibh ciuine a sheideadh srad na naomhachd ann an cridhe 'n iompachain òig, 's gu chuartachadh le aile na diadhachd. Anns na coinneamhan sin uithear ùrnuigh maille riut agus air do shon; cluinnidh tu ciod e faireachadh agus iarrtas Chrìosduidhean a's faide air an aghaidh, agus an urnuighean bithidh am easg nan teagasg a's luachmhoire. Mar sin bithidh do chridhe air a cheangal ann an gràdh ri sluagh Dhe.

Iarr teagasg agus comhairle caraid dhiadhaidh ris am faod thu bhi saor ann an cur an ceill cor t-inntinn. Bi tathaich comunn nam firean. Na bitheadh uaire ort do ghràdh do aobhar Dhé's d'a shluagh, a dheanamh aithnichte. 'S lionmhor iad le 'm miann an sith dhiomhair a dheanamh ri Dia, a cheanu gu bheil eagal, uabhar, no buannachd shaoghalta gu'n grabadh o aidmheil fhollaisich. Cumaidh iad an géur-mhothachadh dhoibh fein, agus uaitle sin a dhith còmhnaidh seargaidh e air falbh.

Ach gu h-àraidh leig t-inntinn ri d'mhinisteir, agus dean sin gun dàil. Theagamh gu bheil coinneamhan aige air son muinntir a tha fo chùram an anama, agus mur 'eil gabhaidh e do sgéul uait, agus bithidh co fhaireachadh aige riut a' d' imcheist. Ma tha e mar a Mhaighstir neamhuidh, "le a ghairdean cuairtichidh e na h-uain, agus giulainidh e iad 'na uchd; iomainidh e gu séimh an spreidh a tha trom le h-àl." Na biodh sgàth ort dol d'a ionnsuidh, tuigidh e do chàs agus ni e gu bàigheil do theagasg agus misneach a thoirt dhuit d'a reir. A Gheibh thu ann an leth-uair do chòmhradh ri leigh anamanna, tuillidh còmhuidh, na o mhòran leabhraichean agus shearmoinean.

Ach cuimhnich, an déigh so uile, gur cunnart gu'n earbar tuillidh 's a chòir a meadhonaibh, cho mhath 's gun dearmaidear iad. Na dichuimhnich na thubhairt mi a thaobh obair Spioraid Dé. Is é t-Fhear-cuideachaidh: na deanadh cairdean no ministeir, no leugadh no eisdeachd, n'am Biobull féin t aomadh air falbh o d'mhuinghin san Spiorad Naomh. Is lionmhor iad a bhios mar gum b'ann guu dòchas ach ann an cleachdadh mheadhonan; ma thachras dhoibh a bhi air falbh o shearmoin, no ma bhitheas iad gun an ceart àireamh 's an ceart ghné òrduighean a chleachd iad, bithidh iad dubhach, frionasach; agus bithidh am micheidimh 's am frionas ro dhiubhalach dhoibh. Feumaidh sinn earbsa a Dia, agus a Dia amhàin, a bheannaicheadh a shluaigh an duibhre na gainntir, far nach bu chomasach am Biobull a léughadh, no an cianalas an fhàsaich, far nach bu chomasach searmoin soisgeil a chluinntinn.

Is feumail gun tuigeadh tu gu soillear, gu bheil gràs Dhè ann ad shlainte saibhir agus saor. Cha toill t-oidhirpean fein e, agus ma gheibh thu e, cha'n ann mar dhuais air son t-oidhirpean fein chum a bhuanachd. Ma shaoileas tu gu bheil còir agad air a ghràs a tha feumail chum t-iompachadh, a cheann thu bli'g aidmheil a bhi ga iarraidh, tha thu mar iadsan a bha dol mu'n cuairt "a chur am fireantachd fein air chois 's nach do strìochd iad fein do fhìreantachd Dhe." Rom. x. 13. Airson do gheur-mhothachaidh, t-iomaguine, t-urnuighean 's do dhéuraibh; air son frithealaidh air searmoin, air son aon atharrachaidh o'n leth-nuigh cha'n urrainn thu còir agiadh air duais o Dhia, 's cha 'n 'eil e mar fhiachaibh air-san do shaoradh air son aon ni aig nach 'eil sùil r'a ghlòir; gus an creid thu geall-

adh Dhe cha 'n'eil so mar fhiachaibh air. Tha thu 'na mbeinn 's ma shaorar thu 's ann o dheadh-ghean amhàin.

Na dein thu fein cinnteach gun crìochnaich t-iomaguin ann an iompachadh t-anama gu Dia. Cha 'n'eil ni's coslaich ris gach drùghadh a mhilleadh, na bhi cinnteach gun iompaichear thu chionn gu bheil thu fo chùram d'a thaobh so. Leugh mi nu dhuin' uasal, a mbothaich, air dha bhi 'n tinneas mòr, uamhas anabarrach ann a bhi sealltuinn air ais air a chaithe-beatha; 's a chuir fios air a mhinisteir, feuch a faigheadh e suaimbneas inntinn. Air dha teachd dh'innis an duin' uasal dha nan tugadh Dia dha sìneadh saoghail, gum biodh atharrachadh caithe-beatha aige 'na dhéigh sin. Rachadh e gu bunailteach do'n eaglais, cheasnaicheadh e 'sheirblisich; bhiodh aoradh Dhé aige 'na theaghlach 's 'na sheòmar,—dheanadh e uile dhleasnais a Chrìosduidh. Dheònaicheadh a mhiann dha, 's bha e taingeil, 's cha do dhi-chuimhnich e 'gheallanna. Bhuaicheadh e fad iomadh mìos a' co-lionadh a bhoidean, fhad 's bu leir do dhaoibh. Ach ri ùine smaoinich e gu'm bu tuillidh 's a' choir na h-urrad chrabhaidh. An toiseach dhiobair e dleasnais an t-seomair 's an teaghlach; agus sgithich e do dhleasnaibh eile. Bhuaicheadh e ùine 'na dhéigh sin aris le tinneas gàbhaidh agus chomhairlich a chàirdean dha cuir air son a' mhinisteir, chum gun tugadh e comb-fhurtachd d'a spiorad ledinte. “Cha chuir” ars' esan “an deigh dhomh gach gealladh a rinn mi do Dhia a bhriseadh, cha'n urrainn suil a bhi agam ri tròcair.” Fhuair am bàs e sa' chor-inntinn thruagh so, 's ghiulain, se e far nach bi caochladh. Faodar an sgeul so innseadh air mìtibh. Tha drùghadh mar so 'ga dheanamh air inntinn a' pheacaich, a blièir aobhar dòchais do chairdibh 's do mhinisteiribh—ach nan dòchas cha 'n'eil ach mealladh. “Nuair a mharbh an Tighearna clann Israeil, an sin dh'iarra iad e, agus phill iad, agus bha iad gu moch ag iarraidh Dhe; agus chuimhnich iad gu'm b'e Dia an carraig, agus an Dia a's àirde am Fear-saoraidh. Ach rinn iad mìodal ris le'm béul, agus rinn iad bréug dha le'n teangaidh.” Salm lxxviii. 34—36. Ach bha choslas orra gu tric a bhi treibhdhireach an am bhi toirt geallaidh, ach cha b'ann le treibhdhìreas diadhaidh; oir cha robh an cridhe ceart maille ris, agus cha robh iad dìleas 'na choimhcheangal. 37. agus is e b'aobhar nach robh iad dìleas 'na choimhcheangal, ged chaidh drùghadh a dheanamh orra, nach robh an cridhe ceart maille ri Dia.

Cha 'n 'eil ministear nach toir dearbhadh soillear mar so, nach tig géur-mhothachadh agus drùghadh mar so daonan gu h-iompachadh. Ghluais mi fein air turas a' Chrìosduidh le triùr chombanach. Bha h-aon diubh féumail dhomh ann an iomadh dòigh, ach nochd e nach robh 'na 'aidmheil ach cràbhadh gearr. Thill aon eile dhinbh gu pheacadh, mar am madadh " chum a sgeith fein, agus a' mhuc a chaidh a nigheadh chum a h-aoirneagan san lathaich " An treas aon dh'fhàs 'na anacreideach, 's 'bha éud cho mor air son a bharailean millteach, 's gun robh e la's a dh'oidhche 'sgriobhadh leabhar a chuireadh amach le anacreideach sonraichte.* Ri uine ghlac tinneas gàbhaidh e; dhuisgeadh a choinnseas—bha 'agartas piantach, a chnàmhan inntinne uamhasach. Dh'iarr e gach sgrìobhadh anacreideach a rinn e, a losgadh. Threig a chombanaich 's a bharailean anacreideach e gu grad, agus an lathair caraid, d'an d'aidich e chùl-sleamhnachadh, rinn e boidean aithreachais. Dh'aisigeadh a shlainte dha, ach mo thruaighe thuit e air falbh aris, mar b'ann gu anacreideamh, gu caoinshuarachas mu dhiadhachd.

Tha na cùisean muladach sin a'dearbhadh gu'n iarr mòran dol astigh air an dorus chumhann, nach coi-lion an rùn. Agus tha chùis, marsin, cha 'n ann a chionn nach'eil Dia toileach an saoradh, ach gu bheil iad a' stad aig géur-mhothachadh, gun dol air an aghaidh gu fìor-iompachadh. Is cunnartach dhuit a bhàralachadh, gur cinnteach gu'n tearnar thu a chionn gur miann leat anis a' chùis a bhi mar sin. Is fìor, far na thòisich Dia an obair mhath, gun giùlain e air a h-aghaidh i gu latha Iosa Crìosd, ach na dean thu fein tuillidh 's cinnteach gu'n do thòisich i. Faodaidh tu o'n chor-inntinn sam bheil thu misneach a ghabhail gu dòchas altrum gu'm bì thù air do thearnadh, ach 's ann bu chòir do'n mhisnich sin a bhì steidhichte air gealladh 's air nádur Dhé 's ni h-ann air t-fhaireachadh fein. Ma tha tlachd agad sa' chor-inntinn so; 's ma shaoileas tu naithe so gu bheil mar fhiachaibh air Dia t-iompachadh, ma tha thu ga mheas so mar ghealladh 's mar earlais chinnteach air slainte, an aite bhi 'ga mheas mar spàirn air sou slàinte, a dh'fhaodas air theagamh soirbheachadh, a reir 's

* Paine's " Age of Reason."

mar nithear e—is e sin an rathad chum gach drùghadh a chall, agus tilleadh aris chum a pheacaidh, 's an t-saoghail. Amhairc air t-iomaguin mar staid inntinne, ma 's e 's gu'n tig i gu fìor chreidimh, a chrìochnaicheas ann an slàinte: altruim an iomaguin so, agus iarr gràs Iehobhah chum fìor aithreachas a thoirt dhuit a thaobh Dhe agus fìor chreidimh 'nar Tighearn Iosa Crìosd.

Faodaidh sinn a' chuis so a shoilleireachadh o'n sgéul a leanas. “Nuair bha mi ro òg, arsa duine ro dhiadhaidh,” chaidh mi o'n tigh le m' athair, agus 'na chòmhradh rium dh'earalaich e mi gu diadhachd am oige, an aimsir sin san dòcha drùghadh ceart a bhi air a dheanamh air inntinn, agus gun a bhi cur dàil sa' chuis 's e toirt fanear gu'n robh a bheatha neo-chinnteach 's gu'n robh e ro choslach nach tillinn ri Dia 'nam sheanu aois, an deigh do dhroch cleachdanna fàs laidir le buanachadh sa' pheacadh. Chum drùghadh ni bu mho orm nuair dh'innis e'n sgéul so dhomh. Bha mi, ars esan, a' tighinn dachaidh, feasgar, le duin-uasal araidh agus le mac dha. An deigh greis sheanachais thionndaidh e r'a mhac; 'A mhic, ars esan, ged nach robh mise cho cùramach a thaobh m'anama 's bu chòir dhomh, mar bu mliann lean do shonas sìorruidh-sa, ghuidhinn ort an lathair Mr W. gun m' eiseimplair-sa leantuinn. 'S tric a dh'asluich mi ort an duine so bhi agad mar chombanach; treòraichidh e thu air an t-siighe gu neamh. Guidheam ort comunn nan daoine oga sin a's combanaich dhuit a chuiteachadh, 's bi tathaich cuideachd a' choimhearsnaich so. “Tha mise nis arsa mi fein làn do ghnothaichibh saoghalta, 's mi mòran ni 's sine na ur mac, agus is iad a cho-aoisean fein combanaich a's fhearr dha.” Air dhomh so a ràdh stad e'n t-each, agus le mor dhùrachd thubhairt e r'a mhac, “Cha'n fhag mi so gus an geall thu dhomh do dhroch chombanaich a dhiobradh, 's an duine so bhi agad na chombanach. Cuimhnich diadhachd a' d' oige; 's na dean mar a rinn mise. 'Siomadh géur-mhothachadh a dhearmaid mi, 's anis tha mo chridhe cho cruaidh rìghinn's nach drùighear air.” Bhuail na facail mu dheireadh sin mi le h-uambann. Bha mothachadh cho druigheach agam air cor uambasach an t-seann duin' uasail 's gu'n robh a bhriathran a ghnà a' fuaim a' m' chluasaibh; 's mi fo eagal gu'n tuitinn fein ann an cor cho cianail; Dh'fhas mo chridhe teth an taobh stigh dhìom; nuair a bha mi a beachd-

smuaineachadh las an teine; Bha cùram m'anama teachd f'anear dhomh; 's cha do shearg an drùghadh so a rinneadh orm re uine."*

CAIB. III.

Cho feumail's a ta e eolas fhaotuinn air an sgrìobtur agus beachdan soillear air an fhirinn.

Is gann gu bheil cùis d'am bu choir aire na h-aitim, a tha fo chùram an anama, a stiuradh ni bu durachdaiche, na eòlas air innleachd na saorsa agus teagasgan an sgrìobtur. Thoir oidhrip air beachdan soillear tuigseach fhaotuinn. Cha 'n 'eil ann an cùram mòran dhaoine ach miann aineolach a bhi cràbhach; is gann a tha aon bheachd soillear aca thaobh creidimh. Tha muinntir eil' ann a tha beagan ni 's fiosraiche, ach nach beachdaich air diadbachd ach mar bhuaireas inntinn, no mar ionchar cleachdaidh o'n leth nuigh. Is feumail anis gu'n tugadh tu fàinear gu feum do dbiadhachd a bhi steighichte air eolas. Theirear ri fìor iompachadh "teachd gu eolas na firinn." Mar gnàthaich thu na meadhonan chum teachd an eòlas air an fhirinn, traoghaidh t-iomaguin agus seargaidh gach drùghadh. Tha mòran r'a fhòghlum 's r'a fhiosrachadh, cho mhath 'sa tha r'a fhaireachdainn 's r'a dheanamh, 's cha 'n urrainn t-fhaireachdainn na do dheanadas a bhi ceart, mar fòghlum thu. 'Se 'n t-aobhar gu bheil a choilìon a tilleadh air an ais, agus muinntir eile a triall cho mall, nach fench iad ri eòlas fhaotuinn air an fhirinn. Nach feum am fear-siubhail sealltuinn air a' chairt-iuil? Agus ciamar a gheibh thu gu neamh gun bheachdachadh air a Bhiobull, cairt-iuil na slighe? No abair gun robh thu 'n gainne airgid, 's gu'n d'innis caraid seòl dhuit anns am faigheadh tu saibhreas. Saoil an toisichadh tu le othail chum na sochairean sin a bhuannachd? Nach ann a theireadh tu? "Tha mor shoirbheachadh an earbsa ri eolas air an t-seoladh sgrìobhta

fhuair mi o'm charaid. Leughaidh mi le cùram e's gus am bi lan thuigse agam air, oir is diomhain dichìoll mar bi e gu ceart air a sheoladh." Tha so reusonta; agus nach 'eil e cho feumail dhuit eòlas fhaotuin a thaobh creidimh chum 's gu'm biodh tu da rìreadh diadhaidh? Tha tomhas eolais do-sheachnaidh. Is e diadhachd aithreachas a thaobh Dhe; ach an urrainn thu aithreachas a dheanamh mar aithne dhuit an Dia sin an aghaidh an do pheacaich thu, an lagh a bhris thu, 's am peacadh a chuir thu 'n gnìomh? Is e diadhachd creidimh 'nar Tighearn Iosa Crìosd, ach an urrainn thu creidsinn mar aithne dhuit co ann, agus cìod a ta thu r'a chreidsinn? Is e diadhachd gradh Dhe; ach an urrainn thu gràdh a thoirt do bhith nach aithne dhuit? Feumaidh tu ùine, 's cothrom a ghabhail gu beachd-smaoineachadh mu'n chuis; tuigse thoirt ceum a ghniomha: oir feumar diadhachd a mheorachadh mar ealdhain a tha r'a fhòghlum, cho mlath agus mar mhothachadh a tha r'a fhiosrachadh, 's mar riaghailt a tha ri bli air a coimhead. Is feumail dhuit a thuigsinn aig an ìnbe so nach ginear creidimh no mothachadh air bith ach tre eòlas. Ma tha mhiann ort neach a chreidsinn, a ghràdhachadh no gairdeachas a dheanamh ann; feumaidh aobhar a bhì air son a chreidsinn; agus maitheas éigin a choisneas do ghràdh; agus cùisean éigin a bhios 'nan aobhar gairdeachais. Cha chuirear aigne air bith gu gluasad ach le eòlas air cuspair éigin a dhùisgeas e. Is feumail, mata, fàs ann an eòlas air nithibh naomha. 'Se 'n dòigh sam bi do chreidimh air a mheudachadh, a bhì fàs ann an eòlas air na nithibh sin a tha thu r'a chreidsinn; agus nam bu mhiann leat a bhì air do fhreumhachadh ann an gràdh, feumaidh tu bhì air do fhrenmhachadh gu daingean ann an eòlas air a chuspair a tha thu r'a ghràdhachadh. 'Se riaghailt naduir, an toiseach aithne fhaotainn, an sin mothachadh, 's aris cur an gnìomh agus tha gràs a leanntuinn riaghailt naduir. Mar sin feumaidh an neach a tha fo chùram anama a shùil a shuidheachadh air cuspairibh an taobh mach dha fein, 's a th' air an taisbeanadh ann an focal Dhe. 'Siad na cùisean sin bu choir dhuit a thuigsinn.

1. *Nàdur Dhe.* Is e eòlas air Dia stéigh a' chreidimh. Is Spiorad Dia, uile-chumbachdach, uil'-fhiosrach, agus uile-làthaireach, a' rannsachadh chridheachan, 's a' feuchainn airnean chlann nan daoine. A thaobh buadhan a naduir,

tha e air a ràdh, “ Is gràdh Dia” agus “ Is solus Dia;” o’m bheil sinn r’a tbuigsinn, gu bheil e araon mathasach agus naomh. Seadh cho naomh’s nach’eil na neamha fein glan’na fhianuis. Tha e mar an ceudna cho teann cheart’s gu bheil iomlanachd a naduir a’ toirt air a chorruich a thaisbeanadh an aghaidh gach mi-dhiadhachd agus neo-fhireantachd dhaoine; ’s aig a’ cheart am is Dia e nach urrainn breug a dheanamh, ach a choi’-lionas gach focal geallaidh agus bagraidh. Gabh am beachd so mata air nàdur Dhe, an ti sin aig am bheil fuath agus naimhdeas neo-chriochnach do’n pheacadh; fìor-ghloine gun tomhas, ceartas neo-chaochlaideach agus fìrinn a sheasas. Beachd-smuainich air a’ chùis: ach an urrainn thu’n sealladh a ghiùlan? ’nuair tha na h-aingil a còmhach an aghaidhean le’n sgiathaibh an làthair na rìgh-chathrach, ’s ag ràdh, Is naomh, naomh, naomh an Tighearna Dia nan sluagh,” am feadh tha’m faidh a tuiteam sìos le h-uamhann’s ag éigheach, “ Mo thruaighe mi, is duine mi a chaidh a dhith, oir is duine mi aig am bheil bilean neò-ghlan.” Isa. vi. 5. O! aingidheachd agus peacadh uamhasach an duine am fianuis an De naoimh so!

2. Feumar an *lagh* a thuigsinn, lagh nan deich aitheantan; lagh nam modhanna. Feumaidh tu spioradalachd an lagha thuigsinn; ’se sin r’a ràdh gu bheil e’g iarraidh ùmhlachd na h-inntinne’s a’ chridhe, gu bheil e air a dheanamh air son ionada diomhair an anama, cho mhath’s air son a chaithe beatha. The Dia a’ faicinn agus a’ rannsachadh na h-inntinn, ’s tha e’g iarraidh ùmhlachd iomlan a chridhe, ’s a’ toirmeasg a dhroch ruintean. A reir lagha Dhe, mar tha e air a mhineachadh le Crìosd, is mort corruich aingealta, agus is adhaltras smaointe neo-gheimnidh. Tha’n lagh ag iarraidh o gach neach umhlachd iomlan o thoiseach gu deireadh a shaoghail, ann an smaoin, an cainnt agus an gnòimh. Cha laghdaich e iarrais agus cha ghabh e leth-sgeul laigse na feòla, Matt. v. 17—48; Seumas ii. 10, 11. Is cùis uamhasach iomlaineachd an lagha, is eagalach an sgàthan e do chréutair peacach ri amharc ann. Feumaidh tu mar an ceudna run an lagha thuigsinn; tha e air a thoirt dhuinn cha’n ann chum ar saoraidh, ach a chum ar riaghlaidh’s ar ditidh; a nochdadh dhuinn cìod e peacadh, ’s gu’r dìteadh air a shon, Rom. iii. 20; Gal. iii. 10. Mar aithne dhuit an lagh tha thu aineolach mu’n chuis.

Is e peacadh briseadh an lagha," 1 Eoin iii. 4. O! cia lionmhor agus cia mor t-euceartan-sa ma's peacadh gach seachran o'n lagh so, ann an cridhe 's an caithe-beatha! Agus cha 'n e so ambhàin, oir 's peacadh teachd gearr air an lagh cho math ri cur na aghaidh. Leugh briathran ar Tighearna, Matt. xxii. 37, 29; " Gràdhaichidh tu an Tighearn do Dhia le t-uile chridhe, agus le t-uile anam, agus le t-uile inntinn agus do choimhearsnach mar thu fein." Na ghràdhaich thusa Dia agus do choimhearsnach? Is cruaidh a cheist sin! Ciod an cor peacach san robh thu teachd beò! Bha do bheatha gu leir, na h-aon pheacadh mor; oir ciod am peacadh a's motha na gun Dia a ghràdhachadh, agus gradh a thoirt do'n t-saoghal, d'a fhaoinis agus do'n pheacadh.

3. Tha e feumail air an aobhar sin gu'n tuigeadh tu *olcas a' pheacaidh*. Tha daoine meas a' pheacaidh mar ni faoin: ach an dean Dia sin? Ciod a thilg Adhamh agus Eubh anach a phàras? Am peacadh. Ciod a bliath an seann saoghal leis an tuil? Am peacadh. Ciod a thug sgrios air Ierusalem, 's a sgap an sluagh taghta 'nam fògar-aich feadh an t-saoghail? Am peacadh. Ciod a thug tinneas, sgiorradh, saothair, iomaguin, cogadh, plàigh agus gorta do'n t-saoghal? Am peacadh. Ciod a thionndaidh an saoghal gu bli na aon ionad-adhlacaidh d'a luchd-àit-eachaidh? Am peacadh. Ciod a dh'fhladaidh lasraichean ifrinn? Am peacadh. Ciod a cheus Tighearna na beatha 's na glòire? Am peacadh. Ciod a dh'fheumas a bli anns 'a' pheacadh mata! Co ach Dia agus ciod ach 'inntinn neo-chrìochnach a thuigeas olcas a pheacaidh? Na smaointich thu riamh gu'r h-e aon pheacadh ambhàin a thug am bàs agus ar n-uile thruaighean do'n t-saoghal? Nach criothnaich thu 'nuair a smaointicheas tu gu bheil an t-olc sin annad-sa? Feuchaidh cuid r'a chur mar fhiachaibh ort gur ni suarach am peacadh; nach gabh Dia ach beag suim dheth, 's nach ruig thu leas a bhì fo urrad iomagaine. Ach ciod a ta Dia fein ag ràdh 'na fhacal, 'na fhreasdal, ann am piantaibh nan aingidh, ann an ceusadh a Mhic? Cha 'n e 'mhain gu bheil peacadh gu leor annad fein a bheireadh fodha thu gu sgrios, mar faigh thu mathanas, ach a dheanadh sluagh gun aireamh a thoirt gu leir-sgrios nan roinnte 'nam measg e.

4. Ach cha leòir gur h-aithne dhuit do *pheacanna*

gnìomh, feumaidh tu peacadh gin agus aingidheachd nàdurra do chridhe a thuigsinn. Tha peacadh do naduir ann cho 'math ri peacadh do ghiùlain; oir arsa ar Tighearn, "na nithe sin a thig amach as a' bheul, a ta iad a' teachd o'n chridhe, agns is iad sin a shalaicheas an duine, oir is ann as a chridhe thig droch smuainte, mortadh, adhaltrannas, striopachas, gadachd, fianuis bhreige, toibheum," Mat. xv. 18, 19. Is e'n cridhe 'n tobar truaille o'm bheil sruthean salach an droch caithe beatha a' brùchdadh. Se 'n cridhe tigh-taisg an uile. Gabhaidh muinntir leth-sgeul an droch ghiomhara le ràdh gu bheil cridheachan matha aca; cha 'n eil a' so ach mearachd truagh, oir tha cridhe gach neach, mòran ni's measa na ghiulan. C'arson nach 'eil daoine 'g iarraidh, a' toirt seirbhis agus graidh do Dhia? A cheann gu bheil an inntinn fheolmhor 'na naimhdeas 'na aghaidh. C'arson tha peacaich a' buanachadh sa' pheacadh? A cheann gu bheil gràdh aca dha nan cridheachan. Cha b'e so ceud chor an duine, oir chruthaich Dia Adhamh 'na choslas fein, 'se sin r'a ràdh, ann am fireantachd 's ann am fìor naomhachd, ach le easùhlachd a thoirt do Dhia, ann an itheadh a mheas thoirmisgte, thuit e ann an cor peacaidh, 's tha sinne nis 'nar n-oighreachan air a thruailleachd, Rom. v. 12—21. Is ro fheumail gu'm fiosraicheadh tu gu bheil thu gu tur truailidh ann ad nàdur fein, 's ann ad cheud-faidhibh uile; oir gun an t-eòlas so bithidh tu air do thoirt suas le ath-leasachadh faoin o'n leth-muigh, 's a' dearmad ath-nuadhachaidh iomlain san leth-stigh. Nam faiceadh tu neach air an robh tinneas gràineil, gun e ach a nigheadh a chraicinn, chuimhnicheadh tu dha, gur h-ann san fhuil a bha mathair-aobhair a ghalair, 's gu'm b'iomchuidh dha cungaidh a chleachdadh chum glanaidh na fala. Feumaidh tu 'n toiseach a' chraobh a dheanamh math, arsa Crìosd, oir cha toir droch chraobh toradh math. Mar sin feumaidh do chridhe bhì air athnuadhachadh, mu'n urrainn thu deadh oibre dheanamh. Feumaidh tu araon mathanas air son peacaidh gnìomh, agus do pheacadh gin-a bhì air a ghluasad air falbh. Feumaidh tu cridhe nuadh, Spiorad ceart, oir gun so cha 'n urrainn thu bhì air do thearnadh. Leugh Salm. li.; liiii.; Eoin iii. 1—8; Gal. v. 19—25; Eph. iv. 17—24.

5. Feumaidh tu grad-oidhirp a thoirt air beachdan soillear fhaotuinn air na th'aig dreuchd agus obair Chrìosd

mar eadarmheadhonair r'a dheanamh. Mar tuig thu chuis so, cha bhi dhuit ach tuairgne inntinn agus anshocair anama. Cha leòr dhuit fios a bhi agad, gu'n do bhàsaich Criosd a thearnadh pheacach: an d' thainig e riamh a' t-aire fheoraich, C'arson a rinn Dia peacaich a shaoradh san rathad so? C'arson a dh'fheum a Mhac teachd san fheadhail, fulang agus bàsachadh air a chrann-cheusaidh, air son an slainte? C'arson nach bu leòir gu'n deanadh iad aithreachas agus ath-leasachadh, chum mathanas fhaotuinn? Ach ciod an rùn a bha r'a choi-lionadh le bàs Chriosd? Nochdaidh mise sin dhuit a thaobh Dhe. Nach'eil Dia naomh agus nach gràin leis am peacadh? Seadh, tha dubh-ghràin aige dha. Nach e Dia Fear-riaghlaidh cothromach an domhain, agus nach d'thug e seachad lagh d'am bheil e 'g iarraidh ùmblachd iomlan; agus nach do bhagair e bàs orra-san a bhriseadh an lagh sin? Is ro fhior a chùis. Nach do bhris na h-uile dhaoine an lagh-sa, 's nach do thoill iad a pheanas? Is fior. Abair gu'n robh peacach a rùn-achadh aithreachais agus ath-leasachaidh, agus air dha aithreachas a dheanamh, gu'n gabhadh Dia air ais e gu' chàirdeas, agus abair gu'n deanadh e so anns gach cùis, c'àite 'm biodh 'fhirinn ann a bhi bagradh am peacadh a leantuinn le peanas, agus ciamar a bhiodh a naomhachd no fhuath do'n pheacadh air an taisbeanadh, n'a cheartas ann a bhi 'g a leantuinn le dioghaltas? Nach saoilte 'na ni faoin e peacachadh an aghaidh Dhe? nach biodh an lagh air a sgrios, agus riaghladh Dhe air a chur air chùl? An seasadh riaghladh Dhe no dhaoine, nam biodh mathanas air a shineadh do gach ciontach an déigh aithreachais? Ach their thu, ciod a nithear? Nach e aithreachas na th'aig a' pheacach r'a thairgsinn? Ach their mise, an e aithreachas na tha mar fhiachaibh air Dia iarraidh no ghabhail? 'S a bharr air a' sin cha'n e na th'aig a' pheacach r'a thoirt seachad, oir 's urrainn e peanas fhulang. A pheacaich, fo iomaguin 's fo gheur-mhothachadh mar tha thu, chuirinn ri d' choinnseas agus ri d' mhothachadh, 'na thoisich thu air bhi faicinn naomhachd Dhe agus olcas a' pheacaidh; 's an saoil thu gu'm b'urrainn thu 'm feasd a bhi aig fois, mar biodh agad ach aithreachas r'a thairgsinn? Dh' fheuch thu ris, ach cha b'urrainn thu. Dhiobair thu iomadh peacadh, 's thoisich thu air dleasnais a bha thu dearmad. Rinn thu leughadh, ùrnuigh, gul agus faire, ach am bheil sìth agad?

Cha 'n 'eil ars' thusa. 'S c'arson? A cheann gur fiosrach thu gu bheil Dia fìor, naomh agus ceart, 's nach comasach thu fhaicinn ciamar a dh'fhaodas e bhi naomh, fìor agus ceart, ma tha do pheacanna air a' mathadh air son aithreachais agus ath-leasachaidh amhàin. Is fìor a' chùis; agus bithidh do choinnseas am feasd mar chlaidhe lasarach 'gad fhuadach o Dhia, fhàd's nach 'eil agad ach deòir's ùrnuighean's do ghniomhara fein r'an tairgsinn. Tha 'nad choinnseas fianuis air naombachd's air ceartas Dhe; ach anis, "Feuch Uan Dhe a tha toirt air falbh peacaidh an t-saoghail," Eoin i. 29. "Neach a shonraich Dia 'na iobairt-réitich, tre chreidimh 'na fhuil, chum fhireantachd fhoillseachadh le mathanas 'nam peacanna a chaidh seachad tre fhadfhuilangas Dhe; a dh'fhoillsicheadh tha mi ag radh 'fhireantachd-san san am a ta làthair; chum gu'm biodh e cothromach, agus gu'm fireanaicheadh e'n ti a chreideas ann an Iosa," Rom. iii. 25. "Rinn e esan do nach b'aithne peacadh 'na iobairt pheacaidh air ar son-ne, chum gu bitheamaid air ar deanamh 'nar fireantachd Dhe; annsan." 2 Cor. v. 21. "Leag an Tighearn air-san aingidheachd gach aoin dinn." Isa. liii. 6. "Bhàsaich Chrìosd am fìrean airson an neo-fhìrean chum gu'n tugadh e sinne gu Dia." 1 Pead. iii. 18. 'S i chrìoch a th'aig bàs Chrìosd san amharc, cha 'n e Dia fhàgail trocaireach oir is e tiodhlac Chrìosd toradh gràidh Dhe, ach a nochdadh mar tha e 'na Dhia naomh ann am fuathachadh a' pheacaidh, 'na Dhia cothromach ann am peanas a dheanamh air, 's aig a' cheart am 'na Dhia trocaireach ann a bhi toirt mathanas. Bha bàs Chrìosd gu bhi foillseachadh naomh-ghràidh; 'se sin r'a ràdh fuath do'n pheacadh agus truas do'n pheacach; suim cheart d'a chliu d'a lagh's d'a riaghladh fein, maille ri suim throcaireach do shliochd truagh peacach dhaoine. Mar shoilleireachadh air a' chùis: Rinn rìgh àraidh lagh, gu'n cailleadh gach neach a bhiodh cioutach do adhaltranas, a shùilean. B'e 'mhac fein a cheud aon a thainig fo dhètheadh an lagha so. Bha 'n rìgh's an t-athair mar gu'm b'ann a strìgh: ma gheibh am mac mathanas, ciod a thig ris an lagh? ma nithear peanas air, cia mor an dosgainn do'n athair truaighe a nìic! Ach chuir an t-athair roimhe gu'n cailleadh e fein a h-aon d'a shuilibh—agus a mhac aon eile. An so bha peanas agus mathanas air an aonadh. Bha dìoladh air a dheanamh do'n lagh cho mbath's ged rachadh

a mhac fhagail dall. Cha d'aontaicheadh le litir an lagha, ach chaidh tuilleadh's a sheadh a choi-lionadh. Cha'n eil so air a thoirt mar lan-shamhladh air iobairt-reite Chriosd, ach mar shoilleirachadh air a ruintibh, a sheoladh gu'm faodar dioladh a dheanamh le fear-ionaid cho mhath's le fulangas a' chiontaich fein.

A pheacaich iomaguinich, biodh do shior-bheachd air iobairt-reitich Chriosd; oir ann an sin tha do dhòchas, t-aobhneas agus do bheatha. Faic Uan Dhe a' giùlan peacaidh an t-saoghail agus do pheacaidh-sa fòs. Beachdaich air urram an Fhulangaiche, air a chruaidh fhulangas, agus air toradh eadar-mheadhonachd. An robh e comasach tuillidh urraim a chur air an lagh na le'ùmhlachd? Am bu chomasach gu'n rachadh ceartas fhoillseachadh ni bu mhotha le peanas siorruidh a dheanamh air a' chinne daona gu leir? Na biodh fiamh ort dlùthachadh ri Dia tre Chriosd. Rinn e ullachadh air son a ghloir fein fhoillseachadh cho mhath's air son slàinte t-anama-sa.' Tha Dia air righ-chaitheir gràis: chaidh fuil na reite a dhòrtadh's a chrathadh; tha làmh na trocair a' sineadh amach beannachd na slàinte:—socraich do shùil air Iosa'n t-Eadar-mheadhonair—suidhich do dhòchas air iobairt; tagair a réite, agus is leat a bheatha shiorruidh.

6. Ach feumaidh tu mar an ceudna bhi air do theagasg anns an rùn a th'aig bàs Chriosd *do d' thaobh fein*. Agus ged's feumail sin, cha tric a tha e air a lan-thuigsinn leis a' pheacach a measg iomaguin Spioraid agus ceud agartas cionta. 'Nuair tha dioghaltair na fala air a thòir, 's tric leis gun smaoinichadh air ni sam bith eile ach tearuinteachd o dhioghaltas. Ach tha namhaid eile aige a bharrachd air ifrinn, agus is e sin am peacadh; agus ged rachadh a thearnadh o ifrinn, gun e bhi air a shaoradh o pheacadh, cha'n fhaigheadh e neamh. Chaidh an duine chruthachadh naomh agus mar sin sona. Cha b'e amhain gu'n do chuireadh e ann am pàras gun pheacadh, ach bha e air a bheannachadh le pàras an taobh stigh dheth. B'e'n naomhachd iomlan Eden'anama; 's b'ann a' so a bha e gluasad an co-chomunn ri Dia. Rinn an leagadh a thilgheadh amach as an neamh so air thalamh; dhorchaicheadh a thuigse, thruailleadh a chridhe, dh'fhàs a thoil fiar, 's a thogradh talmhaidh, feòlmhor, diabhlaidh. Cha b'e amhain gu'n robh a choguis luchdaichte le cionta, ach air a shàil so,

bha 'smaointean lan uamhainn roi' n Dia naomh sin, do nach b' àbhaist le ghuth 's le lathaireachd ach aoibhneas a thoirt a dh'ionnsuidh 'anama. Dh'fhàs anam 'na àite cònuidh do ana-mianaibh buaireasach. 'Na neo-chiontas ghràdhaich e Dia—bha gach cusbair 's a cheile mar e fein—Bha mhuin-ghin 's a dhùrachd ga dhlu-cheangal ri Dia—agus comhothachadh naomh ris a' chreutair. Ach anis ghearradh uapa le cheile e, 's thainig e fo uachdranachd fein-speis. 'Se so an dìlib a th'aig a shliochd gu leir; tha iad araon ciontach agus aingidh—cha 'n e amhain fo fheirg Dhe, ach air an creach d'a iombaigh; araon air an diteadh le Dia, 's air an toirt a thaobh uaithe.

Uaithe sin 'se 'n rùn a th'aig bàs Chrìosd cha 'n e mhàin ar tearnadh o pheanas ach o shalachar a' pheacaidh. Is fìor gur h-ionad ifrinn san toir ceartas De thairis an t-aingidh do'n truaighe thoill am peacadh: ach ciod i'n truaighe sin? Am fàgail dhoibh fein gu sìorruidh, le 'n ciontaibh lan-abaich: 's mar sin cha 'n e mhain gur h-e ifrinn fulang feirge Dhe, ach an fhearg sin maille ri aintighearnas a' pheacaidh gu sìorruidh. Anis tha bàs Chrìosd chum saorsa o chumbachd a' pheacaidh. Thugadh "Iosa mar ainm air; oir saoraidh e a shluagh fein o'm peacaibh;" 's cha 'n ann 'nam peacaibh. "A thug e fein air ar son chum gu'n saoradh e sinn o gach aingidheachd agus gu'n glanadh e dha fein slugh sonraichte, eudmhor mu dheadh oibribh." Tit. ii. 14. "Ghràdhaich Chrìosd an Eaglais agus thug se e fein air a son; chum gu naomhaicheadh, agus gu'n glanadh e i le ionnlad an uisge tre an fhocal; chum gu'n cuir-eadh e 'na lathair fein i'na h-eaglais ghlormhoir, gun smal, gun phreasadh no ni air bith d'an leithidibh sin; ach chum gu'm biodh i naomh agus neo-lochdach." Eph. v. 25—27. Mar sin 'si aidmheil chreidmheach 'nam baisedh, a bhi fo cheangal co-aontachadh ri crìochaibh 's ri rùintibh bais Chrìosd. Rom vi. 1—7. Gabhaibh mata beachdan cearta air rùn oibre Chrìosd. Tha agaibh ri sealltuinn ris-san air son slàinte. Ach ciod i slàinte? Cha 'n e mathanas amhàin, no saoradh o pheanas, na teas-raiginn o'n t-slochd gun iochdar. Aidicheam gur h-earrann do'n t-slàinte na beannachdan sin, ach cha 'n eil annta ach earrann dhith: tha slàinte ciallachadh ceusadh ar feòla maille ri h-an-tograibh agus a h-ana-miannaibh; marbhadh ar nàduir thruaillidh. 'Si 'n t-slàinte tha 'n sois-

geul a tairgsinn, cha 'n e mhàin saorsa o ifrinn ach saorsa o 'n pheacadh: cha 'n e mhàin teasraiginn o pheanas ach aiseag gu deadh-ghean Dhe; cha 'n e mhain gu 'dheadh-ghean ach gu 'iomhaigh. Bhàsaich Criosd chum do thogail gu inbhe Adhaimh mu 'n do thuit e, 's e sin gu staid naomh. 'Se 's crìoch do ghnàthachadh Dhe a thaobh a pheacaich ann an rathad trocaire, aiseag a ris gu bhi fo uachdranachd riaghailtean naomha 'na nàdur. Tha 'm foillseachadh air naomh-ghràdh san t-soisgeul gu bhi 'g atharrachadh a chridhe reasgaich, fhein-speiseil, shaoghalta, aingidh, gu choslas fein: agus air do nàdur na 'diadhachd a bhi air a roiun ris gu 'm bitheadh e air a dheasachadh air son co-chomunn a chumail ri Dia.

Anis feòraicheadh gach neach a ta fo iomaguin cìod a tha dh'easbhuidh air mar pheacach. Nach e saorsa anama o chumhachd cho mhaith 's o pheanas a' pheacaidh? Nach 'eil fein-mhothachadh cràiteach cha 'n e mhain air feirg Dhe a' teachd anuas ar son a pheacaidh: nach 'eil, mar an ceudna, tobar truaighe 'n taobh-stigh dheth anns na peacaibh sin fein? Agus nach ann air a shon so bu chòir dha amharc ri Criosd? Cha bhiodh e idir air a shaoradh o 'n chorp fheòla a nadur truailidh.: Agus an urrainn aon 'a shaoradh uaithe so ach Criosd. A pheacaich thruaigh! amhairc ri Criosd; ann-san tha na tha dh'easbhuidh ort: bithidh Mac Dhe air a dbeanamh dhuit 'na ghlìocas, 'na fhireantachd, 'na naomhachd agus 'na shaorsa." I Cor. i. 30.

7. *Ann an dlù-dhaimh do 'n chùis so tha chuis chud-thromach sin, fireanachadh a' pheacaich ann am fianuis Dhe.* Cha 'n fhada gus am bi thu aig caithir-bhreitheanais Dhe; agus mur bi thu nis air t-fhireanachadh, bithidh tu 'n sin air do dhìteadh. Mur 'eil thu eadhon fhathast air t-fhireanachadh tha thu nis ann an cor ditidh: oir "an ti nach creid tha e air a dhìteadh cheana; a ta fearg Dhe a' gabhail cònuidh air" Eoin iii. 18—36. Gach neach nach d' fhuair Criosd, tha e fo mhallachadh an lagha, is duine marbh e areir an lagha, peacach fo bhinn bàis, air a dhìteadh le Dia gu bàs sìorruidh. Is math a dh'fhaodas tu crìothnachadh, agus mar am prìosanach fo bhìun, a' cheist a chur "cìonnus a theid mi as?" Is ro iomchuidh mata gu 'm biodh tu air do theagasg a thaobh nàdur fireanachaidh. Tha iomradh tric air anns an litir chum nan Galatianach 's nan Romanach. Thoir aire do bhrìgh an fhacail. Tha

fireanachadh calg-dhireach an aghaidh dìtidh, mar tha e soillear o na briathraibh a leanas: “ An ti sin a dh’fhir-eanaicheas an t-aingidh, agus an ti sin a dhìteas am firean is grainealachd iad le cheile do’n Tighearna,” Gnath. xvii. 15. “ Co a chuireas coire sam bith a leth dhaoine taghta Dhe? Is e Dia a dh’fhireanaicheas. Co a dhìteas?” Rom. viii. 33, 34. Socraich am beachd so ’nad inntinn gur h-e fireanachadh cor a tha calg-dhireach an aghaidh dìtidh. Is e fireanachadh duine neo-chiontach a ghairm ’na fhìrean air sgàth a dheanadais fein; ach ciamar as urrainn peacach, a tha ciontach do euceartaibh gun àireamh, a bhi air fhìreanachadh? Da thaobh-san ma ta, tha fireanachadh a ciallachadh, cha ’n e gu bheil e fireanach ann fein, ach gu bheil e air a mbeas mar gu ’m bitheadh e mar sin, le fireantachd Chrìosd a bhi air a meas dha. “ Is e fireanachadh,” deir leabhar nan ceist, “ gnìomh saorghràis De do pheacaich, anns am bheil e mathadh an uile pheacanna, a’ gabhail riutha, ’s ga ’m meas fireanach ’na fhianuis, cha ’n ann air son aon ni a dh’oibrichheadh annta, no rinneadh leo, ach amhain air sgàth ùmhlachd iomlan agus lan-dioldh Chrìosd, air am meas dhoibh le Dia, agus air an gabhail le creidimh àmhàin.” Ann am fhìreanachadh, tha Dia mar bhreitheamh a’ saoradh a chiontaich o pheanas, agus ’ga aiseag gu sochairean na co-fhlaitheachd neamhaidh. Tha fireanachadh a’ ciallachadh mathanas agus ni-eigin a thuillidh air a’ sin. Cha ’n aisigeadh mathanas am peacach ach gu staid Adhaimh mu ’n do thuit e, ’nuair bha coir aige air duais ùmhlachd, ni, nach do bhuannaich e riamh. ’Se fireanachadh mathanas maille ri còir air a bheatha mhair-eannaich. Cha tachair Fireanachadh ach aon uair, faodaidh mathanas a bhi air a thoirt iomadh uair. Is e fireanachadh an t-atharrachadh mòr sin a th’ air a dheanamh, ’nuair tha ’m peacach air a shaoradh o dhìteadh, ’s air a thoirt o bhi ’na nàmhaid gu bhi ’na leanabh do Dhia. Nan deanadh rìgh ciontach fo bhinn bàis a shaoradh, agus an sin a ghabhail mar leanabh, bu shamhladh a chùis air ar fhìreanachadh; agus faodar a mhathadh air a chiontaibh an deigh dha teachd an daimh mic, a shamhlachadh ri gràdh athaireil ann a bhi mathadh lochdan a chloinne. Is e fireanachadh mata gnìomh Dhe ann a bhi toirt air falbh binu an lagha an aghaidh a’ pheacaich, ’ga aiseag gu deadh-ghean Dhe, ’s a thoirt dha còir air neamh ’s air a bheatha mhair-eannaich.

Ach ciamar a dh'fhaodas Dia cothromach, aig am bheil suim d'a lagh naomh am peacach fhìreanachadh? Air sgà fireantachd Chrìosd. Mar sin tha urram air a chur air an lagh a chionn gu bheil fireanachadh air sgà fireanachadh a tha 'ga lan-riarachadh. 'Se so a th'air a chiallachadh le fireantachd Chrìosd air a meas do'n pheacach, gu bheil am peacach air a ghabhail gu deadh-ghean Dhe air sgà na rinn 's na dh'fhuiling Chrìosd as a leth. Tha gnìomh so Dhe, ann am fireanachadh a' pheacaich a' tachairt cho luath 's a tha e creidsinn ann an Chrìosd, do bhrìgh gu bheil e leis a' gnìomh *creidimh* air aonadh ris an t-Slanuighear gu laghail chum 's gu'm faigheadh e toradh 'ead-armheadhonachd.

Faodar anis nàdur naomhachaidh a nochdadh, agus an daimh a th'aig naomhachadh agus aig fireanachadh r'a cheile. Tha naomhachadh a' ciallachadh sinn a bhi air ar cur air leth o ghaol, 's o sheirbhis a' pheacaidh, 's an t-saoghail, gu gràdh agus seirbhis Dhe, a bhi air ar deanamh naomh. Is e fireanachadh oibre Chrìosd air arson; is e naomhachadh obair an Spioraid naoimh annainn. Smuainich air ciontach ann am prìosan fo bhinn bàis, agus fo ghalar gabhaidh; chum e bhi air a shaoradh, feumaidh e mathanas fhaotuinne agus a bhi air a leigheas; oir mar faigh e ach mathanas, bàsaichidh e leis a' ghalar; agus mar be e ach air a leigheas, cuirear a bhinn ann gnìomh air. Is samhlaidh so air cor a' pheacaich; tre pheacadh gnìomh tha e air a dhiteadh gu bàs: tre aingidheachd nadurra tha e fo ghalar spioradail: ann am fireanachadh tha e faotuinne mathanais; ann an naomhachadh tha e air a leigheas: 's mar sin ged tha 'n dà shochair eadar-dhealaichte, tha iad an cois a cheile, agus feumail chum slàinte. Mar sin tha fireanachadh a' caochladh ar suidheachaidh a thaobh Dhe, ach tha naomhachadh ag atharrachadh ar cor spioradail, agus tha 'n ath-bhreth a' ciallachadh tùs ar naomhachd.

Beachdaich air na nithibh sin. Is iuchar do 'n Bhiobul gu leir eòlas air *fireanachadh* agus *naomhachadh*. O b' e'n cor àghmhor saorsa o dhiteadh air son ar peacaidh, 's o aintighearnas agus o thruaillidheachd! Is slàinte so san am a ta làthair.

8. Bu choir dhuit mar an ceudna bhi air do theagasg a thaobh nàdur agus feumalachd oibre 'n Spioraid naoimh, ann a bhi 'g athnuadhachadh, 's a' naomhachadh cridhe

'*pheacaich*. Is teagasg cudthromach so, 's bu choir fhòghlum an tùs turuis a' Chriosduigh, gu bheil obair an Spioraid cho féumail air son slainte 'pheacaich, 'sa tha obair Chriosd fein. O'n tha sinn uile truailidh mar ghineil Adhaimh, tha sinn a' fàs suas gun diadhachd, gus am bheil i air a cur sa' chridhe le gràs Dhe; is ni eigin fìor-naomhachd nach buin do 'r nàdur truailidh-ne; agus tha obair na diadhachd o thùs gu deireadh air a giulan air a h-aghaidh le Spiorad Dhe. Cha'n 'eil smaoin, rùn, facal no gnìomh diadhaidh ach na tha mar thoradh cumhachd Dhe san inn-tinn. Tha ar n-ath glineamhuinn air a chur as leth an Spioraid: oir "mur bi duine air a bhreith o uisge agus o'n Spiorad cha'n urrainn e dol a steach do rìoghachd néimh." Eoin iii. 5. Is ann o'n Spiorad a tha ar n-éolas ceart air Dia a' teachd, oir b'i guidhe Dhaibhidh, 'Fosgail mo shùilean chum gu faic mi nithe iongantach o'd lagh. Salm cxix. 18. Ghuidh Pòl air son soillseachadh an Spioraid, as leth nan Ephesianach i. 17, 18. Is e naomhachadh obair an Spioraid gu h-iomlan; faic 2 Tes. 11, 13. 1 Pead. 1, 2. Theirear gu bheil creidmhidh beò san Spiorad agus a' gluasad san Spiorad; a' gluasad, cha'n ann areir na feola, ach a reir an Spioraid; a marbhadh tre 'n Spiorad gnìomhara na colla; air an seulachadh leis an Spiorad; gu bheil an Spiorad aca toirt fianuis le 'n Spiorad gur h-iad clann Dhe; gu bheil earlais an Spioraid aca; gu bheil iad a' toirt amach toradh an Spioraid." Gal. v. 22—25; Rom. viii. 1—16; Eph. i. 13, 14. O na briathraibh sin tha e soillear gu bheil fìor-dhiadhachd, o thùs gu deireadh air a h-adhartachadh san anam leis an Spiorad naomh—is i so obair an Spioraid ann an innleachd na sláinte. Tha 'u t-Athair air a nochdadh a' cnuasachd na h-innleachd, am Mac 'ga cur an gnìomh; an spiorad ga toirt a dh'ionnsuidh a pheacaich. Chum nach bi 'n teagasg so 'na chruas ort a thuigsinn bheir mi oidhirp air a mhineachaidh a thaobh cumhachd an Spioraid.

Cha'n 'eil cumhachd an Spioraid chum buadhan ùra inntinn a thoirt, ach cleachdadh ceart do na buadhaibh a tha sinn cheana sealbhachach. Tha 'n obair mhòr so chum cridhe nuadh a chruthachadh sa' pheacach—'se sin nàdur nuadh, naomha. Tha 'n duine thaobh nàduir cho aingidh 's nach urrainn e Dia a ghràdhachadh gus an atharraich Dia a chridhe.

Tha obair an Spioraid Naoimh air an inntinn ro dhiomhair, s cha tig e dhuinn a bhi feuchainn r'a làn-thuigsinn. Tha Criosd a cur an ceill gur ni ro dhiomhair e, 's e 'g radh ri Nicodemus, " Tha ghaoth a seideadh far an aill leatba, agus tha thu a' cluinntinn a fuaim, ach cha'n 'eil fhios agad 'cia as a tha i teachd, no c' àit a tha i dol; is ann mar sin a tha gach neach a tha air a bhreith o'n Spiorad." Eoin iii. 8. Chi sinn toradh na gaoithe, ged nach toir sinn aobhar air caochlaidhean na h-àile: agus is ann mar sin a ta ann an iompachadh a' pheacaich. Bu mhòr mata 'mhoille chuireadh e air neach fo chùram anama bhi rannsachadh a thaobh so, no aon rùn diomhair eile.

Cha'n 'eil obair an Spioraid gu bhi cur air chùl cleachdadh ar ceud-faithean, ach gu bhi 'g an riaghladh. Cha'n 'eil e 'g oibreachadh as ar n-eugmhais, ach leinn: cha dean e ar caochladh, ar n-iompachadh, 's ar naomhachadh gu'r fàgail gu bhi 'nar luchd-amhairc diomhain air an obair, ach gu toirt oirnn teannadh rithe; agus mar sin 's i earail an Abstoil do mhúinntir Philippi ii. 12, 13. " Làn-oibrichibh bhur slainte fein le h-eagal agus ball-chrith; oir is e Dia a dh'oibricheas annaibh, araon an toil agus an gnìomh areir a dbeadhghean fein." Cha'n 'eil an earail ag ràdh, o'n 's e Dia a dh'oibricheas, cha'n 'eil ni agadsa r'a dheanamh; ach 's ann a tha i 'g ràdh dean t-obair, oir tha Dia ag oibreachadh annad; agus bu chòir dha so a bhi na chuis-bhrosnachaidh dhuinne. 'Si ghaoth a ghiùlaineas an soitheach air falbh, ach feumaidh am maraiche 'n seol a thogail chum a glacadh. 'S e'n t-uisge 's a' ghrian a bheir air an t-sìol fàs, ach feumaidh an tuathanach treabhadh agus cur; oir ged nach fhaod an sìol fàs gun uisge 's gun ghrian, cha mhotha dh'fhàsas e gun chur.

Cha'n urrainn duinn mar 's trice cumhachd an Spioraid a chomharachadh o oibreachadh ar ceud-faidhean fein; 's cha'n 'eile e feumail gu'n comhairaicheadh. Cha'n urrainn duinn innse c'ait' am bheil an duine crìochnachadh, no Dia a' toiseachadh; 's cha choir dhuinn a bhi ann an imcheist mu'n chùis; agus an àite bhi feitheamh agus am fairich sinn gluasad an Spioraid, mu'n leag sinn ar n-aire air diadhachd, 's ann is còir dhuinn ar ceud-faidhean a chleachdadh ag earbsa gu tur a Dia. Tha aguinn ri'r n-aire shocrachadh, 's gach ni eile dheanamh, mar dheana-maid ann an gnothaichibh saoghalta, le h-earbsa agus le

h-ùrnuigh. Is soillear gur h-e ar dleasnas creidsinn agus aithreachas a dheanamh, agus sin a dheanamh, gn's, cha n'e mhàin a bh'i'g iarraidh, 's ag oidhirpeachadh a dheanamh grad, ach tha truaidlidheachd ar nàduir cho mòr 's nach dean sinn sin mur h-aom Dia sinn g'a ionnsuidh. Thug-amaid mata grad ùmhlachd do 'n àithne so, ag ràdh " a Thighearna cuidich mo mhi-chreidimh." Feumaidh sinn an ùmhlachd so thoirt, a' creidsinn, cha 'n e mhàin gur h'e sin ar dleasnas, ach a' creidsinn gu'm faigh sin cuideachadh. Mar sin 's e blàth na diadhachd Spiorad treun oidhearpachaidh, maille ri Spiorad lan-earbsa agus ùrnuigh dhurachdach. Chum a chùis a shoilleireachadh faic Mat. xii. 10—13, a thaobh an duine aig an robh an làmh sheargta. Dh'àithn Criosd dha a sìneadh amach, agus cha d'ubhairt e cha 'n urrainn domh 's i gun lùs; ach ag earbs' a chumbachd-san a dh'iarr air, agus a' creidsinn gu'n robh san iarrtus gealladh air cuideachadh, shìn e mach i, 's e sin, thoilich e dheanamh, agus bha e comasach. 'Sann mar so a dh'fheumas e bh'i a thaobh a pheacaich; tha e air àithne dha aithreachas a dheanamh agus creidsinn; agus cha 'n fhaod esan a ràdh cha 'n urrainn domh, oir tha mi marbh ann am peacadh. Ach tha e ris a' ghealladh air còradh gràis a chreidsinn, agus ùmhlachd a thoirt ann an earbsa ris-san a tha 'g oibreachadh ann an daoinibh araon na toile agus a' ghnìomha.

CAIB. IV.

Aithreachas.

“ Mur dean sibh aithreachas sgriosar sibh uile mar an ceudna.” Luc. xiii. 3. B'e so bagradh uamhasach ar Tighearna do na h-Iudhaich a bh'i aig an am ud 'ga éisdeachd. Agus, mo leughadair, mar dean thusa aithreachas sgriosar thusa mar an ceudna. Tha saoghal de thruaighe san fhacal sin, *sgrios*. Tha e dombain mar ifrinn, gun tomhas air a leud, agus fada mar an t-siorruidheachd. Cha tuig a bhrìgh ach anama cailte, 's tha iadsan a ghnà a' faighinn amach ann taisbeanadh nuadh air dòruinn. Fiosraichidh

tusa 'n truaighe so mur dean tha aithreachais;" criothnaich agus dean ùrnuigh ris an Tì sin a dh' àrdaicheadh " a thoirt seachad aithreachais," cho mhath ri " mathanas peacaidh," gu'm builicheadh e ort an tiodhlac gràis so. Ach ciod e aithreachas a dheanamh? Is tuillidh e na bròn air son peacaidh 's tha so soillear o bhriathraibh an Abstoil; " oibrichidh am bron diadhaidh aithreachas chum slainte do nach gabhar aithreachas," 2 Cor. vii. 10. Is earrann do 'n aithreachas fìor bhròn air son peacaidh, agus sin amhàin; oir nam bu bhròn an t-ìomlan do'n aithreachas, rinn Cain, Ahab, agus Iudas aithreachas; agus tha ifrinn làn do luchd-aithreachais, oir an sin tha gùl, caoidh agus giosgan fhiacal. 'S lionmhor iad a ni bròn air son peacaidh nach dean aithreachas air a shon a chaoidh. Faodaidh muinntir a bhi fo dhoilgheas air son toradh truagh am peacanna, gun chaoidh a dheanamh air son nam peacanna fein. 'Se 's brìgh do'n fhacal a reir na Greigis *caochladh* inntinne; 's mar sin 's e th'ann an aithreachas tur-chaochladh a tha tachairt, a thaobh a' pheacaidh, ann am beachdaibh, ann an nàdur 's an giùlan dhaoine. Is co-ionann e ann an seadh ri ath-ghineamhuinn. Tha 'n ath-bhreith a' ciallachadh caochladh cridhe, agus is e'n ceart chaochladh sin o'n pheacadh a th'ann an aithreachas. Is e ùghdar an aithreachais an Spiorad Naomh, is e toradh gràs Dhe e ag oibreachadh ann an cridhe 'n duine. Tha na nithe so leanas air am filleadh ann am fìor aithreachais.

1. *Geur mhothachadh* air peacadh. An uair a thig esau (an Spiorad) bheir e dearbh-shoilleireachd do'n t-saoghal mu pheacadh (geur-mhothachadh) " Eoin xvi. 8. Agus aig an fhìor aithreachan tha beachd soillear air a chor fein an làthair Dhé mar chreutair ciontach truailidh. Their na h-nìle dhaoine gur peacaich iad; ach tha dearbh fhios aig an aithreachan air: labhraidh iad mu pheacadh, ach tha esan ga mhothachadh gu geur; chual iadsan so o mhuinntir eile, 's tha e aca mar bhàrail, ach dh' fhòghluim esan e o theagasg Dhe, a nochd dha fìor-ghloine an lagha agus aingidheachd a ghiùlain agus a chridhe, an aghaidh an lagha. Sheall e anns an sgàthan fhirinneach, agus chunnaic e 'm peacadh ro pheacach. Tha e faicinn gu n robh e tighinn beo gun Dia, oir cha do ghràdhaich, 's cha d'rinn e seirbhis dha, 's cha do ghlòraich se e. Is peacadh so na shealladh-san, nach d'thug e gràdh no seirbhis do

Dhia. Theagamh nach robh a ghiùlan maslach, ach bha e teachd beo gun Dia; agus ged bhitheadh e combaraichte air son aingidheachd, 'se so inathair gach cionta, eadhon a a chion-gràidh do Dhia. Tha e faicinn gu 'r ann o chridhe truailidh a shruth a shaoghaltachd, 'amaideachd agus 'aingidheachd; o chridhe th'air a thoirt a thaobh o Dhia. Bha e roimhe so a smuaineachadh nach robh e uile gu léir mar bu chòir dha, ach anis tha e mothachadh gu'n robh e gu tur mar nach bu choir dha bhi; bha fhios aige aon uair nach robh nithe uile ceart, ach anis tha e faicinn gu'n robh iad gu tur cearr; bha e 'n sin am barail nach robh coir ro laidir aige r'a thagrachd air ceartas Dhe, no eadhon air a throcair, ach anis tha e mothachadh gu soillear gu'n robh e 'na pheacach co mor, 's gu'm bu cheart a dh' fhaodadh Dia a thilgeadh do ifrinn.

“ Ged bheireadh diogh'tas mi gu'm uaigh,
 Nam bhàs mud' cheartas dheanainn luaidh,
 'S ged robh mi 'n ifrinn feadh gach linn,
 Do lagh gu'n aontaicheadh sa' bhinn.”

An urrainn thu aontachadh leis a' so; mur urrainn cha 'n 'eil thu fhathast fo gheur-mhothachadh air son do pheacaidh, mar dh' fheumas tu bhi. Cha 'n 'eil fhios aig neach ciod e peacadh agus cia cho peacach 's tha e fein ach aige-san a chi gu'n do thoill e bhi air a thilgeadh do'n “loch sin a tha losgadh le teine.”

2. *Fein-dhiteadh*—tha sin cuideachd air fhilleadh a steach ann am fìor aithreachas. Fhad 's a leigeas neach le spiorad fein-fhìreanachaidh buadhachadh air, 's tha claonadh aige gu bhi dìon a pheacanna, no bhi gabhail an leisgeil, cha 'n fhìor aithreachan e—“cha 'n 'eil eadhon gheur-mhothachadh aige air peacadh. 'Se anmhuinneachd leanailteach ar nàduir, a nochdadh an toiseach 'nar ceud pharantaibh 'nuair a thilg an duine a' choire air a mhnaoi, agus a' bhean an sin air an nathair, agus a tha uaithe sin ga nochdadh fein nan sliochd, a bhi dealbh leisgeul air son peacaidh 's a bhi gabhail fàsaidh mar sin o bhioradh 's o agartas coguise. Is tric a chluinneas sinn muinntir a th' air an toirt o cheann ghoirid gus an lochdan fhaicinn ag aotromachadh an cionta; aon a' tagradh an t-suidheachaidh àraidh sam bheil e; aon eile coireachadh a nàduir; aon a' coireachadh neart buairidh; aon eile a' cur a pheacanna gnìomha as leth a pheacaidh gin, 's mar sin ag oidhirpeach-

adh a mhothachadh air cionta lughdachadh. Ach cha 'n 'eil fìor aithreachas ann am feadh a mhaireas an cor-inntinn so; 's cha bli gus an tilg am peacach gach leisgeul a thaobh, 's an diobair e gach déigh air fein-fhireanachadh; 's an coirich e gu buileach e fein; agus an toir e binn 'na aghaidh fein; cha 'n aithreachan e gus an duinear a bheul 'na leisgeul fein, 's an toirear e gu eigheach gu treibh-dhir-each gu'r *ciontach* e, ann an aidmheil mar so. "O Rìgh, agus a Dhe uile-naoinh, 's a Bhreithimh uile-cheirt, cha 'n fheuch mi ri m' leisgeul fein a ghabhail ni's fhaide. Ad fhianuis tha mi mar chiontach fo dhiteadh agus fo'm agartas fein. Ciod a bha 'm bheatha gu leir ach ceannairc ad aghaidh? Cha 'n e 'n lochd ud n'an lochd ud eile th' agam r'a chaoidh. Bha m'anam gu leir truailidh agus buaireasach. M'uile smaointean, m'aignean, m'iarrtuis 's mo shlighean gu leir bha air seachran uaitse. Cha do ghràdhaich mi thus' a Dhe a' naomh-ghraidh. O ciod an cridhe sin a ghiulain mi 'm uchd, a ghràdhaich an saoghal, càirdean, faoineis, agus peacadh fein, ach nach b'urrainn thusa ghràdhachadh! Cha 'n 'eil peacanna araidh cho mòr gam' chràdh. 's a tha 'n cor uamhasach sin-sam bheil mi, 's an inntinn fheolmhor agam a th'ann an naimbdeas an aghaidh Dhe. Cia mor t-fhoighidinn 'nuair nach do phronn thu 'n creutair so nach b'urrainn do ghràdhachadh, 's aig nach robh comas do bhacadh. Bu chor peacaidh mo bheatha gu leir; na bha reir coslais math, cho robh air a dheanamh o rùn math air bith; cha d'rinneadh e o ùmhleadh; na o ghradh dhuitse—no chum do thoileachadh no do ghlòrachadh. Bha mi uair cho beag smaoin agam mu 'n pheacadh 's a bli' agam mu 'n Dia sin an aghaidh an robh mi ga chur an gnìomh, agus eadhon 'nuair a thoisich eòlas a pheacaidh air briseadh an iarmailt dhorcha m'anama, cia dalma chuir mi 'n aghaidh an t-soluis, agus cia cealgach, aingidh, dàn, a dh' fheuch mi ri seasamh suas ann am breitheanas leat gu'm chùis a thagradh le fein earbsa uaibrich. O 's lionmhor leisgeul breugach leis an d'rinn mi m'aingidheachd ni bu chiontaiche 's an do bhrosnaich mi do dhioghaltas, 's an d'iarr mi do thairneanach a tharruing air mo cheann! Buidheachas siorruidh dhuit air son t-fhad-fhulangais, agus do ghràis gun choimeas, araon air son a bhi giùlan le m' lochdaibh, 's a' dearbhadh orm m'amaideachd. Tòsdach agus gu'n aon leisgeul, tha mi gam thilgeadh fein ad'

fhianuis leis an aidmheil gur ciontach mi, 's a' guidhe do throcair."

3. *Tha bron air son peacaidh* air fhilleadh asteach ann an aithreachas. Mur dean duine bròn air son peacaidh cha 'n urrainn e aithreachas a dheanamh. Tha 'n t-Abstol a' labhairt mu " bhròn diadhaidh," 's tha 'n Salmadair 'g a thaisbeanadh san li. Salm. A pheacaich iomaguinich, beachdaich gu tric air an t-salm luachmhor sin, sam bheil Daibhidh a' taomadh amach bròn an aithreachais; leugh e mar t-ùrnuigh agus ann ad ùrnuigh, gus am freagair do chridhe le osna air son gach gearain a tha thu cluinntinn anns gach rann. Le fonn tiamhuidh a chridhe bhriste 'nad chluasaibh, seall thairis air eachdraidh do bheatha agus ceumanna dorcha lùbach do cheannairce 'n aghaidh Dhia. Stad agus smaointich 'nuair a lorgaicheas tu do cheumanna, anns gach olc, agus chi thu foighidinn Dhia riut. Beachd-smuainich air fad do sheirbhis do 'n pheacadh, agus air gach an-tromachadh a fhuair am peacadh sin, o m' chothromaibh, o m' chairdibh crabhach, 's o achmhasan coinneis. Buail air do chridhe cruaidh leis gach brosnachadh gu bròn, o bheachd air tròcair Dhe 's air do mhi-thaingeachd fein; 's na sguir do bhi bualadh na creige gus am brùchd amach uisgeachan an aithreachais. Biodh do bhron air son do lochd mar pheacadh an aghaidh Dhe ni 's mò no a t-aghaidh fein. Tionndaidh aris gus an li. Salm, 's chi thu geur mhothachadh Dhaibhidh: " A'd' aghaidh, a'd' aghaidh fein amhàin pheacaich mi agus riun mi olc a'd' shealladh." O ciod na beachdan a bhia 'n sin 'na inntinn-san a thaobh peacaidh; 's a thaobh Dhe! Bha e ciontach do adhaltras le Batseba; mhort e'fear, 's mar sin bha e ciontach do na lochdan a's uamhasaiche, ann an aghaidh dhaoine, ach bha e fo mhothachadh cho trom air a chionta 'n aghaidh Dhe 's nach b' urrainn e smaoin eachadh ach air a' so " A'd' aghaidh-sa Dhe naoimh pheacaich mi. A'd' aghaidh-sa, mo charaid a's fearr, a thog mi o 'n chrò gu bhi 'm rìgh air do shluagh. O 's e so dath trom corcuir mo chionta; is e so gath léiridh mo choinneis; is e so searbhadas agus domblas a' chupain a tha mi nis ag òl. Tha thu toileach mathanas a thoirt domh, 's tha mo smaoin air do thròcair a' fagail mo chionta ni 's duaichnidh, 's ag an-tromachadh mo ghràin dhiom fein." Is e sin bròn diadhaidh—doilgheas air son peacaidh mar pheacadh an ag-

haidh an De naoimh agus ghràs-mhoir, 's cha'n e mhàin doilgheas airson an aimhleis a thug siun oirnn fein. Ni bròn diadhaidh tuirse air son nan lochd sin air nach fiosrach ach Dia fein; air son nam peacanna sin a tha fios aige mhathas e; eadhon air son nam peacanna sin is fiosrach e chaidh a mhathadh cheana; agus is e so dearbhadh an fhior aithreachais — Am bheil sinn a' bròn air son peacaidh mar pheacadh, no amhàin air son eagal peanais.

4. Ann an aithreachas tha fuath do'n pheacadh agus rùn suidhichte thréigsinn. Cha'n urrainn neach aithreachas a ghabhail do ghnìomh gun ghrain a bhi aige dheth—tha aithreachas agus gràin do'n pheacadh an co-chuideachd a cheile. Ath-leasachadh a ta'g éiridh o bhròn air son peacaidh, is e sin aithreachas. An neach a lotar le nathair cha laimhsich e i am feadh a tha e'g uisgeachadh nan leon a rinn ile deuraibh broin; 's ann a sgrìosas e i no theicheas e uaipè, 's a bhios eagal agus fuath aige tuillidh do gach aon do'n phòr. Amhaircidh an t-aithreachan air a pheacadh mar an nathair nimhe a lot e, 's bithidh e gach uair 'na earalas. Cleachdanna san robh tlachd aige roimhe, tha e nis a fuathachadh 's a' seachnadh, agus an àite bhi feuchainn cia cho dlù 's a dh' fhaodas e tighinn orra gun an cur an gnìomh, no cia meud ni a dh' fhaodas e dheanamh cosmhuil riu, gun na ceart nithe dheanamh, 's ann a dh' fheuchas e cia cho fad sa theid e air ais uapa, 's cia cho buileach 's a sheachnas e gach coslas uile; cha tig e dlù do'n nathair a lot aon uair e gun a bhi air a dhochann aris, 's cha chaidir e beistean snàgach ged bhitheadh iad gun nimh. Seall mar dh' oibrich aithreachas ann an eaglais Chorint; “Oir feuch an ni so fein doilgheas diadhaidh bhi oirbh, ciod e meud an durachd a dhoibrich e annaibh, seadh ciod an glanadh oirbh fein, seadh ciod an ro-dhiom, seadh ciod an t-eagal, seadh ciod an dian-thogradh, seadh ciod an t-eud, seadh ciod an togradh dioghaltais?” 2 Cor. viii. 11. Is e so aithreachas. Ach is feumail an neach sin a tha fo iomaguin a thaobh 'anama chur air fhaicill o imcheistibh leis am faod muinntir iad fein a shàruchadh. Cha'n 'eil thu r'a bharalachadh nach 'eil thu ri aithreachas a cheann nach d' thainig thu riamh fo uamhann anama 's fo dhoilgheas ro gheur. Tha muinntir ann an ceud cheumaibh drùghaidh 'na uairibh fo sprochd le dith misnich, a cheann nach 'eil iad a' faireachadh geur-mhothachaidh a ta uamhasach agus cràiteach, mar

dh'fhiosraich muinntir eile mu'n cual iad; agus tha muinntir eile fo thrioblaid a cheann nach urrainn iad, fo mhothachadh air peacadh caoidh a dheanamh mar mhuinntir eile. Nam biodh iad air an aomadh gu eagal, 's air an toirt gu gal, an sin bhiodh comhfhurtachd agus dòchas eigin aca gu'n robh an geur-mhothachadh fìor. Faodaidh e bhith, gu'm faod thusa bhì fo eagal mar so, agus gu bheil beachd cearr agad a thaobh a steighe.

Faodaidh e bhith gu bheil an deigh so air mor-uamhann agus air doilgheas ni's géire a'sruthadh o rùn cearr; oir nam biodh comhfhurtachd agad o leithid so do mhothachadh, theagamh gur ann a bhiodh tu a deanamb Slanuighir do fhaireachadh mar so an àite Chrìosd, mar tha moran a' deanamb, "O" arsa cuid, bha leithid do gheur-mhothachadh agam, 's do thaiseachadh cridhe, 's gu faod mi dòchas a bhì agam." Ach nach e so a bhì cur am faireachaidh an aite oibre Chrìosd? Ged dh'fhuilingeadh tu piantan ifrinn car tamuill a'd'choguis, 's ged shileadh deoir gach aithreachain san t-saoghal, cha saoradh sin thu, agus a bhì gabhail comhfhurtachd no dòchais mar sin, 's e sin a bhì socrachadh air steigh ghaineamhaich. Ach theagamh gu bheil thu saoilinn a leithid so do mhothachadh 'na steigh misnich gu dol gu Crìosd. Ach ca'r son a dh'iarradh tu barrantas air bith eile ach'fhocal fein? Nach leòir a chuireadh agus a ghealladh fein? Ciod a chuireas t'fhaireachadh fein ris a' so. Ann an cuid do chùisibh 's ann o uabhar a tha'n deigh so air uamhann 's air àmhghar ag éiridh: tha deigh aig an neach le miannach e, a bhì comharaichte measg chrìosduidhean airson a chràbhaidh; no 's math leis ni eigin a bhì aige gu dànachd a thoirt dha ann a bhì teachd dlù do Dhia—cha'n'eil ann ach gné do fheinfhireantachd chealgach, a bhì g amharc ri faireachadh, mar li-ann ri deadh oibribh, mar ni eigin air son earbsa agus uail a dheanamh ann am fianuis De.

Faodaidh an iomaguin so éiridh cuideachd o bbeachd cearr agus neo-iomlan a thaobh nàdur fìor dhiadhachd. Cha chùis faireachaidh ambàin no bruidhlein inntinn an diadbachd, ach cùis tuigse, coguise agus deanadais. Cuimhnich gu bheil inntinnean dhaoine air chaochla dealbh. Tha cuid ann aig am bheil faireachadh ni's beothala na th'aig muinntir eile, 's a tha ni's fhasa ghluasad, agus chi sinn sin ann an cùisibh saoghalta cho mhath 's ann an

creidimh. Faodaidh duine gràdh cho fìor altrum d'a mhnaoi's d'a theaghlach ged nach dean e urrad dhiubh, 's nach labhair e urrad mu 'n timchioll 's a ni neach eile aig am bheil gràdh ni's déine: Theagamh nach bi eagal cho mòr 'nuair bhuaileas tinneas iad, n'a bhròn cho dian 'nuair bheirear uaithe iad; ach 's iad a roghainn iad thar na h-uile; ni e saothair air an son, agus fuilingidh e calldachd air an sgà, agus fìor bhròn 'nuair bheirear air falbh iad. Tha ghràdh 's a dhoilgheas cho fìrinneach ged nach 'eil iad cho labhrach na cho dian. Cha 'n 'eil gluasad inntinn amhain, co dhiubh 's ann an creidimh n'an gnothaichean eile, 'na chomharadh air fìor ghràdh. Na cuireadh so bruidhlean ort; cha 'n 'eil do chreidimh ri bhi air a dheuchainn le àireamh do dheur, no leis an uamhann, no leis a' ghluasad inntinn fo 'n tig thu; faodaidh mòran dheth so a bhi far nach 'eil fìor aithreachas, agus faodaidh beag dheth bhi far am bheil. Am bheil thu gu soillear air do theagasg ann an eòlas air naomh-nadur, 's air lagh iomlan Dhe chum 's gu'm biodh mothachadh soillear, agus faireachadh ceart agad, 's gu'n deanadh tu aideachadh saor air lochdan lion-mhor do ghiulain 's air aingideachd do chridhe? Am bheil thu 'g aideachadh gu'r ceart a thoill thu 'm mallachd sin a thug do pheacadh ort? Am bheil thu tilgeadh air falbh gach leisgeil, 's ga' d'choireachadh fein air son do pheacanna? Am bheil fìor dhoilgheas ort air son do pheacaidh, ged nach dean thu ach beagan dheur a shileadh 's a ni thu trom os-naich? Am bheil thu 'g aideachadh do pheacaidh do Dhia gu saor cho mbath agus gun leisgeul? Am bheil fìor-fhuath agad do'n pheacadh, 's am bheil gràin agad dhiot fein? Am bheil thu motbachadh oillt agad roimh 'n pheacadh, faicill 'na aghaidh, agus eagal roimhe anns na lochdaibh a 's lugha? Am bheil agad maotlachd coguise nach b'abhaist duit a thaobh peacaidh? Ma tha 'chùis mar sin is fìor-aithreachan thu ged nach fiosraich thu mòr-uamhann agus cruaidh-dhoilgheas anama mar a dh'fhiosraich muinntir eile. Cha 'n eil mi idir a' dol a chur amharuis ann am fiosrachadh na muinntir sin, a dh'fhiosraich geur-mhothachadh, ris am faodar, airson uamhais agus amghair gleann dorcha sgàil a' bhàis a radh; oir thèdraidh Dia cuid d'a shluagh, cha 'n e mhàin laimh ri neulaibh, ri dorchadas, ri tairneanach, ri crith-thalmhainn, ri trompaid, 's ri briathraibh uamhasach Shinai, ach beag gu beul an t-sluichd, ann an scalladh a

lasraichean, 's gu cluinntinn fuaim a bhròin; ach na mian-naicheadh neach a leithid so do shlighe gu glòir; agus na smaoinicheadh neach gu'n deachaidh e'm mearrachd air an t-slighe, cheann nach fac e gach sealladh uamhasach dhiubh sin san t-slighe. Tha aig na h-uile ri dol seachad air beinn Shinai's air beinn Chalbhari anns an t-slighe gu neamh, ach cha 'n fhaicear a h-aon diubh, ann an sealladh cho soillear, no cho druighteach le cuid 's a chithear le cuid eile.

CAIB. V.

Creidimh.

Abair gu'n éireadh iochdrain rìgh mbaith agus ghlic, ann an ceannaire 'na aghaidh, agus mar sin gu'n cuirte iad fo bhinn bàis. Ach 's e rùn an rìgh gu tròcaireach mathanas a thoirt doibh, agus tha e cur an ceill gu'n caomhnadh e, 's gu'n aisigeadh e gu sochairean a shluaigh gach aon a thigeadh d'a ionnsuidh, 'sa leigeadh sìos an airm, a dh'aidicheadh an cionta 's a dh'iarradh tròcair, roimh am araidh; ach gu'n rachadh gach aon a chur gu bàs a gheibhte fo armaibh, 's nach tilgeadh iad fein air tròcair an rìgh. Ciod, sa' chùis so, an cor inntinn 's an gnìomh a tha air iarraidh annta-san a bhiodh air an saoradh? Creidimh. Feumaidh iad creidsinn gu'n deachaidh a' ghairm so chuir amach leis an rìgh, 's gu'n coi-lion e 'fhalcal. Cha 'n e mhàin gu feum iad a ghairm a chreidsinn, ach a bhì earbsach as an rìgh; agus is e so a bhì creidsinn ann. Ciod am barrantas, n'a mhisneach a th'aca gu dol d'a ionnsuidh? A thairgse air tròcair agus sin amhàin; 's cha mhothachadh air bith no iartus a th'aca fein. Cha 'n abradh a h-aon do'n luchd-ceannairce, "Tha mòr-mhisneach agam falbh agus fughair a bhì agam ri mathanas, a cheann gu'r miann leam mathanas fhaotainn;" oir cha 'n eil a mbiann air mathanas dheth fein 'na urras dha air fhaotuinn; ach 's ann a theireadh e, "Dh'iarr mo rìgh orm tilleadh, 's gheall e mathanas dhomh: tha 'fhalcal agam agus faodaidh mi muinighin a chur ann; agus air an aobhar sin theid mi d'a ionnsuidh ann an dùil ri tròcair." Agus mar sin ged tha

fhios aige gu'n d'thainig e fo dhìteadh, 's gu'n do thoill e bàs; tha cinnt aige gu'n caomhnar e, oir tha muinghinn aige ann an gealladh an rìgh. Is e so creidimh. Am bheil a chreidimh a' toiltinn mathanas? Cha 'n 'eil ach tha e ga dheanamh cinnteach. An urrainn an duine uail a dheanamh gu'n do shaor oibre fein e? Cha 'n urrainn; tha e air a shaoradh le gràs tre chreidimh. Ach abair, 'nuair chual e'n tairgse air trocair, nach robh e ach air faotuinn mothachaidh air a pheacadh, agus ann an tomhas ri bròn air a shon, 's ag iarraidh mathanas, ach nach deachaidh e dh'ionnsuidh an rìgh; 's gu'n abradh e ris fein, "Tha eagal orm dol ann; tha e ro chumhachdach, 's bha mise'm cheann-feadhna sa' cheannairc 's nach urrainn dhomh dùil a bhi agam ri tròcair." Tha am na trocair air dol seachad, 's tha 'n duine air a ghlacadh le armaibh 'na laimh; 's tha e air a chur gu bàs. Am bheil e toiltinn bàis? Tha dà uair; an toiseach air son a cheannairc; 's aris air son a mhi-chreidimh. B'e chion-creidimh, 's cha b'e'cheannairc a b'aobhar bàis dha. Bhiodh a pheacadh air a mhathadh nan creideadh e. A gheur-mhothachadh, a bhròn, a dheòir, a dhèigh air mathanas, cha bu chomasach a shaoradh: Thug e tamailt d'a rìgh as ùr, le teaganh 'na fhirinn, 's le eas-ùmhlachd d'a àithne. A pheacaich a th'air do dhùsgadh! thoir an aire nach e so do chor-sa. Is e cor iomadh aon e. Is luchd-ceannairc iad an aghaidh Dhe, ciontach de lochdaibh gun àireamh. Is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e 'aon ghin Mhic fein, chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e ach gu'm bi a bheatha shiorruidh aige." Eoin iii. 16. "Is fìor an ràdh so, agus is airidh e air gach aon chor gabhail ris, gu'n d'thainig Iosa Crìosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach," 1 Tim. i. 15. Is i so a'ghairm thròcaireach, "Gabh aithreachas, Creid ann an Crìosd, agus biodh dòchas agad ri slainte." Tha mòran a' creidsinn 's air an tearnadh; ach 's lionmhor iad nach teid ni 's faide na geur-mhothachadh; tha fhios aca gu'r peacaich iad, 's iarraidh iad mathanas, 's tha iad eadhon toileach cuid d'am peacaibh a threigsinn, ach cha 'n 'eil iad a' creidsinn ann an Crìosd, cha 'n 'eil iad a tilleadh ri Dia tre chreidimh 'na Mhac, ann an dùil ri mathanas: tha eagal orra dol d'a ionnsaidh, ag ràdh gu'm bheil am peacadh tuillidh 's mòr gu bhi air a mhathadh, no tha iad toilichte ic fantuinn ann an staid geur-mhothach-

aidh; no mu'n cuir iad an earbs' ann an Criosd, 's mu'n d'fhiosraich iad caochladh cridhe tre chreidimh, thug cuspair talmhaidh eigin air falbh an aire o'n t-Slanuighear, 's tha iad a' tuiteam ann am mi-chùram, 's a' dol uidh air'n uidh air an ais do'n t-saoghal. Gus am bi creidimh agad a leughadair, cha bhi thu sabhailte. Ciod air bith do gheurmhothachadh, do dheoir, t-urnuighean agus do chleachdadh inntiunn; tha thu fo bhinn an lagha agus dorsach do chorruich Dhe gus an creid thu. Ma thig am bàs ort gun chreidimh, sgriosar thu cho ciunteach 's cho toillteannach ris an fhear-cheannairceach nach d'thainig's nach do leig sios airm's nach do ghabh tròcair an rìgh, ged thaisbein e bròn air son a cheannairc. Gus an earb thu t'anam ri Criosd tha thu fo chomhara-làn tuil dhioghaltais Dhe. Am faod sinn a bhi air ar tearnadh gun a bhi air ar fireanachadh? Cha'n fhaod. Ach tha sinn air ar "fireanachadh tre chreidimh, agus tha sith againn ri Dia." Rom. v. 1. An urrainn sinn a bhi air ar saoradh mur clann do Dhia sinn? Cha'n urrainn. Ach is clann Dhe sinn uile tre chreidimh ann an Iosa Criosd." Gal. iii. 26. Am faod sinn a bhi air ar tearnadh gun a bhi air ar naombachadh? Cha'n fhaod. Tha "ar cridheachan air an glanadh tre chreidimh." Ach rinn fear coimhead a' phrìosain ann am Philippi a cheist so a chur le h-eagal agus le ball-chrith "Ciod a ni mi chum 's gu'n tearnar mi?" Fhreagair Pol, "Creid anns an Tighearn Iosa Criosd agus tearnar thu," Gníomh xvi. 30, 31. 'Nuair a chuir Criosd uaithe a dheisciobuil, thubhairt e riu, "Imichibh air feadh an t-saoghail uile, agus searmonaichibh an soisgeul do gach dùil; ge b'e chreideas agus a bhaistear saorar e, ach ge b'e neach nach creid dìtear e. Marc. xvi. 15, 16. Agus a ta e air a ràdh ann an àit eile, "An ti a chreideas ann cha dìtear e, ach an ti nach creid tha e air a dhìteadh cheana, a chionn nach do chreid e an ainm aoin-ghin Mhic Dhe. An ti a chreideas anns a' Mhac, tha a' bheatha mhaireannach aige; ach an ti nach 'eil a' creidsinn anns a' Mhac cha'n fhaic e beatha; ach a ta fearg Dhe a' gabhail comhnuidh air" Eoin iii. 18, 36. An ti a chreideas ann am Mac Dhe tha'n fhianuis aige ann fein, an ti nach creid Dia rinn e brengaire dheth, do bhrìgh nach do chreid e an fhianuis a rinn Dia mu thimchioll a Mhic." 1 Eoin v. 10. Faic mata cho ro-fheumail 's a tha creidimh ann an Criosd. Is e bhann e air am bheil

slainte tionndadh. As eugmhais, fagaidh gach eòlas, gach drùghadh, gach geur-mhothachadh 's gach dleasnas gearr air neamh sinn. - Socraich mata gu domhain a' d' inntinn gu' r' h'e creidimh an gràs slainteil; no gu' r' h-e 'n cor-iuntinn sin ris am bheil slainte air a dlu-cheangal; oir nam bitheadh tu sa' chor so bhitheadh tu air do thearnadh ged bhàsaicheadh tu air an uair; agus as eugmhais cha bhiodh tu air do thearnadh, ged bhiodh tu fad bhliadhnachan fo 'n iomaguin bu deine.

Ach labhraidh mi ni's faide thaobh a chor-inntinn so, agus nochdaidh mi.

1. Ciod a tha thu r'a chreidsinn. Tha, creidimh gu coitcheann a' ciallachadh creideas a thoirt do gach ni mu 'n d' thug Dia fianuis 'na fhocal; ach tha creidimh ann an Iosa Crìosd a' ciallachadh creideas a thoirt do gach ni tha 'n sgriobtur a' cur an ceill mu Chrìosd, mu 'phearsa, mu dhreuchdaibh, 's mu 'obair. Tha thu r'a chreidsinn gu' r' h-e "Mac Dhe E." "Dia air fhoillseachadh san fheoil;" gu bheil e 'na Dhia 's na dhuine—'na Eadar-Mheadhon-air: oir ciamar a dh' fhaodas creutair a mhàin a bhi 'na Fhear-saoraidh dhuit? Ann an creidimh tha thu 'g earbsa t-anama ris an Tighean Iosa, 's mar sin tha diadhachd Chrìosd araon 'na chuis creidimh agus 'na stéigh dòchais. Tha e air iarraidh ort creidsinn ann an reite Chrìosd; gu'n do riaraidh e ceartas De air son cionta dhaoine, air dha bhi air a dheanamh 'na iobairt-reitich air son ar peacanna, agus gu' r' h-ann air sgàth 'iobairte, 's fhìreantachd amhàin a ghabhar ris a' pheacach, 's a shaorar e 'm fianuis Dhe. Tha thu r'a chreidsinn gu' r' h-e beatha na h-uile gu Dia air son slàinte, ciod air bith cho ciontach 's a bha iad; s gu bheil da rìreadh gràdh aig Dia do'n t-saoghal, 's gu bheil e toileach, 's a' feitheamh gu ceann-feadhna nam peacach a thearnadh, 's mar sin gu bheil deadh-ghean aige do'd thaobh-sa; thoir a, chùis gu d' ionnsuidh fein agus creid gu bheil rùn tròcaireach aig Dia dhuit, gu'n d' thug e Crìosd gu bàsachadh air do shon, gu' r' h-earrann thu do'n t-saoghal a ghràdhaich Dia, 's air son an do bhàsaich Crìosd. Cha 'n 'eil thu ri beachdachadh air innleachd na slainte air son na h-uile neach no air son neach air bith ach air do shon fein, ag radh "Tha gean-math aig Dia dhomh; tha Crìosd air a thabhairt air mo shon; tha cuireadh air a thoirt dhomh; tearnar mi ma dh' earbas mi ann an Crìosd; agus

is e mo bheatha gu Crìosd.” Cha ’n e creidimh a bhi creidsinn ann ad dliadhachd fein, is e sin dearbhadh an dòchais; ach is e bhi creidsinn gu bheil gràdh aig Dia do pheacaich, ’s gu’n do bhàsaich Crìosd air son pheacach agus air do shon-sa; cha ’n e idir a bhi creidsinn gu’r fìor-Chriosduidh thu, ach gu bheil Crìosd toileach beannachdan a Chriosduidh a thoirt duit. Is e creideas a thaobh ni-eigin an taobh amach dhiot fein, ach a thaobh ni-eigin mu d’ thimchioll fein. Is e cuspair do chreidimh obair Chriosd air do shon, ’s cha ’n e obair an Spioraid annad; ach tha mòran ealamb gus an dara ni a chur an àite ni eile. Ma tha mi gealltainn deirce do neach, ’s gu’n creid e mo ghealladh, is mise ann a bhi gealltainn cuspair a chreidimh, ’s cha ’n e ’chor-inntinn fein ’nuair tha e creidsinn. Nam bu mhian leat-sa mata creidimh fhaotainn, no, ma tha e agad, e bhi air a neartachadh, socraich do shuil air fianuis Chriosd, a th’agad anns an t-soisgeul.

2. Nochdaidh mi dhuit *Ciamar* tha thu ri creidsinn; ach ’s gann gu’n ruig mi leas, oir cha ’n ’eil ni do-thuigsinn ann an creidimh ’nuair a labhras sinn mu chreidsinn co-chreutair. ’Nuair tha e air iarraidh air a cheannairceach tairgse air tròcair an rìgh a chreidsinn, agus teachd a dh’ iarraidh mathanais, no ’nuair tha e air iarraidh air diol-deirce creidsinn ann an gealladh an duine sheirceil, am féoraich iad cionnus a tha iad ri creidsinn? Ciod mata ’s gach cuis dhiubh sin a tha creidimh a’ ciallachadh, ach creideas ann an gealladh agus earbsa as an neach a gheall? Is e creidimh mata creidsinn gu’n do bhàsaich Crìosd air son pheacach, agus gu’n tearnar na h-uile dh’ earbas a Crìosd amhàin—is e creidimh Earbsa a Crìosd. Is e ’n t-aon ni creidimh agus earbsa. “Oir a ta fhios agam co ann a chreid mi agus is dearbh leam gu bheil esan comasach air an ni sin a dh’earb mi ris a choimhead fa chomhair an là sin.” 2 Tim. i. 12. Is e ’n t-aon ni a bhi creidsinn, a bhi dearbhte ’s a bhi ’g earbsa. Is e bhi socrachadh air obair ’s air focal Chriosd air son slainte; a bhi ’g easbsa ri ’iobairt-reite ’s ri ’fhìreantachd, seach ni air bith eile, air son Dia a ghabhail ruinn; agus a bhi ’n dùil ri slainte a chionn gu’n do gheall e. Far nach ’eil an dùil so cha ’n ’eil creidimh. Is e creidimh mata sùil a bhi ri slàinte air sgàth oibre Chriosd amhàin, a cheann geallaidh Dhe. Ma ’s miann leat cuis shoilleireachaidh eile beachdaich air clann Israeil

mar bha iad air an leòn leis na nathraichean, Aireamh. xxi. 4—9; Eoin iii. 14, 15. Dh' àithneadh dhoibh sealltuinn air an nathair umba; 's iadsan a chreid gu'n tigeadh slàinte 'n lorg sealltuinn, chaidh iad amach gu amharc air a chulaidh leighis: b'e 'n sealltuinn an creidsinn, agus ann an sin bha dòchas. Acasan nach d' amhaire cha robh duil ri leigheas, ach aig a mhuinntir a sheall. Cha robh duil ri fuasgladh. Mar d' thugadh thusa gu dùil a bhi agad ri slainte, cha 'n 'eil thu creidsinn. “ Is e creidimh brìgh (no duil làidir) nan nithe ri 'm bheil dòchas,” Eabh. xi. 1. Agus o 'n 's e creidimh dùil ri slàinte air sgà Chriosd amhàin, 's air son a gheallaidh, faodar a ràdh gu'm bi creidimh lag no làidir a reir 's mar bhios ar duil lag no laidir, agus saor o theagamh 's o gheilt.

3. Ach *c'uin* tha 'm peacach ri creidsinn? 'S iongantach a cheist! ach 's ceist i a d' fheumas a fhreagairt, 's a tha gu tric air a cur. Abair mata gu'n do gheall thu deire do bhochd, no mathanas do neach a rinn eucoir ort, 's gu'm feòraicheadh a h-aon diubh, “ C'uin tha mi ri d' ghealladh a chreidsinn?” nach cuireadh a cheist ioghnadh ort? Tha chuis fein a' nochdadh cho iomchuidh, 's cho feumail 's a tha creidsinn gu h-ealamh. Tha do ghealladh an sin cho firinneach 'sa bhios e 'm feasd, 's mar sin tha e 'g agairt còir air t-earbsa gu h-ealamh. Nan abradh an diol-deirce, cha d' fhairich mi mo bhochduinn fhathast, ach 'nuair dh' fhiosraicheas mi 'n t-acras ni's cruaidhe, tlig mi's gabhaidh mi aig t-fhacal thu.” Nach bu chear a chlainnt sin; ach 's e so giùlan mòrain a thaobh Chriosd, 's a thaobh creidimh ann a chum slàinte. Tha fhios aca gu bheil earbsa ann-san amhàin feumail a chum slàinte, 's gu feum iad teachd; ach 's ann tha iad mar gu'm b'ann 'ga mheas mar obair no mar chor-inntinn, gus am bheil iad gu bhi air an toirt uaireigin, air doigh eigin air nach fiosrach iad, 's cha 'n ann mar dhleasnas a dh' fheumas iad gu h-ealamh a choi-lionadh. Is e 'm mothachadh a th' aca dòchas gu'm bi creidimh aca uaireigin, gun smaoin aca gu bheil e air iarraidh orra gun dàil an anam earbsa ri Criosd.

A lèghadair smaoinich gu trom air cho feumail 's a ta e creidsinn gu h-ealamh. Am bheil thu nis a' d' pheacach? Is fiosrach thu gu bheil. An urrainn thu ni dheanamh anis no 'na dhéigh so chum thu fein a thearnadh? Is fiosrach thu nach urrainn. Am bheil Criosd anis 'na Shlàn-

uighear, comasach agus toileach do shaoradh anis? Tha fhios agad gu bheil. Am bi e ni's comasasaiche do thear-nadh mios no bliadhna 'na dheigh so na tha e nis? Is dearbh nach bi. Am bheil e 'g ràdh, "Thig a' m'ionn-suidh, cha'n ann an tràs, ach 'na dheigh so; na creid mi fhathast, ach earb asam aig am eile?" Tha fhios agad nach 'eil; oir buinidh gach cuireadh, gach gealladh, 's gach misneach do'n am a ta làthair, "An diugh, ma chluinneas sibh a ghuth na cruadhaichibh ur cridheachan, *anis* an t-am taitneach, *anis* latha na slainte. Thigibh, oir tha na h-uile ni deas. Tha e feitheamh gu bhli gràs-mhor," Eabh. iii. 7, 8; 2 Cor. vi. 2; Luc. xiv. 17; Isa. xxx. 18. C'arson mata, am feadh a tha thu 'g a leughadh so nach creideadh tu ann an Crìosd? Ciod a bhacas tu, ach do inhi-thoil fein. O! b' fhearr gu'n gabhadh tu aig an uair so 'nad uchd iomaguneach dòchas milis sòlasach na slainte, 's gu'n abradh tu "Gu'n tugadh Dia dhomh sin, oir cha'n 'eil sìth agam, tha mi faireachduinn gur peacach mi, agus tha doilgheas orm nach 'eil faireachadh ni's mo agam air. Tha mi'n imcheist's am mi-shuaimhneas oir cha'n 'eil aobhar dòchais agam gu bheil mo pheacanna air am math-adh. Cha'n urrainn mi dlùthachadh air Dia mar athair reidh rium, 's ann tha geilt agam roimhe, 's mi fo eagal nam bàsaichinn nach coinnichinn e ann an sìth.

Sparruinn ort mata nach bi thu 'm feasd aig sìth gus an bi creidimh agad: is e sìth an toradh agus ceud-thoradh creidimh. Beachdaich air briathran an Abstoil; "Ged nach 'eil sibh anis 'ga fhaicinn, air dhuibh bhì creidsinn ann, tha sibh a' deanamh mor ghairdeachais le h-aoibhneas air dol thar labhairt agus lau do ghloir," 1 Pead. i. 8. Tha e air innse thaobh Fir-coimhid a' phrìosain, "Rinn e gairdeachas a' creidsinn ann an Dia." Gniomh xvi. 34. Cha bhì agad ach sìth bhreige gus an creid thu ann an Crìosd; tha thu 'g iarraidh sìth ann an iomadh rathad, agus gheibh thu air uairibh faochadh a'd' iomaguin le bhì 'g eis-deachd shearmoinean, le bhì labhairt mu na nithe sin a shaoileas tu a's comharan air t-iompachadh, le bhì cur romhad do pheacanna a threigsinn agus seirbhis ni's treibhdhìriche dheanamh do Dhia. Ach air a shon so cha'n eil fois bhunailteach agad. Cha'n eil do ghairdeachas ach mar bhoisge lòchrain nach faicear ach air uairibh an dorcha na h-oidheche, an coimeas ri solas seasin-

lach na gréine: 's mar sin bithidh tu ealamh air uairibh gu cùl a chur ri diadhachd, agus tilleadh a dh'ionnsuidh an t-saoghail; oir is coslach gu bheil thu cho fada o shuaimhneas 's a bha thu riamh. Ach stad agus feòraich, "Am bheil mise 'g iarraidh sìthe san t-slighe cheirt? An do chreid mi riamh gu tur 's gu firinneach ann an Crìosd? An d'earb mi m'anam ris agus an robh dòchas agam ri slàinte aréir a gheallaidh?" Cha d' rinn thu so, oir nan deanadh, cha bhiodh do chor cho mi-shuaimhneach. Ciod, mata bheir sìth do'n pheacach le cudthrom a chionta air a choinnseas, agus a bheir fuasgladh dha 'na theinn? Cha toir ach creidimh ann an Crìosd; cha 'n e 'n creidimh fein, ach Crìosd an cuspair air am bheil an creidimh a' beachdachadh. Their mòran, "Nam biodh fhios gu'm biodh creidimh agam, no nam mothaichinn mo chreidimh ni bu làidire, an sin dheanainn gairdeachas." Ach 's e so a bhi 'g iarraidh sìthe anns a' chreidimh fein an àite bhi 'g a iarraidh tre chreidimh ann an Crìosd. Cha 'n e creidimh ar Slan-uirgear, ach an t-sùil a bheachdaicheas air, a' chas a theid d'a ionnsaidh, an làmh a ghlacas e; agus mar shoilleir-eachadh air a' chùis:—abair gu'n robh thu 'n tineas gabhaidh 's gu'm feuchadh tu gach cungaidh gu diomhain; 's gu'n tigeadh leigh a dh'innse dhuit gu'n robh aige air son t-euslainte leigheas nach d'fhaillnich riamh. Ciod an drùghadh a dheanadh an sgeul ort? Bhiodh sin aréir 's mar thigeadh an sgeul riut. Nam biodh do dheigh air slainte, agus t-eagal nach faigheadh tu leigheas, ni bu mho na do chreidimh, cha 'n fhaigheadh tu sìth; chumadh do chion earbsa as a chungaidh ann an trom-iomaguin thu. Ach nan creideadh tu 'n léigh ciod an drùghadh a dheanadh a sgeul ort an sin? Dheanadh tu aoibhneas gu grad; cha 'n fheitheadh tu gus an gabhadh tu 'chungaidh, 's gus am mothaicheadh tu thu fein air do leigheas, mu 'm biodh t-iomaguin air a lughdachadh; 's ann a theireadh tu cho luath 's a chreideadh tu ann an cumhachd na h-iocshlainte, gu'm b'aoibhneach an sgeul. Ciod mata tha toirt fuasglaidh dhuit o t-iomaguin sa' chùis so? Sgeul an leigh, no ann am briathraibh eile, creidimh 'na sgeul. Tha 'n sgeul, air a chreidsinn leat 'gad dheanamh aoibhneach. Cha 'n ann, ann a bhi creidsinn a tha thu deanamh aoibhneis, ach anns an sgeul air a' chreidsinn. Ghabhadh tu gu grad a chungaidh; agus 'nuair a dh'fhiosraicheadh tu a feartan leighis

dheanamh tu aoibhneas ni bu mhò. An so dh' fhiosraicheadh tu da ghné aoibhneis: an toiseach aoibhneas creidimh, ann an cinnt air leigheas; aris aoibhneas dearbhaidh, air dhuit a bhi air do leigheas.

Samhlaich so ri cùis a' pheacaich a tha mothachadh a thruaighe fo chumhachd 's fo chionta peacaidh. 'Na iomaguin tha e feuchainn iomadh doigh gu fuasgladh fhaotuinn, tha e tréigsinn peacaidh 's a' feuchainn ri bhi math, ach tha mothachadh nach 'eil a pheacadh air a mbathadh 'na chudthrom air a chridhe, 's tha e fad o shuaimhneas suidhichte. Anns a chor so tha Crìosd Leigh an anama teachd g'a ionnsuidh ann an teachdaireachd an t-soisgeil 's ag ràdh, "Glanaidh m' fhuil o gach peacadh, 's ath-nuadhaichidh 's naomhaichidh mo Spiorad an cridhe 's cruaidhe 's is truailidhe: seall riumsa 's bithidh tu air do thearnadh." Ciod e dleasnas a' pheacaich sa' chùis so? Creidsinn gu grad, agus air ball gairdeachas a dheanamh, mar fhianuis agus mar thoradh a chreidimh. Ma chreideas e da rìreadh, ni e gairdeachas; agus mar dean e gairdeachas 's ann a cheanu nach 'eil e creidsinn. Cha 'n 'eil e ri feitheamh gun chomhfhurtachd a ghabhail gus an tearnar e; ach tha e 'n toiseach ri comhfhurtachd a ghabhail ann a bhi creidsinn gu bheil Fear-saoraidh ann, agus gu'm faod esan a bhi air a thearnadh. Cha 'n 'eil e ri fuireach gun chomh-fhurtachd gus am mothaich se e fein air fhìreanachadh, air ath-nuadhachadh 's air a naomhachadh; oir cionnus a bhios e sa' chor so mur creid e? Is e cheud shòlas gairdeachas creidimh; agus feumaidh e so a ghabhail air ball; agus tha gairdeachas dearbhaidh a' teachd 'na dheigh. Feumaidh e 'n toiseach gairdeachas a dheanamh ann an gealladh air slanachadh spioradail, 's aris ann am mothachadh air an t-slàinte. 'Nuair bha na h-Iudhaich, a bh'air am bioradh fo shear-moin Pheadair, ag éigheach "Ciod a ni sinn? fhreagair e, "Deanaibh aithreachas agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Crìosd, chum maitheanais pheacanna. An sin bhaisteadh iadsan a ghabh r'a fhocal gu toileach." Gniomh. ii. 37—41. Ghabh iad r'a fhocal gu toileach, 's e sin r'a ràdh, chreid iad an gealladh agus rinneadh aoibhneach iad. An so bha creidimh a' grad-ghintinn aoibhneis: Cha d' fbeith iad gus an do mhothaich siad iad fein air an tearnadh, ach rinn iad gairdeachas air ball, agus arsa Pol, "Oir is e so ar gairdeachas-ne fianuis ar coguis,

gur ann an aon-fhillteachd agus an treibhdhireas diadhaidh, agus cha 'n ann an gliocas feòlmhor, ach ann an gràs De, a chaith sinn ar beatha san t-saoghal," 2 Cor. i. 12. An so tha gàirdeachas dearbhaidh. 'S ann ri sìth ann an creidsinn a tha gnothach neach fo chùram anama; agus nach leòir an t-aobhar aoibhneis gu'n do ghràdhaich Dia an saoghal, agus thusa, mar earrainn dheth, cho mòr 's gu'n d' thug e 'Mhac air son do shlàinte; gu bheil cuireadh agad; 's gu bheil Criosd toileach agus comasach do thearnadh? Ach tha thu fhathast a' crochadh ris a bheachd so, nam biodh tu cinnteach thu bhì creidsinn, gu'm biodh socair agad; nam biodh dearbhadh agad air do chreidimh gu'm biodh sìth agad. Nam b' ann mar sin a' chùis b' iad na dearbhanna sin a bheireadh fois dhuit 's cha b' i obair Chrìosd.

Tha e cuideachd feumail dhuit a thuigsinn nach 'eil creidimh agad mur 'eil tomhas éigin agad do shòlas; mu tha thu fhathast a' mothachadh cudthrom cionta air do choguis, a tha gintinn eagail chraitich 'nad inntinn; mu tha thu fhathast a feòraich, " Ciod a nì mi chu'm gu'n tearnar mi?" Mu tha fhathast geilt agad roimh Dhia, ma tha thu gun dòchas maitheavais cha 'n 'eil thu creidsinn; oir dheanadh fìor-chreidimh, as eugmhais lan-dearbhadh, tomhas fuasgladh a thoirt duit o'n iomaguin so. Is tric le muinntir a ràdh gu bheil iad a' creidsinn, agus nach eil sìth aca, ach 's e dh'innsinn doibh gur h ann a cheann nach 'eil iad a' creidsinn ann an Criosd; gu bheil iad 'gam mealladh fein. Is e fìor-chreidimh a tha dhith orra; cha do chuir iad fhathast an earbsa ann an Criosd, cha do chreid iad fhathast sgeul aoibhneach na slàinte; oir an comasach gu'n creid neach sgeul aoibhneach uime fein gun e bhì air a dheanamh ait leis? Creid mata gu fìrinneach, creid air an uair so agus imich asteach gu d' shìth.

CAIB. VI.

Beachdan mearachdach anns am bheil muinntir fo chùram an anama ealamh gu tuiteam.

Ann an cùis cho ro-chudthromach ri slainte 'n anama, is feumail gu'm biodh gach mearachd anns am faodar tuiteam, air a chomharachadh amach. Goirear do Shàtan athair nam breug, agus 'nuair tha chuilibheartan-san maille ri ceal-gaireachd a chridhe fein, tha 'n cunnart tuiteam ann am mearachd mòr da rìreadh; 's bu choir d'ar faicill roimh mhearachdan a bhi reir an aimhleis a bheir iad nan déigh. Cia uambasach an ni mearachd a dheanamh sa' chùis so, agus buanachadh ann gu ruig am bàs! bithidh an t-siorruidheachd againn gu 'chaoidh, gun tiotadh gu 'leasachadh. Cia uambasach an ni bàsachadh agus sinn féin fhaotainn meallta; ged nach biodh am mearachd ann an cùis cho cudthromach, dh' fhaodadh e bhi 'na aobhar air iomaguin ro mhor.

1. Is e cheud mhearachd a's tric le muinntir a dheanamh, eòlas, drùghadh agus ath-leasachadh neo-iomlan a ghabhail an àite fìor iompachaidh. 'Nuair tha searmonachadh fallain an t-soisgeil agus eòlas diadhaidh a' buadhachadh mar a ta iad san linn so, far nach 'eil geur leanmhuinn a dhearbhadh treibhdhireas dhaoine, agus 'nuair tha eadhon meas an lorg aidmheile, tha muinntir ann am mòr chunnart fein-mheallaidh. Tha searmonachadh na linne so drùighteach agus a chum brosnachaidh, agus sin maille ris an eòlas a thig o oilean diadhaidh, tha ro choslach ri mothachadh a ghintinn a dh' fhaodar a ghabhail air son iompachaidh. Cairdean aineolach, parandan iomaguineach, agus eadhon ministeirean, nuair chi iad a bheag do dhrùghadh air a dheanamh air muinntir no a bheag do atharrachadh giùlain, breugaidh siad iad leis a' bharaill gu bheil iad sabhailte, sparraidh iad orra tuillidh's luath aidmheil a dheanamh d'an creidimh, agus suipeir an Tighearn a ghabhail, 'nuair theagamh nach d' oibrichheadh an t-atharrachadh mòr orra riamh, 's mar sin tha 'n t-anam, air a gblasadh suas ann am mealladh fa chomhair sgrios sbiorruidh. Cha chomasach ni an dusgadh anis, oir ged shear-

gas gach drùghadh, agus a dh'fhasas iad ach gann, cho neo-chùramach, shaoghalta, pheacach 's a bha iad riamh; gidheadh rinn iad aidmheil creidimh, agus thugadh orra chreidsinn gu'm bu chriosduidhean iad, 's air an aobhar sin caisgidh iad gach eagal. Is truagh an cor so, agus is e so cor mòrain.

Theagamh gu'r fiach e 'n t-saothair, a' nochdadh dhuit cia cho fhad 's a dh'fhaodas muinntir dol gun iad a bhi air an iompachadh. 'S iomadh drùghadh agus geur-mhothachadh a dh'fhaodas iad fhiosrachadh; faodaidh eòlas a bhi aca air an cor peacach, agus mothachadh trom air an cionta; faodaidh iad amharc air an ais air an caithe-beatha le agartas cràiteach, faodaidh iad a bhi brònach air son an lochd, 's a bhi miannachadh tearnaidh o'u truaighe tha teachd nan lorg, air dhoibh a bhi fo uamhann roimh phiantan ifrinn. Nach robh geur-mhothachadh aig Iudas air peacadh, 's nach do ghuil e gu goirt 's nach d'aidich e 'pheacadh fo agartas cruaidh? Nach robh geur-mhothachadh aig Cain air peacadh? Agus b'aithe dhomh mòran aig an robh mothachadh ni bu gléire air peacadh agus agartas ni bu chruaidhe na bh'aca-san a dh'iompaich-eadh, ach air a shon so a chaidh air an ais a dh'ionnsuidh a pheacaidh agus an t-saoghail. Cha 'n 'eil eadhon gràin do'n pheacadh daonann 'na fhìor chomharadh air iompachadh. Mun robh Hasael 'na rìgh air Siria dh'fhuathaich e na lochdan sin a chuir e 'n lànachd a chumhachd agus uabhair 'na dhéigh sin an gnìomh. Faodaidh muinntir neo-iompaichte eadhon miannachadh fuasglaidh o chuibhrichean an anamiann truailidh, a chum fad an sàs iad; oir 's ainneamh na peacaich chomharaichte, nach fuathaich am peacanna gu tric, 's nach miannaich 's nach dùraig ath-leasachadh. Faodaidh muinntir air uairibh miannachadh a bhi air an saoradh o gach uile pheacadh; araid, ann an seol eigin, a cheann gu bheil sin feumail chum iad a bhi air an saoradh o ifrinn. Agus mar dh'fhaodas geur-mhothachadh a bhi aca air peacadh gun iompachadh, 's amhuil sin a dh'fhaodas gné shòlais a bhi aca gun iompachadh. An luchd-eisdeachd sin air an samhladh fìor am fearann creagach chual iad "am focal agus ghabh iad air ball e le gàirdeachas," gidheadh cha robh freumb aca annta fein, agus cha d'fhan iad ach re tamuill," Mat. xiii. 20, 21. Bha sonas mor aig na Galatianaich aon uair, ach bha eagal air an Abstol gu'n do

shearg e, Gal. iv. 15. Rinn miltean gàirdeachas aig dol asteach Chrìosd do Ierusalem, a dh'fhàs an dèigh sin 'nan naimhdihh dha. Faodaidh mòran speis a bhi aca do shluagh Dhe agus miannachadh a bli 'nan àireamh, mar a rinn Balaam, nach buin doibh da rìreadh. Faodaidh mòran tlachd a ghabhail ann a bhi cluinntinn shearmoinean, 's ann a bhi dol gu coinneamh-urnuigh, 's a' seinn laoidhean, 's a' dol gu coinneamhan air son craobh-sgaolidh an t-soisgeil, 's gach coinneamh eile mar sin, nach eil da rìreadh air am breith o'n Spiorad. 'S mar sin tha mòran a' diobradh ghniomhara peacach, 's a' sgur do chleachdaibh aingidh, ach innsidh an eachdraidh 'na dheigh sin nach robh iad air an iompachadh. Faodaidh tomhas do eud a bhi a thaobh ghnothaichean creidimh o'n leth-muigh, mar chi sinn ann an Iehu, gun an inntinn a bhi ann an suidheachadh ceart a thaobh Dhe. Tha aig moran earbsa laidir gu'n deachaidh an iompachadh o'm bruadair 's o'm faireachadh, agus o'n fhianuis a th'aca, mar tha iad a smaoineachadh, o'u leth-stigh, ach dhearbh an giùlan nach robh iad ach fo mhealladh truagh. 'S gann gu'm biodh crìoch air a bhi combarachadh gach dòigh anns an bheil daoine 'gam mealladh fein a thaobh an cor. Tha iad gun àireamh air an robh càileigin do chùram a thaobh na diadhachd, nach deachaidh rianh a bhreith o'n Spiorad. Theagamh gu bheil urrad air an call le fein-mhealladh 's a tha air dòighibh eile. Tha ifrinn a' fuaim le acain 's le tuireadh nan anama sin a chaidh a dhìth tre chumhachd cridhe mheallta.

Ceasnaichibh sibh fein; cleachdaibh eud diadhaidh thairis air ar cor fein; 's na dichuimhnichibh gu bràth nach sàbhail ni sibh gearr air an nuadh-bhreith. Mur beirear duine o'n uisge 's o'n Spiorad cha'n urrainn e dol asteach do rioghachd Dhe," Eoin iii. 5. "Ma tha neach sam bith ann an Crìosd, is creutair nuadh e; chaidh na seann nithe seach, feuch, rinneadh na h-uile nithe nuadh." 2 Cor. v. 17. Feumaidh an nàdur fein a bhi gu tur air a chaochladh; agus sinne bhi air ar n-ath-nuadhachadh ann an Spiorad ar n-inntinne, ar beachdan ar n-aighean, 's ar cleachdanna bhi air an atharrachadh. Feumaidh sinn a bhi air ar toirt gu Dia a ghràdhachadh os ceann gach cuspair, ar son a naomhachd 's a cheartais, cho math 's air son a throcaire 's a ghràidh ann an Crìosd; a bhi aoibhneach ann air son a ghloire gun choimeas, cho math 's air son saibhreas a

ghràis : feumaidh mothachadh a bhi aguinn air maise na naomhachd, agus nithe naomha ghràdhachadh air son an oirdheirceis fein : feumaidh sinn caoidh air son peacaidh agus fhuathachadh air son olcais cho math 's son a pheanais ; feumaidh sinn tlachd fhiosrachadh ann an slàinte Chrìosd ; cha 'n ann amhàin a cheann gu'n saor i sinn o'n pheacadh, ach gu'n dean i sinn cosmhail ri Dia agus sin uile ann an rathad a tha glòrachadh Iehobhah : feumaidh sinn co-roinn a bhi aguinn do fhìor-ùmhachd 's do ghràdh fial, agus a bhi air ar toirt gu bhi do'n aon-inntinn ri Dia, ann a bhi mianuachadh 's a' gabhail tlachd ann an sonas muinntir eile : agus a bhi san rùn cheudna mu aòbhar Dhe, agus a mheas mar urram 's na thoileachadh nì air bith a dheanamh a dh' àrdaicheas glòir Chrìosd ann an slàinte pheacach : feumaidh sinn miann, acras agus tart fhiosrachadh an déigh naomhachd, cho mhatl ri teachd gu cur romhuinn gach uile pheacadh a dhiobradh ; cia air bith cho buannachdail no cho blasda iad : feumaidh coinnseas maoth a bhi aguinn a chritheas o'n pheacadh a's faoine, o lochdaibh diomhair, 's o pheacadh neo-churaim agus dearmaid, 's a ni faire 'nan aghaidh ; mar lochdan eile ta uamhasach agus gràineil ; feumaidh sinn sluagh Dhe a ghràdhachadh, air sgàth Dhe ; a cheann gu'm buin iad dhà 's gu bleil iad cosmhail ris : feumaidh sinn an dleasnas fein-àichidh sin a chleachdadh, a bhi marbhadh a pheacaidh, cho mhatl ri dleasnais thaitneach na diadhachd. Is e so bhi air ar breith anis : agus cha 'n e sin idir drùghadh diombuan air an inn-tinn ; ach ath-nuadhachadh maireannach air an nàdur ; cha 'n e idir dian-gbluasad air uairibh ; ach biuthas suidhichte. Theagamh nach bi 'n duine dh' fhiosraicheas e air a dhian-gbluasad, ach thainig e fo atharrachadh buan ; tha dhéigh 's a dhurachd an geall air fìor naomhachd. Tha e 'nis 'na neach spioradail ; bha e roimhe so feòlmhor ; agus tha na h-uile nì nis air an tuigsinn leis gu spioradail. Cha 'n fheum nì do thoileachadh gearr air an tur chaochla cridhe so, an t-ath-nuadhachadh nàdur so ; oir cha ni eile creidimh—ach a leithid do shealladh air Crìosd mar eadar-mheadhlonair, 's a leithid do mhuinghinn tre chreidimh 'na fhuil 's na fhìreantachd air son slàinte, 's a chaochlas gu h-ìomlan an cridhe, an nàdur, 's an giùlan ; a thilgeas an saoghal air cùl, 's a ni glòir an déigh so, agus naomhachd an tràs mar an cùram a 's àirde.

2. Tha muinntir gu tric cearr ann a bhi 'n imcheist co dhiùbh is *coir dhoibh grad-chreidsinn* agus dol gu Crìosd; 's iad a feitheamh, mar their iad, air son latha cumhachd aig lochan nan òrduighean. Tha iad ag iarraidh 's ag ùrnuigh, gun suim aca gu'r h-e 'n dleasnas, gun mhoille uaire, iad fein a thoirt do Chrìosd. Tha iad a' feitheamh air son drùghaidh no gluasaid eigin air an inntinn, a ni aithnichte dhoibh c'uin 's e 'n dleasnas creidsinn, n'a dh'fhagas comasach iad air creidsinn. 'S e'm barail gu'n teid a dheanamh soillear dhoibh, mar chaidh a dheanamh do na bacaich le gluasad nan uisgeachan, nach 'eil iad ni 's fhaide ri fuireach ach dol sìos do lochan na slainte. Eoin v.

Is diùbhalach am mearachd so; agus is lionmhor iad a tha e cumail fada 'n cruaidh àmhghar inntinn, 's cuid gun teachd idir a dh'ionnsuidh Chrìosd. Is fheudar dhomban toiseach innse dhuit gu bheil iad a tur-fliaradh an sgrìob-tuir, a tha smaoineachadh lochan Bhethesda bhi 'na shamhladh air leigheas pheacach tre obair Chrìosd; agus suidheachadh nan daoine' euslana, 'feitheamh air son teachd an aingil gu'n slàpachadh, mar shamhladh air dleasnas a' pheacaich ann a bhi feitheamh air son gluasaid no cumhachd o'n airde mu'n creid iad. Bha 'n sgeul air aithris amhàin chum cumhachd agus glòir Chrìosd a thaisbeanadh ann an leigheas miorbhuileach oibreachadh. C' àite, fad an Tiomnaidh Nuaidh, a bheil e air àithne do pheacaich feitheamh gu am eigin mu 'n creid iad? C' àite 'm bheil e air a ràdh, "Creid ach na h-ann an tràs; biodh dòchas agad ach na h-ann an tràs; feith air son cumhachd no gluasaid a ni comasach thu air creidsinn? 'S ann a tha e air a ràdh, "An diugh ma chluinneas sibh a ghuth, na cruadhaichibh ur cridheachan; anis an t am taitneach, anis latha na slainte." Nach 'eil Dia toileach mathanas a thoirt duit air an uair; Crìosd toileach do shaoradh; an Spiorad a' feitheamh chum t-ath-nuadhachadh 's do naomhachadh? Nach 'eil na geallanna frinneach an tràs; nìle bheannachdan na slainte deas agus a' feitheamh air son thu ghabhail riutha. C'arson mata a dh'fheitheadh tu no tha thu idir a' feitheamh? An deanadh guth o neamh no gluasad a'd' chridhe fein ni's cinntich 'e na thia facal Dhe g a dheanamh, gu bheil Crìosd toileach do shaoradh? Seall gu dùrachdach air a' ghealladh so, "Thigibh a m' ionnsuidh-sa sibhse uile a ta ri saothair, agus fo throm uallach, agus bheir mise

suaimhneas dhuibh," Mat. xi. 28. Nach i sin caint Chrìosd? Agus am bheil ni innte thaobh fuireach air son gluasaid? cha 'n 'eil. C'uime 'nis a tha thu 'n imcheist? Tha e cho fìor an tràs 's a bhios e 'feasd; agus ma tha thu fuireach airson ni air bith eile ach facal Chrìosd, caithidh tu t-ùine gu léir ann a bhi feitheamh, agus mu dheireadh bàsaichidh tu air do mhealladh. Is fìor gu feum thu cumhachd an Spioraid, gu d' chuideachadh gu creidsinn, ach tha 'n cumhachd sin 's gach am cho deas ri obair Chrìosd.

Ach arsa muinntir eile, "*Tha sinn a fuireach gu mothachadh ni 's géire fhaotainn air peacadh.*" Bheil thu mothachadh gu bheil thu fo dhètheadh an lagha; 'nad pheacach a tha gu tur truailte 'nad nàdur, cho math, 's ciontach do lochdaibh gun àireamh, agus toilltinneach air ifrinn? Am bheil so soillear do d' thuigse, agus air 'fhaireachadh le d' choinnseas; c'arson mata tha thu feitheamh? Ma 's miannach leat tuillidh bròin, agus agartas ni 's géire, dh' fheòraichinn aris, ciod cho geur 's a tha thu smuaineachadh a dh' fheumas t-fhaireachadh a bhith, mu'n creid thu ann an Chrìosd 's mu 'm bi dòchas agad ri tràcair? An urrainn thu riaghailt air bith a shocrachadh mu'n chùis? Ged bhiodh t-agartais deich uairean ni 's géire na tha iad, an saoil thu gu 'm biodh faireachadh mar so 'na bharantas dhuit gu dol gu Chrìosd? am biodh e'n tomhas air bith 'na steigh dòchais dhuit, no 'n deanadh e ni bu taitniche leis thu? Nach 'eil thu miannachadh geur-mhothachaidh, gu comhfhurtachd a ghabhail ann, an àite Chrìosd? An d' thubhairt Chrìosd an aite air bith, nach gabh e thu gus an tig do gheur-mhothachadh gu inbhe araidh? 'Se 'cheist a' bheil thu da rìreadh fo gheur-mhothachadh? 's cha 'n e ciod cho geur 's tha t-agartas? Agus a thaobh bròin dhiadhaidh, adhartachear sin le creideamh. Amhaircidh iad ormsa a lot iad agus ni iad caoidh air mo shon." Sec. xii. 10, arsa 'n Tighearn Iosa thaobh nan Judhach. Ni creidimh ann an gràdh Dhe dhuinn aun an Iosa Chrìosd, agus dòchas milis a thròcaire'n t-anama thaiseachadh gu gràdh. Beachd-smuainich air a' so. Is e'n dòchas, mothachadh air gràdh Dhe, a bheir blàthas agus aiteamh air cridhe fuar reota 'n duine. 'Nuair a bheachdaicheas tu tre chreidimh air Slànuighear ceusta; 'nuair a chluinneas tu Dia ag ràdh, "Is mise, eadhon mise dhubhas amach do pheacanna le fuil mo Mhic; mathaidh mi dhuit na h-uile, dh'aindeoin

do cheannairce 's do mheuth-bhlàis;" leaghaidh do chridhe ann am fìor bhròn 's ann an gràdh. Anu a bhì cumail air t-ais o Chrìosd 's a' feitheamh airson gluasad inutinn nì 's mò, mu'n tig thu d'a ionnsaidh tha thu cur ceap-tuislidh an rathad an nì sin a tha d' rùn. Mar is motha 's is luaithe chuireas tu do dhòchas ann an Crìosd, 's ann is motha 's is luaithe nì thu bròn airson peacaidh. 'Nuair tha thu 'u dùil ri tròcair, nì gach sealladh a ghabhas tu d'a chrann-ceusaidh, do bhròn 's do gheur-mhothachadh air peacadh antromachadh. Bithidh uil' fhaireachadh do chridhe air a ghluasad leis an taisbeanadh iongantach; agus an ceart shealladh sin a ta toirt a dh'ionnsaidh an anama mathanas air peacadh, bheir mar an ceudna mothachadh air searphas a pheacaidh. Na feith nì 's fhaide, ach creid air an uair; earb t-anam ri Dia, 's dean aoibhneas ann an dòchas na slàite.

Tha muinntir eile 'feitheamh air son tuillidh naomhachd, air son gne ullachaidh, mu'n socraich iad air Crìosd air son na beatha maireannaich.

Tha ullachadh feumail gu cinnteach, agus feumaidh e bhì air a chur air aghaidh sa' chridhe mu'n teid am peacach gu Crìosd. Ach ciod an t-ullachadh a th'ann? Cha nì air bith e bhacas an t-anam a tha miannachadh slàinte, o mhuinighinn a chur ann an Crìosd. Is e obair an Spioraid Naoimh a' toirt mothachaidh air peacadh do'n anam, agus miann air teicheadh o'n fheirg a ta ri teachd. Ach a thaobh na h-aitim ris am bheil mi làbhairt, an dream sin a tha fo iomaguin mu shlainte—tha so air a dheanamh cheana; tha iad fo gheur-mhothachadh air peacadh 's a miannachadh teicheadh o'n bhreitheanas a th'air a bhlagradh. Ciod eile tha feumail chum an ullachadh gu creidsinn ann an Crìosd? Ach ciod a tha mhuinntir sin a' ciallachadh a their gu feumar a bhì fada fo gheur mhothachadh-cruthachadh agus fas aighean; àireamh do ghnìomharaibh naomha; eolas diadhaidh chur am meud; agus gu'r h-ann an sin amhàin a tha misneach air a thoirt do'n pheacach earbsa chur ann an Crìosd agus dòchas air son slàinte. Anis is ro fhìor, gu feum gach peacach ann an teachd gu Crìosd tre chreidimh a bhì ullamh gus gach peacadh a threigsinn; agus a bhì toileach na peacauna sin a dhiobradh a dh' fhaodas a bhì taitneach leis mar shùil dheis, agus feumail mar làimh dheis; toileach a chrann-

ceusaidh a ghiùlan, agus Criosd a leantuinn gu geimhlibh, gu prìosan, 's gu bàs; feumaidh e chuimhneachadh gu bheil e “air a ghairm gu naomhachd:” agus is e so a chor inn-tinn, cho luath 's a tha e da rìreadh fo gheur-mhothachadh air peacadh; ciod tuillidh a tha dh'ith air an rathad ullachaidh air son mathanais? Nach 'eil neach ullaichte air son mathanais cho luath 's a tha e teachd fo gheur-mhothachadh air a chionta? Ma gheallas athair mathanas d'a leanabh cho luath 's a dh'aidicheas e lochd, an ruig an leanabh leas a ràdh, “Ullaichidh mi fein air son mathanais le deadh ghiùlan?” Tha athair deas gu mathanas a thoirt dhà, agus tha esan deas gu fhaotuinn air a' chend mhionaid do fhìor aithreachas. Nan abradh Dia nach tugadh e mathanas dhuinn, gus deigh mhìosan agus bhliadhnan deadh ghiùlain, cha bhiodh e ach ri fochaid oirnn; oir ciod an deadh ghiùlan a's urrainn a bhì aguin gus an gabh esan an càirdeas ris fein sinn 's an builich e 'spiorad oirnn? 'Se ceud nì bu choir teachd a'n aire 'pheacaich mathanas fhaotuinn; an dara nì naomhachd, agus bu chòir dha 'n ceud nì iarraidh chum an dara nì fhaotuinn. Is cearr a smaoineachadh gu bheil naomhachadh a' teachd air thois-each air fìreanachadh. *Feumaidh sinn a bhì air ar fìreanachadh mu'n urrainn sin a bhì air ar naomhachadh.* Thoir deadh aire do 'n fhìrinn so. Tha sinn air ar fìreanachadh tre chreidimh, agus gun chreidimh cha 'n urrainn sinn Dia a thoileachadh; 's mar sin gus an creid sinn cha'n urrainn sinn deadh oibre chur an gnìomh, agus 'nuair tha sinn a' creidsinn tha sinn taitneach do Dhia. 'Se grad chreidsinn ar dleasnas gun a bhì feitheamh ri ullachadh. Ach a dheanamh na cùise nì 's soilleire beachdaicheamaid air gach iompachadh a th' air aithris san sgrì-obtur. Beachdaicheamaid air iompachadh a ghadaiche air a chrann cheusaidh, Luc. xxiii. 40—43. Ciod an t-ullachadh a chaidh a dheanamh ann an iuntinn, an cridhe 's an ghiùlan an duine so, an taobh muigh do obair an spioraid, ann a bhì dearbhadh peacaidh air? Is coslach e gu'm b'e 'cheud uair a smaoinich e air a pheacadh 's a rinn e aithreachas, 'nuair bha e air a cheusadh; agus ach gann air a cheart mhionaid chreid e ann Criosd agus dh'altruim e dùil ri tràcair.

Leugh mu na trì mìle chaidh iompachadh air latha na cuingeis, Gnìomh ii, Gus an cual iad searmoin Pheadair,

b' iad mortairean Chrìosd iad; leis an t-searmoin so dhearbhadh am peacadh orra, agus air a cheart là sin bha iad ri aoibhneas ann an dearbhachd air mathanas. Anis cìod an t-ullachadh a bh' air a ghiulan air aghaidh nan cridheach-aibh an taobh a muigh do obair an Spioraid ann a bhi dearbhadh peacaidh orra?

Gabh beachd air iompachadh an Abstoil Phoil, Gniomh. ix, a bha 'na fhear-geur-leamhuinn fuileachdach, agus latha no dhà 'na dheigh sin 'na pheacach air mathanas fhaotuinn 'na chreidmheach baiste, 'na chrìosduigh aoibhneach agus os barr 'na abstol coisrigte. Cìod an t-ullachadh a rinn esan ann an rathad a bhi fada fo gheur-mhothachadh, no ri gnìomharaibh naomha?

Seall air eachdraidh fear-gleidhidh a' phrìosain. Gniomh. xvi. 25—34. Anns an aon oidhche chreid e ann an Chrìosd, bha e air a lionadh le sìth agus air a bhaisteadh. 'Nuair a bha e 'n cràdh anama, ghlaodh e mach, “ Cìod a ni mi chum gu'n tearnar mi?” 's fhreagair 'fhearteagaisg a bha e fein air a theagasg o neamh, Creid anns an Tighearn Iosa, agus tearnar thu.” Cha do labhair an t-abstol ris, mu ullachadh, mu dhleasnasaibh àraidh, no mu oileanachadh air bith chum gu'm biodh e air gabhail ris le Chrìosd, ach 's ann a thubhairt e “ Creid;” agus chreid an t-aithreachan diblidh air ball agus fhuair e sìth.

Nochd mi na cùisean so cha'n ann a dhearbhadh gu bheil gach iompachadh cho grad 's cho combaraichte, ach a dhearbhadh—nach 'eil ullachadh air bith eile feumail ann an inntinn a' pheacaich ach geur-mhothachadh, chum 's gu'n creideadh 's gu'm biodh e air 'fhìreanachadh. Cho luath 's a dh' fhiosraicheas neach gu bheil e 'na pheacach cailte, 's e sin, 'nuair tha mothachadh aige gu bheil e fo dhìteadh, tha e air iarraidh air creidsinn ann an Chrìosd, agus dòchas a bhi aige ri mathanas; an sin tha e ann an cor iomchuidh air son a ghabhail, 's cha bhiodh e 'n cor ni b' iomchuidhe le feitheamh deich bliadhna sa' gheur-mhothachadh is cràitiche, 's ann am fritheilteachd air dleasnas. Tha'm peacach air a dhìteadh, agus faodaidh e 'shaorsa fhaotuinn uair air bith as a dhéigh sin; agus cha'n urrainn e 'feasda toiseachadh air dleasnais duine shaoir a dbeanamh gus am bi e air 'fhìreanachadh. Is e creidimh a' cheud ghnìomh a's urrainn neach a dbeanamh; agus is e so tobar gach gnìomh 'eile. Cha'n urrainn sinn a bhi naomh gus an creid sinn

ann an Crìosd, agus is dìomhain a bhi smaoineachadh air ullachadh chum teachd gu Crìosd, oir tha so' ag' éiridh o bheachdaibh mearachdach air an rathad sin san gabh Dia ris a' pheacach, agus o fhéin-fhìreantachd. 'Sann mar so tha 'chùis a thaobh mòrain—tha iad ag iarraidh a bhi ni 's ullaichte—ag iarraidh ni eigin uatha fein gu uail a dheanamh ann, 's gu misneach a thoirt doibh ann an dlùthachadh ris an Fhear-shaoraidh—'sa dh' fhàgas iad ni 's lugha 'n eisiomail grais shaoir ard-uachdranaich; ni éigin a bheir còir dhoibh, mar h-ann air slàinte, air a' chuid a's lugha air fhìreantachd Chrìosd a rinn slàinte chosnadh. Cha 'n aithne dhuitse tha fo iomaguin, oibreachadh dìomhair uabhair agus féin-fhìreantachd a' d'anam; cha 'n 'eil eòlas agad fhathast air ceilg a chridhe; tha thu aineolach air cuilbheartan Shatain, no chitheadh tu nach 'eil san déigh sin a th' agad air ullachadh a dheanamh nach inleachd a th' aig nàmhaid an anama gu d' chumail o Chrìosd—sgàil chum glòir a chroinn cheusaidh fholach uait—ceap-tuislidh gu d' bhacadh o theachd gu tobar na beatha.

Is ro fhenmail dhuit a chuimhneachadh, gu bheil thu air do ghabhail mar neo-thoillteannach, 's cha 'n ann mar thoillteannach; cha 'n ann mar charaid, ach mar neach a bha 'na nàmhaid; cha 'n ann mar a toilltinn beatha airson do gheurmhothachaidh ach fo bhinn bàis airson t-euceartan. “ Ach do'n tì nach dean obair, ach a ta 'g creidsinn anns an tì a dh' fhìreanaicheas an *duine* mi-dhiadhaidh, measar a chreidimh mar fhìreantachd.” Rom. iv. 6. Gabh beachd air an ràdh sin, “ a creidsinn anns an tì a dh' fhìreanaicheas an *duine* mi-dhiadhaidh,” oir 's mòr a bhrìgh, is iuchair e gu eòlas ceart air fhìreanachadh. Tha sinn air ar fhìreanachadh fo bhiùthas “ *duine* mhi-dhiadhaidh;” agus ma tha sinn ag iarraidh sinn féin a dheanamh diadhaidh mu 'n tig sinn gu Crìosd agus tighinn fo 'n bhiùthas sin, tha sinn 'gar dùnadh féin amach o fhìreanachadh; oir cha 'n 'eil an tiodhlac so air a dheònachadh ach dhoibhsan a tha 'g am meas féin mi-dhiadhaidh.

3. Tha muinntir òg a tha 'g iarraidh na slighe, ealant gu tuiteam am mearachd eile, agus is e sin *iomaguin a thaobh dearbhanna an diadhachd*. Is fiosrach mi gu bheil mòran sa' bhìobull a thaobh dhearbhannta mar so; ach 's fheudar do neach diadhachd a bhi aige mu 'm bi dearbhadh aige, agus 's ann bu chòir dhuit an tràs a bhi ni 's mò a'

miannachadh a bhi d' Chriosduidh, na dearbhadh fhaotuinn gu bheil thu mar sin; ach air a shon so 's bitheanta bhios muinntir ag iarraidh nan comharan so annta fein, 'nuair thig iad fo chùram an anama; 's naithe sin sgrùdaidh iad gach faireachadh, 's ni iad faire air an rùintibh, 's gabhaidh iad ath-shealladh air an giùlan—'s deadh dhòchas aca 'nuair shaoileas iad deadh chomaradh fhaicinn; ach tha iad mar is trice fo mì-mhisnich 'nuair chomharaicheas iad gach nì cearr agus neo-iomlan ann an cor an cridhe. Sparrainn ort mata a chuimhneachadh gu'm bu chòir do mhuinntir a tha 'g iarraidh an déigh slàinte iad fein a chleachdadh ni 's mò, ann a bhi 'g amharc ri Criosd, na ann a bhi 'g amharc as-teach 'nan cridheachaibh fein: agus 'nuair a ni iad amharc astigh annta fein, gu mu h-ann air son geur-mhothachaidh, 's cha 'n ann air son sòlais.

Gabh beachd air cor nan Israeleach, 'nuair lotadh iad leis na nathraichibh teinnteach san fhàsach. Chaidh àithne do Mhaois nathair umha dheanamh, 's a togail air crann; agus gach neach a dh' amhaire air an nathair umha dh' fhan beo. Aireamh xxi. 7—9. “ Seall agus mair beo; ” b' e sin an àithne 's an gealladh. Air leat gu faic thu na truaghain leointe 'dian-amharc air a' chuspair so a shonraicheadh chum an leigheas. An saoil thu gu'n robh iad a' cur seachad ùine 'sealltuinn air an ledintibh, feuch an robh iad a' leighèas? An robh iad cho amaideach 's gu'n amhairceadh iad air falbh o'n chulaidh-leighis? Cha togadh iad an sùil o'n nathair umha ged laisteadh grian eile san iarmailt. Bha 'n sùilean suidhichte, 's mar bha iad ag amharc, dh' fhairich iad lasachadh 'nan cràdh, 's faochadh 'nam fiabhras; 's an slàinte tilleadh riutha; 's ma dh' amhaire iad air falbh, dh' fhairich iad gu'n robh iad an cunnart tuiteam aris 'nan iarguin; 's mar sin dh' aisigeadh gu'n slàinte iad. Mar so thigeadh do'n pheacach amharc ri Iosa: ann an sin tha leighis, agus gheibhear e ach cha 'n ann le bhi 'g amharc an d' thàinig e no 'm bheil e teachd; oir mar is mò tha 'n inntinn air a suidheachadh air Criosd, 's ann is soilleire tha 'beachdan mu obair eadar-mheadhoneachd, 's is mo tha sùil a' chreidimh air a socrachadh air crann-ceusaidh an Ti sin a chaidh a thogail suas, chum 's co air bith a chreideas ann nach biodh e air a sgrios, ach gu'm biodh a bheatha shiorruidh aige; ” agus is ann is làidire bhios mothachadh an anama gu bheil e creidsinn, agus is lionmhoire dearb-

hanna agus toradh a chreidimh. Cha robh teagamh aig an Israeleach nach robh e leigheas fhad's a bha e'g amharc air an nathair umha, 's cha bhi teagamh aig an anam nach do ghabh Dia ris, fhad's a tha e'g amharc ri Crìosd. "An ti a chreideas ann am Mac Dhe tha'n fhianuis aige ann féin," 1 Eoin v. 10; cha'n e mhàin a thaobh firinn a' chreidimh Chriosduidh ach a thaobh a dhiadhachd féin. 'S ann le creidimh a mheudachadh a mheudaichear na dearbhanna, agus chum creidimh a mheudachadh 's fheudar amharc, cha'n ann asteach annainn fein, ach ri Crìosd, cuspair ar creidimh. 'Se creidimh ceann-aobhair agus riaghladair gach uile ghràis; aréir ar creidimh bithidh tomhas ar n-aobhneis, ar gràidh's ar dòchais; agus cha'n urrainn ar creidimh a bhi air a neartachadh am feasd le bhi ghnà a trom-bheachdachadh air faireachadh ar cridheachan; 's cha mho bhitheas ar creidimh air a neartachadh amhàin le bhi cur romhainn a bhi làidir ann an creidimh; ach le beachd-inntinn soillear, 's a bhios a' fàs ni's soilleire air pearsa's air obair Chriosd. "Cia fhad, arsa Daibhidh, "a ghabhas mi comhairle ann am anam, bròn ann am chridhe gach là?" Salm xiii. 2; agus cas'na dheigh so tha e'g inuse mar fhuair e saor o'bhron, eadhon le sealltuinn air falbh uaitle fein ri Dia: "Dh'earb mise as do throcair; ni mo chridhe gàirdeachas ann ad shlainte," 5. Is e cheud ni tha mar fhianuis air creidimh, an t-sìth inntinne tha e toirt a dh'ionnsuidh an anama, no'm fuasgladh a tha e toirt o uallach a' pheacaidh; aris naomhachd: ach cha'n urrainn sìth no naomhachd a bhi ann gun chreidimh. Is eagal leam gur lìonmhor iad a tha air am mealladh ann a bhi'g iarraidh comharan iompachaidh, oir cha'n ann ag iarraidh dearbhaidh a tha iad an d'fhuair iad fireantachd Chriosd, ach comharan as am faod iad fireantachd a dheanainh suas dhoibh fein. Tha iad ag iarraidh co-fhurtachd, ach an àite bhi'ga iarraidh sin ann an Crìosd's ann a tha iad ga iarraidh annta féin; 's uaith sin 'nuair shaoileas iad deadh chomharadh fhaotuin annta féin, ni iad gàirdeachas ann mar mhuinntir a fhuair creach mhòr.

A pheacaich, làn teagamh, airsneil agus iomaguine! bha thu leughadh, a' smuaineachadh, ag éisdeachd, ag ùrnuigh, a' spàirn's ag iarraidh comharan slàinte o leabhraichean, 's a' feòraich do mhuinntir eile thaobh am faireachaidh, agus ciod is barail doibh mu dhearbhadh air obair ghràis; ach tha

thu cho fad o bhi riarichte 's a bha thu riamh; mar ainmhidh san làthaich, tha do spàirn, mar gu 'm b' ann, 'gad chur fodha ni 's doimhne 's ni 's doimhne. Ach gabh anis dòigh eile o'n dh' fhailnich do dhòigh féin, agus an àite bhi 'n imcheist a thaobh dhearbhanna, seall ri Crìosd; cum do shùil socraichte air-san; beachd-smuainich air Diadhacbd a phearsa; éifeachd ' iobairt-reite, iomlaineachd 'fhireantachd; saibhreas a ghràis; fialachd a chuiridh. Amhairc air cuspair a' chreidimh, air stéigh a' chreidimh, air barrantas a' chreidimh; 's mar 's motha ni thu sin, 's ann is làidire dh' fhàsas do chreidimh; 's mar 's làidire do chreidimh 's ann is motha bhios do shith. An àite bhi strìgh ri Crìosd a ghràdhachadh, 's a bhi fo bhròn a cheann nach 'eil an tuillidh gràidh agad dhà; beachd-smuainich air gràdh Chrìosd do d' thaobh fein, air a ghràs agus air iochd ro iongantach, cha'n e mhàin do'n t-saoghal, ach dhuitse; Dean oidhirp agus ùrnuigh, chum, " Gu 'm bi thu comasach maille ris na naombaibh uile, air a thuigsinn ciod e leud agus fad, agus doimhne agus àirde; agus air gràdh Chrìosd aithneachadh, a chaidh thar gach uile eòlais." Eph. iii. 18, 19. 'Sann air an dòigh so dh' fhasar ann an gràdh dha, oir ma tha gràdh againne dhàsan, 's ann do bhrìgh gu'n do ghràdhaich esan sinne an toiseach. I Eoin iv. 19. Aon ni àraidh bu mhiann leam a sparradh ort, gu bheil creidimh air a ghintinn 's air a chumail suas annainn, le bhi socrachadh na h-inntinn air cuspairean a' chreidimh, no firinnean agus teagasg focail Dhe. Cha bu chòir dearbhadh no combhfhurtachd iarraidh air an sgà fein, no mar nithibh air leth, ach mar thoradh creidimh. Thoir fainear gu h-araidh gur h-ann is mo a bhuineas a bhi 'g iarraidh dhearbhanna do'n Chrìosduidh a tha 'g aidmheil gu bheil e cheana san t-slighe na dhasan a tha gu h-iomaguineach 'ga h-iarraidh 4. Ach tha mearachd eile, anns am bheil luchd-iarraidh na slighe ealamh gu tuiteam, agus is e sin a bhi *cur creidimh ann an àite dearbhachd*. 'Se creidimh a leithid do chreideas treibhdhireach gu'n do bhàsaich Crìosd air son pheacach, 's a dh' aomas gu earbsa ann air son slàinte; agus tha làn-dearbhadh a' ciallachadh dearbh-bheachd gu bheil mi ann an staid slàinte: tha creidimh a' ciallachadh creidsinn gu bheil Crìosd toileach mo ghabhail; làn-dearbhadh dearbhadh soillear gu'n do ghabh e mi; ann an aon fhacal, gu bheil mi 'm Chrìosduidh. Tha e soillear mata gu bheil

creidimh agus làn-dearbhadh 'nan da ni eadar-dhealaichte ; creidimh a' ciallachadh deanamh gnìomha, no teachd gu staid áraidh ; 's làn-dearbhadh a' ciallachadh fein-fhios gu 'n d' thàinig mi do 'n staid sin. Tha e cheart cho soillear gu feum creidimh teachd air thoiseachair làn-dearbhadh. Feumaidh sinn an toiseach creidsinn gu'n do bhàsaich Crìosd air son pheacach, mu'n urrainn fios a bhi againn gu'n do chreid sinn. Is e ceud ghnìomh a chreidimh creidsinn gu'n do bhàsaich Crìosd air son pheacach, air son an t-saoghail gu léir ; an ath ghnìomh, a tha 'g éiridh uaithe so, mar 'eil e air fhilleadh ann, gu'n do bhàsaich e air ar soinne mar earrainn do 'n t-saoghal. A ta mi creidsinn arsa 'n t-anam a tha teachd le dànachd gu Crìosd, gu'r h-aon mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d' thug e aon ghin Mhic fein, chum as ge b'e neach a chreideas ann nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige." Eoin iii. 16. tha mi creidsinn gu'n do ghràdhaich e mise 's gu bheil e toileach mo thearnadh." Is e sin creidimh. Tha 'n t-anam an sin a' fiosrachadh aoibhneis agus sìthe ann an creidsinn, gràdh do Dhia, taingealachd do Chrìosd a' gabhail gràin do 'n pheacadh a' ciosnachadh an t-saoghail, 's co-chomunn aige ris na fireanaibh. " Anis," arsa 'n creidmheach, " tha fhios agam gu bheil mi creidsinn ; 's tha mothachadh agam air an toradh ghràs-mhor a tha 'g éiridh o'n chreideamh : " Is e sin dearbhadh.

Faodar a' chùis a shoilleireachadh le beachdachadh aris air na h-ìochdarain cheannairceach, 's an rìgh ìochd-mhor. Is gann a bheir ceann-feadhna nan ceannairceach air féin a chreidsinn gu'r h-urrainn esan a bhi san reachd-mathanais. 'Se so a' ghairm. Tha 'n rìgh, lan ìochd agus truais d'a ìochdranaibh amaideach, a' tairgsinn mathanas dhoibh-san a bheir suas an airm fo leithid so do latha. Ach an déigh dhà thuigsinn gu bheil a' ghairm fìor, their e, " Tha mi creidsinn gu bheil an rìgh toileach mathanas a' thoirt do gach aon a strìochdas, agus tha mi creidsinn gu bheil trò-cair ann air mo shon-sa. An fhad so tha creidimh a' dol ; agus eadhon mu'n ruig e 'n t-ionad sam bheil mathanas air a' thoirt, tha inntinn aig fois ; tha 'ghairm féin 'nuair a thuigear 's a chreidear i, a' toirt co-fhurtachd dha, agus cha 'n 'eil teagamh aige nach gabhar ris. Tha e toirt suas a chuid arm, 's tha cinnt aige an sin gu bheil e sàbhailt, tha fhios aige gu'n d'rinn e reir iartais an rìgh, 's tha e moth-

achadh gu bheil seilbh aige air na gheall an rìgh. Ach anns a chùis so cha bhiodh mòran iomaguine thaobh lan-dearbhadh. Creidsinn agus geill a thoirt do iartus an rìgh; 'se sin an t-iomlan mu'm biodh suim aige. Thigeadh lan-dearbhadh air sàil creidimh agus deanadais. So mar bu chòir a chùis a bhi le muinntir a tha gu h-iomaguineach ag iarraidh an déigh slàinte. 'Se 'n gnothach creidsinn, ciod?—gu'r criosduidhean iad? Cha'n eadh; oir cha'n e bhi creidsinn gu'r criosduidh mi, creidimh ach lan-dearbhadh; ach 's e creidimh an soisgeul a chreidsinn ni's e tairgse Dhe air trocair 's air mathanas d'a iochdranaibh ceannairceach. Tha iadsan r'a mhothachadh gu'n do ghràdhaich Dia iad mar pheacaich eile, gu'n d' thug e cuir-eadh dhoibh, gu'n do gheall e gabhail riu; 's tha iad a' gabhail sòlais o'n taisbeanadh so air tròcair; 's an sin o'n toradh a tha 'g éiridh uaith so ann an sìth coguise, agus ann an glanadh an cridheachan, tha lan-dearbhadh aca gu'n do chreid iad 's gu'n deachaidh iad thairis o bhàs gu beatha. Cha'n e creidimh, mata, lan-dearbhadh ach a cheann-aobhair.

Nach fiosrach thu nis, thusa tha 'g iarraidh slighe na slàinte gu'n do chuir thu 'n dara ni an àite 'n ni eile; 's gu'n robh thu mar sin a' triall' ann an imcheist? Tha thu brònach, 's cha'n urrainn thu furtachd fhaotuin. C' arson. Their thu, O, tha mo chreidimh lag, is eagal leam nach 'eil creidimh idir agam." Ciod a tha thu ciallachadh le bhi 'g ràdh, "Tha eagal orm nach criosduidh mi, nach 'eil mi creidsinn?" Agus ceadaich dhomh innse dhuit nach tig an latha gheibh thu fuasgladh o'd' theinn san dòigh so; oir tha thu 'g iarraidh fios a bhi agad gu'r criosduidh thu mu'm bheil thu d' chriosduidh. Is miann leat cinnt a bhi agad gu'n do ghabhadh riut le Criosd, chum 's gu'n rachadh tu g'a ionnsuidh chum gabhail riut. Cha'n e creidimh a bhi creidsinn gu'r criosduidh thu, ach creidsinn gu'n do bhàsaich Criosd air son pheacach; agus cha'n e mi-chreidimh a bhi 'n teagamh gu bheil thu d' chriosduidh, ach a bhi 'n teagamh gu bheil Criosd toileach do thearnadh. Bheirinn a' chomhairle ort gun smid no smuain a chaitheamh an tràs air lan-dearbhadh; 'sann tha do gnothach ri creidimh aig an am so: tha agad ri creidsinn; t-anam earbsa ri iobairt-réite Chriosd; tha agad ri làn-chreidsinn gu'n do bhàsaich e air son pheacach 's gu bheil e toileach thusa

shaoradh. Is e so an làn dearbhachd a tha thu r' a iarraidh; agus is e so a tha 'n t-Abstol a' ciallachadh le làn-dearbhadh a' chreidimh, earbsa dhaingean gu bheil an Tighearn Iosa toileach, comasach air saoradh chum na cuid a's faide, 's mar sin toileach agus comasach air thusa shaoradh. Biodh aig t-inntinn motbhadh drùighteach air an fhìrinn so; biodh t-anam air a thilgeadh fosgailte thoirt aoidheachd do'n bheachd sholasach so gu bheil Criosd cumhachdach agus a' feitheamh gu saoradh; agus is i so an fhìrinn a bheir a leithid do shith dhuit, 's a dh'oibricheas le leithid do chumhachd air do chridhe, 's a dhearbhas dhuit gu bheil do chreidimh fìor. Is e 'n làn-dearbhadh mu 'm bheil an sgrìobtur a' labhairt, làn-dearbhadh air gràdh Dhe dhuit ann an Iosa Criosd; agus is ann ris an dearbhachd so amhàin a tha do ghnòthach-sa 'n tràs.

CAIB. VII.

Imcheistean a tha gu tric air am fiosrachadh le muinntir a tha 'g iarraidh slighe na slàinte.

THA mòran ann an imcheist chruaidh a thaobh an taghaich chum na beatha sìorruidh.

Cha 'n 'eil mo ghnòthach anis ris a' mhuinntir mhinnaomha gun chùram a ghabhas an teagasg so mar leithsgeul air son an tur-dbearmaid air diadhachd, 's a their le caoin-shuarachas mi-chneasta, "Ma tha mi air mo thaghadh air son slàinte, tearnar mi gun iomaguin a bli orm, ach mar 'eil cha dean m' uil' oidhirpean mo thearnadh." Ach 's e tha fìor nach 'eil an dream sin a' creidsinn ann an teagasg an roimh-thaghaidh idir; 's nach 'eil suim aca do shlàinte, ach iad tur-aineolach 's gun chùram, 's a toirt iomraidh air an teagasg sholaimte so chum an coguis a chur na tosd, no chum an earail dhileas a chasg 's a chur air falbh. Ach tha muinntir eile ann a dh'fhiosraicheas imcheist nach beag mu 'n chùis so, gu h-araidh ann an ceud cheumaibh 'na slighe an deigh na diadhachd. Anis cead-aich dhomh innse dhuit-se tha 'g iarraidh an deigh slàinte, nach 'eil do ghnòthach idir ri teagasg an taghaidh, 's nach

eil gnothach neach air bith ri rùinte dìomhair Dhe, mar riaghailt giùlain. Tha firinn oirdheirc ard-uachdranachd Dhe ann an slàinte 'shluaigh anns an sgrìobtur cha 'n ann a chum mi-mhisneach a thoirt do'n pheacach ann an dlùthachadh ri Crìosd air son slàinte, ach gu chuimhneachadh dhoibh-san a thainig g'a ionnsuidh gu'r b-ann a tha 'n slàinte gu tur o ghràs; a thoirt air falbh gach aobhar uaille, a dhaingneachadh an creidimh ann an co-lìonadh gheallanna Dhe, a dh'adhartachadh an sòlais; a sparradh orra gu feum iad naombachd a bhi aca, 's a thoirt misniche do Chrìosduidhibh ann an amhgharaibh na beatha, Rom. viii. 9; Eph. i. 4, 5, 9, 11; 1 Pead. i. 2. Ach cha robh an fhirinn so riamh gu bhi 'na h-aobhar mi-mhisniche do'n aithreachan. Is e riaghailt do ghiùlain-sa cuireadh agus gealladh Chrìosd, 's cha 'n e rùinte dìomhair Dhe:— Buinidh na nithe dìomhair do'n Tighearn ar Dia, ach na nithe a ta foillsichte dhuinne agus d'ar cloinn a chaoidh, a chum gu'n dean sinn uile bhriathran an lagha so," Dent. xxix. 29. Tha tròcair Dhe neo-chrìochnach, tha cumhachd an Spioraid neo-chrìochnach, agus cuireadh an t soisgeil coitcheann. "Thigibh a m'ionnsuidh-sa, sibhse uile a ta ri saothair agus fo throm uallaich," Mat. xi. 28. "Cha'n 'eil tlachd air bith agam-sa ann am bás an aingidh." Esec. xxxiii. 11. "Tha 'n Tighearna fad-fhulangach do ar taobh-ne, gun toil a'ige dream sam bith a bhi cailte ach na h-uile dhaoine theachd gu h-aithreachas." 2 Pead. iii. 9. "An ti a thig a m'ionnsuidh cha tilg mi air chor sam bith amach e. Eoin vi. 37. Ge b'e neach leis an áill gabhadh e uisge na beatha gu saor." Taisb. xxii. 17. 'S iad sin briathran an sgrìobtuir, 's ann an so a tha riaghailt do ghiùlain. Tuigidh tu so, ach tha thu tur-aineolach a thaobh rùinte dìomhair Dhe. 'Sa bharr air a'sin, ged bhiodh fhios agad gu'n robh thu air do thaghadh, cha bhiodh tu air gabhail riut no air do shaoradh air son an eòlais sin, ach a cheann gu'n do chreid thu ann an Crìosd, a tha toirt cuiridh do dhaoinibh a tha mar pheacaich chailte th'air an diteadh gu bas, agus cha 'n ann mar mhuinntir a th'air an taghadh chum beatha. Nam biodh e air a cheadachadh dhuit òrduighean neimh a leughadh, 's gu faiceadh tu t-ainm féin ann an leabhar beatha an Uain, cha bhiodh an cuireadh ni b'fhaoilidhe dhuit gu Crìosd na tha e'n tràs, nuair tha thu aineolach mu'n chùis. Fhuair thu 'n cuir-

eadh, agus ma dhearmaideas tu 'n cuireadh air am bheil fhios agad, a cheann òrduigh mu 'm bheil thu aineolach, fàgar do sgrios aig do dhorus fein, agus fiosraichidh tu fadheidh gu 'n d' thainig do sgrios, cha 'n ann a cheann gu 'n do dh'òrduich Dia thu chum sgrios, ach air son do mhi-chreidimh féin.

C'arson is e rùn Dhe, a thaobh slainte, an t-aon bheachd air òrdugh Dhe a tha ambàin 'gad chur fo imcheist? Nach 'eil thu creidsinn, gu bheil ann mar an ceudna rùn a thaobh cùisean do bheatha nadurra 's do bhàis? Ach, air a shon so, an ob thu, ann an tinneas, a chungaidh sin a ghabhail, a dh' àithneadh dhuit leis an léigh, an t-eagal 's nach robh thu air t-òrduchadh chum beatha? 'Sann a theireadh tu, "Tha mi aineolach a thaobh rùn Dhe; 's ann tha mo ghnòthach ri riaghailtean soillear dleasnais agus ri meadhonaibh suidhichte, oir ma tha mo bheatha gu bhì air a sìneadh, 's ann tre na meadhonan sin ambàin, is ion domh dòchas a bhì agam ri slàinte." Dean mar so a thaobh t-anama; cum rùinte Dhe as do bheachd, tha thu aineolach d'an taobh, 's cha 'n eil do ghnòthach riutha. Tha e air àithne dhuit meadhona na beatha chleachdadh; 's ma tha thu air t-òrduchadh chum slàinte, 's ann leo sin a dh' fheumas tu bhì air do thearnadh, 's ma chleachdas tu gu ceart iad, bithidh tu gu cinnteach air do thearnadh. Ma tha feum air bith ri bhì air a dheanamh do theagasg an taghaidh le neach a tha 'g iarraidh an deidh slàinte, tha bhuil fabhorach dha féin. Cha 'n 'eil fhios agad nach 'eil thu air do thaghadh, agus tha t-iomaguin mu shlàinte 'na aobhar-baralachaidh gu bheil, o'n s'e 'n iomaguin so an rathad sam bheil Dia a' cur òrduigh féin an gnìomh. Agus os barr ma gheibh thu as o'n chuireadh, agus an áite sin a dheanamh 'na riaghailt giùlain, ma chuireas tu do cheann troimh-cheile le beachdaibh 's le cuisibh eile, bithidh d' imcheist a cheart co mor a thaobh roi-eòlais De 's a bha i thaobh a rùn. Tha eadhon acasan a tha 'g àicheadh rùinte Dhe, urrad aobhair farran a chur orra fein le roi-eòlas Dhe, 's a rádh, "Ciod air bith a tha Dia a roi fhaicinn tachraidh, 's ni eile cha tachair ach na tha esan a roi-fhaicinn; anis tha e faicinn gach ni roimh laimh gu 'm bi mise 'n dara cuid cailte no air mo thearnadh, agus o nach aithne dhomh gu bheil e faicinn gu 'm bi mi air mo thearnadh, tha mi ann am mòr mhi-mhisnich." Dìobair gach iomaguìu 's

gach smuain mu'n rùn, agus socraich t-aire aire a' chuireadh. Tha Crìosd ag àithne dhuit teachd g'a ionnsaidh air son slàinte; 's tha gach culaidh-bhacaidh a th'anns an rathad air a chàramh ann leat fein, 's cha'n ann leis-san. Cha'n 'eil e'g-ràdh, thig nuair gheibh thu cinnt air do thaghadh; ach thig agus faigh sin. Cha'n 'eil e'g ràdh's e do bheatha mo leugh thu'n rùn; ach is e do bheatha ma tha thu creidsinn a' gheallaidh. Cha'n 'eil e'g ràdh thig anns a' bharrail gu bheil thu air do roimh-thaghadh, ach thig san làn-dearbhadh gu bheil thu air do chuireadh. Is e do ghnothach do ghairm a dbeanamh cinnteach, 's an sin cha bhì thu ni's fhaide 'n teagamh mu d' thaghadh.

2. *Is nì eile tha na chulaidh imcheiste do chuid, an t-eagal gu bheil iad ciontach do'n toibheum sin an aghaidh an Spioraid Naoimh air son nach faighear mathanas.*

Is tric a tha so 'na chulaidh iomagaine ro gheur; agus eadhon 'nuair nach 'eil an iomaguin sin mar mhothachadh domhain uamhasach, gidheadh tha chùis a' taghal na h-inntinne le iomadh eagal cràiteach, 's a' bacadh sith shuidhichte, 's na h-earbsa fhoisnich chum am bheil an t-aithreachan air a chuireadh. Anis, cia air bith cho doillear 's a tha chùis, bu mhiann leam fhios a bhì agad, nach 'eil neach air bith, a tha da rìreadh iomagaineach mu 'shlàinte, a ruigeas leas a bhì fo eagal gu bheil e 'n taobh a muigh do dhóchas, 's an taobh a stigh do'n chrìch sin far nach diol tròcair mathanas; tha eadhon an t-eagal gu'n do chuireadh am peacadh so an gnìomh, 'nuair tha 'n t-eagal sin an daimh ri cùram mu dhiadhachd, na dhearbhadh nach do chuireadh an gnìomh e. Faodar a ràdh, anns gach cùis anns am bheil an cionta so air a chur an gnìomh, gu bheil an ciontach air a thoirt suas an dara cuid gu turra-chodal marbhtach no gu dian-bhuaireas coguise. Ach theagamh gu'r h-e'n dòigh a 's fhèrr air an eagal fhuadach, a chùis a tha 'g a dhùsgadh a shoilleireachadh. Ciod e nàdur a' pheacaidh so? Leugh an t-ìomradh air, " Air an aobhar sin tha mi 'a ràdh ribh, gu mathar gach peacadh agus gach toibheum do dhaoinibh: gidheadh cha mhathar toibheum an aghaidh an Spioraid Naoimh do dhaoinibh. Agus ge b'e neach a labhras focal an aghaidh Mhic an duine, mathar dha e; ach ge b'e neach a labhras an aghaidh an Spioraid Naoimh, cha mhathar dhà e, anns an t-saoghal so no anns an t-saoghal a ta ri teachd."

Mata. xii. 31, 32. 'Se b' aobhar do na briathraibh uamhasach sin na Pharisich a bhi cur mhiorbhuilean Chrìosd as leth cumhachd an droch spioraid 'nuair nach b' urrainn iad an àicheadh. Ach ged b'e so aobhar nam briathra, cha b'e iomradh air nàdur a chionta, oir b'e so bhi labhairt an aghaidh Mhic an duine 's cha b' ann an aghaidh an Spioraid Naoimh, nach deachaidh fathast a dhòrtadh amach.* 'Sann air latha na cuingis, faodar a ràdh, a thoisich frithealadh an Spioraid, 'nuair a rinn a thiodhlacan neamhuidh a dheonaicheadh d'a abstolaibh, dearbhadh a' chreidimh Chrìosduidh a chrìochnachadh; agus is coslach gu'n robh briathran Chrìosd, air an aobhar sin, mar rabhadh drùighteach, chum na Pharisich a sheòladh chum na cùise sin, agus a chur 'nan cuimhne, ged nach do thuig iad, e, nam b'e 's gu'n deanadh iad an dìmeas gambhasach, a rinn iad air a mhiorbhuilibhsan, air an Spiorad an déigh dha bhi air a dhòrtadh amach, gu'n lionadh sin tomhas an euceartan, gu'n seulaicheadh e suas iad ann am mi-chreidimh, 's gu'n dùineadh e mach iad o thròcair. Cha bhiodh dearbhadh tuillidh gu'n d' thainig Chrìosd o neamh a thearnadh pheacach, 'nuair bhiodh an teisteanas bu deireannaiche 's a b' iomlaine le mi-run cridhe eir a dhìmeas 's air a chur air chùl. 'Sa bharr air a' so ma chumhnicheas tu air seadh an fhacail toibheum, a tha ciallachadh labhairt gu tàireil mi-dhiadhaidh, tha nàdur a chionta so fa chomhair do shùl. Is e eòlas inntinne gu'n deachaidh na miorbhuilean oibreachadh, mi-run sa' chridhe do Chrìosd, mu thimchioll an robh iad a toirt fianuis; dìmeas air an Spiorad Naoimh, an t-ùghdair, agus cainnt ghamhlais air an teangaigh, ri tarhuis air na miorbhuilibh fein, le bhi ga'n cur as leth nan droch-spiorad; 's cha'n e idir mi-chreidimh ambhàin, fo fhrithealadh an Spioraid, a bhvanaicheadh gu bàs; agus cha'n e anacreidimh féin e; ach mothachadh, mi-run 's mi-dhiadhachd air an aonadh. Tha e soillear mata, ma tha 'm peacadh so anis air a chur an gnìomh, nach ruig nèach a tha 'g iarraidh an deigh slàinte leas a bhi fo eagal gu'n do chuireadh leis-san an

* Is e barail mòrain gu'n rohh an cionta uamhasach so a thaobh nam miorbhuil a dh'oibrich Chrìosd 'nuair bha e air an talamh, cho mhath sa tha e thaobh nam miorbhuil a dh'oibrich eadh trìd an Spioraid Naoimh, leis na h-Abstalaibh air latha na cuingis agus 'na dheigh.

gnìomh e. Cha deachaidh e thar crìoch na trocaire; agus cha'n'èil peacadh d'an robh e riabh ciontach cia air bith cho an-mhor na cho craiteach dha r'a chuimhneachadh, nach comasach fuil Iosa Crìosd a ghlanadh air falbh.

Ach bheir so sinn gu imcheist, a th'air a fiosrachadh le muinntir eile; muiuntir ged nach'èil iad fo eagal gu'n robh iad ciontach do'n olc so nach mathar, a th'air an cràdh *le eagal gu bheil am peacanna cho an-mhor, cho lionmhor, 's cho àraidh's nach mathar iad.* Tha, air uairibh, peac-aich fo gheur-mhothachadh, comasach, tre ghràs De air dòchas altrum gu faigh iad mathanas, ach gann cho luath's a gheibh iad geur-mhothachadh air peacadh. Tha eadhon cuid air an toirt an toiseach gu olcas a' pheacaidh fhaicim, nì's motha le tròcair an t-soisgeil na leis a chruaidh cheartas a tha follaiseach san lagh; ach tha muinntir eile a tha fad air an claoidh gu goirt le eagal gu'n diùltar iad, mu'm bheil iad air an toirt gu dòchas sòlasach ri mathanas. 'Sann is bitheanta tha so a' tachairt dhoibhsan a chaidh fad air an aghaidh sa' pheacadh, 's a chuir an aghaidh nan rabhadh bu shoilleire's bu durachdaiche thug an coguis dhoibh; 's cha'n ainmic leis an aitim so, nuair tha iad air am fìor-dhùsgadh gu mothachadh d'am peacadh's d'an cunnart, tuiteam ann an doimhne eu-dòchais, 's a bhi ùine mhòr gun dòchas agus gun sìth.

Ann an cuid do chùisibh, faodaidh e bhith, gu bheil an cor-inntinn eudochasach so air a chumail suas, mar gu'm bitheadh e 'na dlhearbhadh air aithreachas treibhdhireach. Tha iad ann a mheasas teagamh agus eagal 'nan comharaibh air obair ghràis, 's 'nan dearbhaibh air fìor dhiadhachd. Ach is mealladh mòr so, on tha fìor bhròn diadhaidh a' dol an cuideachd's air a chur air 'aghaidh le creidimh agus le dòchas. Tha eudochas ealamh gus an cridhe chruadhachadh, 's gus an t-aithreachas a reothadh suas. Cha chom-asach Dia bhi air a ghlòrachadh, no urram a bhi air a chur air Crìosd le bhi cur teagamh gu bheil e toileach agus cunhachdach gu saoradh. Tha mi làn-chinnteach gu bheil mòran a' labhairt tuillidh a thaobh am peacanna bhi tuillidh's an-mhor gu bhi air am mathadh, ua tha iad a' creidsinn 's a' faireachadh, o bharrail gur comharadh air irisleachd a bli labhairt mar sin. Dean faire'n aghaidh so, oir is ceilg aingidh e; fanoid air nithibh naomha; 's bu chòir a sheachnadh.

Ach tha mòran ann a tha da rìreadh air an claidh leis an iomaguin a's cràitiche, 's leis na smaointibh a's muldaiche thaobh mathanais an peacanna. Ach anis cuiream aon cheist riùt: am bheil thu amhàin a' miannachadh mathanais, no bhì air do naomhachadh maille ri mathanas fhaotuinne? Am bheil thu mhàin fo eagal a bhì air t-fhagail fo pheanas a' pheacaidh, no 'n eagal leat fòs a bhì air t-fhàgail fo chumhachd? Ach ma tha thu cho féin-spéiseil 's gu bheil thu gun iomaguin mu nì ach mu d' thearuinteachd fein, 's gun suim agad do naomhachd, cha 'n ioghnadh thu bhì air t-fhàgail le Dia gu eudochas cho duaichmidh. Cha 'n 'eil thu fhathast a tuigsinn rùn oibre Chrìosd; nì 's e bhì saoradh o ifrinn, ach mar an ceudna o pheacadh. Atharraich, mata, no mar 's fhearr a dh' fhaodar a ràdh, meudaich cuspair do dhòchais, chum 's gu'm bhì air fhilleadh asteach ann, naomhachadh cho mhatrì ri fireanachadh, agus is dòcha gu'n geill do mhi-chreidimh 's do chràdh; oir theagamh gu'm bhì e nì 's fhasa le cuid a chreidsinn gu bheil Dia toileach an deanamh naomh; na gu bheil e toileach mathanas a thoirt doibh. Smuainich air a' so, a pheacaich a tha 'n eudochas; tha slàinte Chrìosd air a sonrachadh chum thusa dheanamh 'uad chreutair nuadh, 's a dh' aiseag coslais Dhe gu d' anam; agus nach 'eil thu creidsinn gu bheil Dia uile-thoileach sin a dheanamh?

Ach an deigh uile, tha cuid, eadhon leis a' bheachd so air na bha bàs Chrìosd gu dheanamh, nach toirear gu dòchas altrum gu'r comasach am peacanna a mhatadh: 's e 'm beachd nach do pheacaich neach mar a rinn iadsan—gu bheil antromachadh 'nam peacadh-san nach faighear an giùlan neach air bith eile. Anis cuiream inntinnean a tha mar so fo uallach 's fo eudochas, *gu geallanna facail Dhe*. Leugh na teagasgan a leanas; Isa. xlv. 22; Isa. lv. 6, 7; Mìcah vii. 18, 19; Mata xii. 31, 32. Beachdaich gu h-àraidh air an teagasg mu dheireadh, a cheann gu bheil e 'nochdadh gu soillear gu'r h-e toibheum an aghaidh an Spioraid Naoinh an t-aon pheacadh nach mathar. Ma tha thusa, mata, air do thoirt gu fhaicinn nach do chuir thu 'n gnìomh an t-aon pheacadh sin air son nach 'eil mathanas, feumaidh e bhì soillear dhuit gu faod lochdan a bhì air am mathadh.

Cum t-aire gu mòr air iomlanachd oibre Chrìosd ann

an deanamh réite air son peacaidh. Tha 'n t-Abstol a' cur an céill "gu'n glan fuil Chrìosd o gach uile pheacadh." I Eoin i. 7. Chaidh na briathran so, mar gu'm b'ann, a sgrìobhadh a fhreagairt leithid do chùise-sa. Tha 'n sgrìobtur ag ràdh gu'n glan fuil Chrìosd o gach uile pheacadh. Ach their thusa le dalmachd mhi-chneasta, "Cha chomasach i mo pheacadh-sa ghlanadh. An do bhàsaich Crìosd a thearnadh pheacach, agus a réir do bheachd-sa, tha cuid do pheacaich ann nach comasach e thearnadh? Mar sin tha obair na slàinte neo-chrìochnaichte 's tha e féin 'na Fhearsaoraidh neo-iomlan. Nach do shaor e cheana na muilleanan le toillteannas a bhàis? Abair gu'm biodh peacanna 'n t-sluaigh ud gu leir annadsa mhàin, nach biodh cho soirbh dha thusa thearnadh 's a thearuinn e iadsan? Air chinnt bhithheadh; agus an urrainn thusa dol 's a ràdh ri Crìosd, "A Thighearna cha 'n eil thu comasach no toileach mise thearnadh; cha 'n eil gràdh gu leòir 'nad chridhe, no cumhachd 'nad Spiorad, no toillteannas 'nad iobairt a ni mise thearnadh. Amhairc ormsa agus faic peacach nach comasach thu thearnadh: cha 'n urrainn thu so a ràdh, agus faodaidh tu ràdh 's a ràdh gu neo-chiontach, ma tha 'n ni sin a tha thu 'g ràdh fìor, gu bheil do pheacanna ro an-mhor gu bhi air am mathadh. Abair gu'r tu ceann-feadhna nam peacach, ach tha Crìosd comasach air do thearnadh. B'e so beachd an Abstoil 'nuair thubhairt e, "Is ràdh fìor so, agus is fìù e air gach aon chor gabhail ris gu'n d' thainig Iosa Crìosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach d'am mise 'n ceud-fhear." Agus leugh na leanas anis. "Gidheadh air a shon so fhuair mi tròcair, chum gu'm foillsicheadh Crìosd annam-sa air tùs (annam-sa an ceud pheacach) an uile fhad-fhulangas, mar shaimpleir dhoibh-san a chreideadh ann an deigh so, chum na beatha maireannaich." I Tim. 15, 16. Smuainich cìod a bh'ann an Saul o 'Tharsus; geur-leanmhuinneach fuilteach, eadhon mortair dheisciobul Chrìosd, ach cha b'e mhàin gu'n d' thug Crìosd mathanas dha, ach dli' àrdaich se e gu urram an Abstoil a b' àirde. Agus c'arson? Gu bhi 'na shaimpleir air tròcair Dhe gu deireadh aimsire; 's tha e nis a' seasamh 'na bhriathraibh maireannach fein mar chuimhneachan air saibhreas cumhachd, agus ard-uachdranachd gràis De—air am faicear sgrìobhta. "Mise, bha roimh e a' m' fhearlabhairt toibheum, 's a' m' fhear geur-leanmhuinn, 's a' m'

dhuine eucorach, fhuair mi tròcair. Na tuiteadh neach gu bràth ann an eudochas; oir ma dh'èireas suas peacach a's motha na mise, amhairceadh e ormsa agus biodh dòchas aige ri mathanas trid fuil Chrìosd. Fhuair mise mathanas, gu misneach a thoirt do'n aingidh a's mo, aithreachas a dheanamh, creidsinn ann an Iosa, agus dòchas a bhi aige ri slàinte."

Beachdaich fòs air gach iomradh a th' ann am facal Dhe air mathanas a bli air a thoirt do chuid do na peacaich bu mhò. Cha'n 'eil gne pheacach na gne cionta nach do mhathadh. Smuainich air Manasseh, naomh-threigeach, fear iodhal-aoraidh agus mortair, aig an robh eisimplair agus ùghdaras mar rìgh air an cleachdadh gu dùthaich a lionadh le aingidheachd: smuainich air Daibhidh, a bha ciontach do adhaltras agus do mhòrt: air a ghadaiche chaidh a thearnadh air a chrann cheusaidh: air na h-Iudhaich a bli'air an iompachadh air latha na cuingis, a fhuair mathanas ged b'iad mortairean Chrìosd: a mhuinntir sin a bh' ann an eaglais Chorint, a bha aon uair truailte leis gach peacadh. 1 Cor. vi. 9—11. Nach lionmhor na dearbhanna sin nach cum peacadh air bith neach o shlàinte, nach 'eil 'ga chumail o Chrìosd. 'Se 'n fhirion nach ann aig meud na lughad peacaidh a cha r'a dheanamh ann an rathad a bhi 'ga fhàgail ni's deacaire no ni's fhasa tròcair fhaotuin. Cha'n 'eil neach a' faotuin mathanais a cheann gu bheil a pheacanna ni's lugha'n aireamh na peacanna dhaoine eile; agus cha'n eil neach air a dliùtadh do bhrìgh gu bheil a lochdan ni's lionmhoire. Tha 'n cuireadh cho fial do pheacaich mhòra's tha e do pheacaich bheaga; oir mar tha sgil an leigh air a nochdadh ni's mo ann an cùisibh cunnartach agus deacair, mar sin tha gràs Chrìosd air a nochdadh ni's òirdheirce ann am mathadh's ann an naombachadh pheacach comharaichte na ann an tearnadh na h-aitim sin nach deachaidh cho fad air seachran. Ma tha tròcair Dhe neo-chrìochnach tha e cho soirbh dha muillein peacadh a mhathadh ri h-aon. A pheacaich eudochasaich, tiormaich suas do dheòir, 's na bi ni's fhaide 'n teagamh. Is e 'm peacadh a's mo d'am faod thu bhi ciontach, gun ghealladh Dhe a chreidsinn gu math e do pheacanna eile. Is e mi-chreidimh am peacadh a's an-truime na gach peacadh. "An ti nach creid Dia rinn e breugaire dheth," 1 Eoin v. 10. Tha thu toirt na bréige

do Dhia cho tric 's a their thu gu bheil do pheacanna tuilidh 's an-mhor gu bhi air am mathadh. Criothnaich, tha uabhar graineil ann am mi-chreidimh; oir co no ciod thusa gu'n saoiladh tu gu bheil tairbhe do Dhia ann a bhi 'gad mhealladh le gealladh breugach? Am bheil thusa cho fiachail 's gu'm b'fhiù leis-san 'fhacal a bhreugachadh, chum thusa tharruing gu earbsa mhealltaich? Creid, mata o'n uair so, gu bheil Dia ni 's toiliche, mathanas a thoirt duit 'nad pheacadh a's mò, na tha thusa saoilinn a tha e gus an t-aon a's lugha dhubhadh amach.

4. Tha cuid ann an imcheist le bhi'm beachd, o'n "*tha iobairt an aingidh 'na gràinealachd do'n Tighearna,*" agus o'n nach 'eil oibre dhaoine nach 'eil air an ath-glhineamhuinn, taitneach do Dhia, nach 'eil e iomchuidh dhoibhsan a bhi'g ùrnuigh, o nach 'eil iad fhathast 'nan creidmhidh ann an Criosd. Ach a thaobh iobairt nan aingidh; 's e tha air a chiallachadh leis a' siu cràbhadh cealgach dhaoine, a tha teachd beò ann am peacadh, agus le 'n rùn dioladh a dheanamh air son an euceartan le 'n iobairtibh fein; 's tha so soillear o'n earrainn sin fein do n sgriobtur far am bheil e air a chur an ceill gur "*grainealachd do'n Tighearna slighe an aingidh.*" Gnath. xv. 9; is e sin a ghiùlan, agus a cheann gu bheil a ghiùlan graineil tha 'ùrnuigh graineil. Is fearr a shoilleirichear an earrann so le beachdachadh air Isa. i. 10—18. Tha e freagairt do chor a tha tur eadar-dhealaichte o'd chor-sa. Tha mi'g aideach nach toill t-ùrnuighean beannachadh Dhe, ni tha thu cho deigheil air fhaotuinn, cia air bith cho tric no cho dùrachdach 's a dh'fhaodas tu 'n cur suas. Cha bu chòir dhuit mata bhi'g ùrnuigh sa' bbeachd gu bheil luach-mhoireachd 'nad ùrnuighibh gu dioladh a dheanamh air son do pheacanna; 's cha mho bu chòir dhuit amharc air son sìthe 's suaimhneis o d' ùrnuighibh. Theid mi ceum ni 's fhaide, agus cuimhnichidh mi dhuit mar dean thu ùrnuigh ann an creidimh, nach iad t-ùrnuighean idir na h ùrnuighean sin a gheall Dia a fhreagairt. Bu chòir dhuit a chreidsinn gu bheil Dia toileach 's a' feitheamh los gach beannachd spioradail a dheònachadh, oir gheall e sin a dheanamh. Is peacach teagamh a chur nach deònaich Dia na gheall e, aig a cheart am a tha thu 'g ùrnuigh air a shon; ach tha e air gach cor cearr a bli'n teagamh, co dhiùbh 's e 's nach e do dlèasnas ùrnuigh dheanamh, a

cheann nach 'eil fhathast fhios agad an deachaidh gabhail riut le Dia. - 'S co math dhuit teagamh a chur co dhiùbh 's e 's nach e do dhleasnas am Biobull a leughadh, no dol gu aoradh follaiseach. Nach d' iarr Peadar air Simon Magus ùrnuigh dbeanamh? “ Gabh aithreachas uime sin do t'olc so, agus guidh air Dia, ma dh' fheudar gu maithear dhuit smuain do chridhe; oir a ta mi 'gad fhaicinn ann an clomblas na seirbhe, agus fo chuibhreach na h-encorach.” Gniomh. viii. 22, 23. Agus is iomadh iomradh tha san t-seann Tiomnadh air muinntir a bhi 'g ùrnuigh 's a bha air an chiuinntinn 's air am freagairt, nach robh aig an am da rìreadh air an ionpachadh gu Dia; 's mar eiseimpleir Ahab, I Rìgh. xxi. 29; Iehoahas, 2 Rìgh. xiii. 4, 5. Agus mar an ceudna muinntir Ninebheh a rinn ùrnuigh agus a fhuair deadh-ghean o Dhia, Ionah iii. 5—10. Cba 'n urrainn ùrnuighean nach 'eil treibhdhireach a bhi taitneach do Dhia, agus is ann diubh sin ùrnuighean dhroch dhaoine air son slàinte, oir cha 'n 'eil iad da rìreadh a' miannachadh a bhi air an saoradh o 'n pheacadh. Ach tha ùrnuighean an ti sin a tha 'g iarraidh an déigh slàinte treibhdhireach; oir tha e da rìreadh a' miannachadh slàinte. Ach chuirinn a' d' chnìmhne, cho fhad 's a bhios tu 'g ùrnuigh ann an cor neo-ionpaichte, nach 'eil 'nad urnuighibh ach gnìomhara fein-ghràidh, nach 'eil da rìreadh naomh ged nach 'eil iad peacach; cha 'n 'eil anna ach sgairteachd na truaighe an deigh còraidh, ciocras an anama 'n deigh son-ais; agus cia air bith cheudric no cho dùrachdach 'sa chuir-ear suas iad, cha tagair iad còir air beannachadh o Dhia. Cha 'n ann ann a bhi 'g ùrnuigh tha 'm peacadh idir; oir cha 'n 'eil peacadh ann a bhi glaodhach gu treibhdhireach ri Dia air son còraidh, ach ann an mi-chreidimh. An aite mata sgur do ùrnuigh, no bhi sàruchadh t-inntinne le teagamh co dhiùbh 's còir dhuit buanachadh sa' chleachdadh, bi maireant ach ann an ùrnuigh, aig a cheart am a' creidsinn geallaidh na tròcaire ann an Iosa Crìosd. Tha thu ri creidimh a chur ri t-ùrnuigh; agus gun teagamh is e do dhleasnas creidsinn air ball: ach ma 's e 's nach grad fhalbh an t-eagal ciontach o t-anam, tha agad ri buanachadh ann a bhi 'g ùrnuigh air son tròcaire, 's air son creidimh gu a glacadh. Cha 'n urrainn e bhi cearr do'n anam a bhi glaodhach air son tròcaire. Leis an t-solus a th' agad, ged nach ionann e 's na tha feumail air son slàinte, tog t-iarrtus

asuas ri Dia. Guidh air son tuillidh eòlais, creidimh a's làidire agus dòchas a's dìongmhalta. Is e do dhleasnas agus do shochair a bli 'g ùrnuigh, agus na bacadh càs air bith thu o'n chleachdadh. Mar urrainn thu fhathast ùrnuigh dheanamh mar chreidmheach, éigh air son tròcaire mar pheacach. Ach na buanaich ann am mi-chreidimh, a saoil sinn gu'n dean ùrnuigh feum an ionad creidimh; oir, mar thubhairt mi cheana cha'n 'eil Dia 'ga chur mar fhiachaibh air fein ùrnuighean a fhreagairt ach ùrnuighean creidimh.

CAIB. VIII.

Cùisean mi-mhisniche nochdas iad fein an tus beatha na diadhachd.

THA facal an Tighearna teagasg dhuinn fiughair a bli aguinn ris na nithibh sin. Ciod e'n "dorus cumhann" ach ionad air an deacair dol a steach? Ciod e'n "costus a mheas" ach a bli beachd-smuaineachadh air gach bacadh, 's a bli deanamh deas air an son? B' aithne do *Bhunyan* an t-slighe gu neamh 'nuair chuir e slochd na mi-mhisniche anns a' cheud uidh do'n turus. Tha thu mealta, ma tha dùil agad, le aon cheum socair, na talamh daingeann a ruigheachd a tha 'n taobh thall do'n bhoglaich chianail so. Lughdaichidh ionracas imcheistean, agus buadhaichidh e thairis orra fadhedigh, ach cha bhac e iad. Dean deas mata air son mi-mhisniche; oir ni sin teachd 'nad charamh; agus is gliocas agus tròcair rabhadh a thoirt dhuit, mu'n saoil thu gu'r ni iongantach a thachair dhuit. Ach, thoir f' anear nach 'eil dad do'n mhi-mhisnich sin a teachd o Dhia. Cha'n 'eil esan a cur culaidh-bhacaidh air bith san rathad; 's bhiodh teagamh 'na thoil do shaoradh, no amharus a thaobh a thròcaire diubhalach do d' dhòchas. Ach is talamh réidh e, fhad's a tha chùis an earbsa ri-san. Beachd-smuainich air a' so mu'n teid thu ni 's fhaide; bi armaichte chum còdhail a thoirt do gach culaidh mhi-mhisniche, ge b' e taobh o'n tig iad, leis a bheachd so, gu bheil Dia a' feitheamh gu bli gràs-mhor; seadh, mar an t-athair ann an cosamhlachd a' mhic stròghail, tha e'g

amharc amach air do shon; tha thròcair neo-chrìochnach air ghluasad gu t-ionnsuidh. Tha e ruith 'nad chòdhail ni 's luaithe na thusa 'na chòdhailsan. Ciod mata do chulaidh mi-mhisniche?

1. *Fuar-dhearmad, agus coimhicheas gruamach luchd aidmheile.* Bha thu smaoineachadh gu 'n deanadh an iomaguin a bha follaiseach 'nad ghnùis a bha mar gu 'm b'ann ag ràdh ri 'n suilibh mar b'ann ri 'n cluasaibh, "Ciod a ni mi chu'm 's gu 'n tearnar mi? gu 'n deanadh so co-fhaireachadh iomadh aon a tharruing gu d'ionnsuidh; ach an àite sin tha thu air t-fhàgail gun charaid a ni truas riut, a threòraicheas tu, no bbeir dhuit suaimhneas; agus is eigin duit éigheach ann an dòruinn anama, a ràdh ris a' mhòr-shluagh a tha dol suas gu Sion. "An ni air bith dhuibhse e; o sibhse uile tha gabhail an rathaid, amhaircibh agus faicibh am bheil bròn sam bith cosmhuil ri mo bhròn-sa. Nach gabh neach air bith suim do'm anam?" O ceadaich dhomh innse dhuit, ann an tùs do thuruis, nach urrainn duit fiughair a bli agad ri tuillidh 's beag o dhuine no ri tuillidh 's a' chòir o Dhia. Is e masladh eaglais Chrìosd agus a ministeirean ann an tomhas gu bheil luchd iarraidh an deigh slainte cho nàr air an dearmad. Ach an toir so mi-mhisneach dhuitse? Ciod, 'nuair tha neamh air do thaobh? 'Nuair tha 'n t-Athair, am Mac 's an Spiorad Naomh air do shìon? 'Nuair tha na h-aingil bheannaichte ri gàirdeachas os do cheann, 's a' siubhal air sgiathaibh gràidh a fhrithealadh dhuit mar oighre air slàinte? Leig mu làr do sprochd agus seall ri Dia; 's ma ni dearmad Chrìosduidhean do thoirt gu earbsa ni 's iomlaine ann an Chrìosd, is buannachd dhuit fa dheireadh e. Dh' fhaodadh tuillidh 's a' choir do chairdibh 's do chaoimhneas a bli cronail dhuit, le bhi 'gad thoirt gu tuillidh 's a' chòir do mhuiugnlin a chur ann an gairdean feola.

2. Tha mòran a' faotuinn mi-mhisniche *le bhi toirt f' anear cho beag diadhachd 's a tha 'm measg luchd aidmheile.* Cha 'n fhaic iad coltas an iomaguine fein 'nam 'measg-san is fhad o'n a bha giùlan ainm Chrìosduidhean. Am feadh a tha iad fein ag éigheach, "Ciod a ni sinn chum gu 'n tearnar sin?" cha chluinn iad a' bbeag o bhilibh mòrain do luchd-aidmheil, àch, "Ciod a' dh'itheas no dh'òlas sinn no ciod leis an aodaichear sinn; ciod an naidheachd a th'air falbh; ciod 'mar tha malairt a' soirbheachadh?"

Tha iad a' faicinn urrad do shaoghaltachd inntinne, do neo-iomlaine nàdur, cho lion ni nach tig gu math do'n Chriosduidh, 's gu'r gann a chreideas iad gu bheil san diadhachd ach ainm. Agus gheibh iad iomadh sanus eadhon o'n luchd-aidmheile, gu bheil iad tuilidh's iomaguineach, riaghailteach; dian agus dùrachdach. A dbaoine aingidh, a mhortairean leanaba, oir ciod an t-ainm a's tlàithe bheir mi dhuibh-se, a luchd-aidmheile, ann a bhi mar so a feuchainn ri clann Dhe a thachdadh anns a' bhreith? Guidheam oirbh smaoineachadh air an olc a ta sibh a'deanamh, agus sgur do bhi fenchainn ri cur as do iomaguin nan anama aig an bheil toiseach air a bhi mothachadh cumhachdan na beatha spioradaile. Agus na bithibh-se ann am mi-mhisnich, sibhse tha 'g iarraidh an deigh slàinte. Ma tha mhuinntir ud a teachd gearr air an aidmheil, is e sin an guothach-san. Tha slàinte feumail dhuitse, co dhiùbh tha iadsan treibhdhireach, dùrachdach g'a h-iarraidh no nach 'eil. Cha cho-leasachadh air bith dhuitse air son call t-anama gu'n do chaill iadsan an anama fein. Ged nach biodh fhathast aon flior Chriosduidh air an talamh, cha bu leisgeul so dhuitse bhi dearmadach mu bhi d' Chriosduidh. Seall anns a' Bhiobull a roghainn air a bhi sealltuinn ri luchd-aidmheile. An àite 'n gnothach a thoirt suas, 's ann bu chòir dhuit a thuigsinn o na tha thu faicinn nach ni soirbh do neach a bhi 'na Chriosduidh. Ma 's e 's gu'n toir droch nàdur agus giùlan mi-iomchuidh luchd-aidmheile ortsa sgur do bhi 'g iarraidh an deigh slàinte, cha bhi e ach 'na shòlas bochd dhuit anns an t-slochd neo-iochdrach, a bhi sealltuinn air t-ais air aobhar do léir-sgrios.

3. Tha thu, theagamh, air do chur gu mi-mhisnich leis *a' bhacadh ris am bheil fughair agad o' d' chàirdibh.* Tha thu 'g am faicinn uile saoghalta, agus is leir dhuit gu soillear gu'n dean t-fhior iompachadh-sa gu Dia do chur calg-dhireach 'nan agbaidh, agus o fhas 'nad Chriosduidh, 's o bli 'gad gnàthachadh fein mar Chriosduidh, gu faicear 'nad fhàrdaich an sealladh mu'n d' rinn an Slanuihear iomradh, Mat. x. 34—38. “ O,” ars thusa, “ nach truagh an sealladh a tha romham! ni mo dhiadhachd caismeachd aimbreite sheideadh ann an teaghlach far nach robh, gus anis ach sìth, ged nach robh ann ach sìth a bha steighichte air dearmad coitcheann air diadhachd.” Feumaidh mi dùlan a thoirt do chorruch mo chéile, arsa 'bhean

“ agus theagamh an cridhe sin a chur a’ m’ aghaidh, air an do shocraich mo spiorad gus anis le tlachd cho mòr.” Feumaidh mi, arsa ’n leanabh, a bhi mar gu’ m b’ ann easumhal do ’m pharand, d’ am b’ e mo dhleasnas agus mo shonas, gus a’ so a bhi umhal. An comasach dhomh so a dheanamh? Am bheil slighe eile ann gu neamh? Am bheil cumhnantan ann a’s mine na iad so air am faodar umhlachd a thoirt do reachd Chrìosd?” Cha ’n ’eil; agus cha ’n aicheadh nach cruaidh an roghainn, agus bhithinn gun mhothachadh mar biodh truas agam riut; ach cha ’n fhaod mi ’n crann ceusaidh a thoirt air falbh. Rachadh m’ anam a dhìth le t-anam-sa, nan rachadh agam air a thoirt ort a chreidsinn, gu ’m faodadh tu, san t-suideachadh sam bheil thu, teachd as eugmhais aithreachais, creidimh, gràidh do Dhia, ’s nan uile ghràs agus shubhailc eile th’ air am filleadh ann am fìor dhiadhachd, cha dean ’s cha ’n urrainn Dia iarrais a lasachadh, ’s cha ’n fhaod mise. Feumaidh fear agus bean, pàrand agus leanabh, tighean agus fearann ’s cliu saoghalta àite thoirt dhà-san. Tha e’g iarraidh a’ chridhe; agus tha luigheachd neo-chrìochnach aige air son gach ni a dhìobaras tu air a sgàth. Ni e’n crùn ni ’s luachmhoire na tha ’n crann-ceusaidh uamhasach. Bu chòir dhuit a bhi faicilleach ’nad aidmheil, agus faodaidh tu bhi mar sin; na rach an aghaidh toil do chairdean neo-iompaichte ma dh’ fhaodas tu ’sheachnadh; bu chòir dhuit, ma dh’ fhaodas tu, bhi deich uairean ni ’s suairce, ni ’s dùrachdaiche ’s ni ’s ceanalta anns gach cùis eile; bu chòir math a thilleadh air son an uile, an ciùneas a’s mo a nochdach, agus feuchainn ris gach gairge chiosnachadh le foighidinn, ach cha ’n fhaod thu do gheur-mhothachadh a chall, agus feumaidh tu bhi toileach bàsachadh le cridhe briste agus le geur-leanmhuinn, a roghainn air sgar a bhi ’g iarraidh an déigh slàinte. Earb a Dia, ’s bheir e cobhair dhuit. Ma ghairmeas e thu gu fulang san rathad so, bheir e’n toiseach dhuit creidimh naomh-fhianuis agus an sin crùn naomh-fhianuis.

Leugh an sgeul druigh-teach a leanas le fiamh. Tha e air aithris mu bhoirionnach òg, maiseach, foghlumte air an d’ rinneadh drùghadh trom le mothachadh air a cunnart spioradail. B’ aon duine cloinne parand i aig an robh mor ghràdh dhith. Dhùisgeadh iomaguin a h-athar leis an trom-dbrùghadh a dh’ fhiosraich i air dhith mothachadh

fhaotuinn air a cionta's air a truailleachd. Bha e fo eagal gu'n cailte 'n t-suilbhearachd's an cridhealas sin a chuir sòlas 'na fhàrdaich. Chriothnaich e roimh chuid do na freagairtean a bha i toirt air, nuair a chunnaic e briseadh air a dheanamh air suaimhneas cridhe mheallta, Thugadh oidhirpean air aobhar a mi-shuaimhneis a chur air falbh; ach cha robh ann ach oidhirpean a theagaisgeadh le gliocas mi-naomhaichte. Mu dheireadh thugadh air falbh am Biobull; ach's beag tha fhios aig párand air an eucoir a tha e deanamh 'nuair tha e spioladh a' Bhiobuill a lamh a leinibh. Chaidh am Biobull agus leabhraichean matha eile thoirt uaipe, agus leabhraichean fhaoin-sgeul a chur 'nan àite. Dhiult i dol air thurus toil-inntinne, 's gach caith-eamh-aimsir a b' aighearaiche. Chaidh geallanna, earailean agus maoitheadh fheuchainn; agus mu dheireadh shoirbhich le oidhirpean amaideach a h-athar. Mo thruaighe's beag fhios aig parand nach ann a dh' fhaodas e bhi 'g iobradh a leinibh do Mholoch! Dh' fhalbh a smaointean mu dhiadhachd's mu 'n t-siorruidheachd. Ach mo thruaighe an ceann na bu lugha na bliadhna, chaidh a mealladh faoin a thoirt air falbh. Ghabh i fiabhras gabhaidh; bha'm bàs a dlùthachadh agus thuit smal air gnùis gach neach mar gu'n cluinneadh iad fuaim a shaighde. Air leam gu faic mi 'n òg-bhean a chrean cho mor air amaideachd, air bruaich bàis a geur-amharc air a h-athair. Bha 'n t-sùil fann le eudochas; 's gidheadh bha ni eigin 'na gaithibh deireannach anns am faicte achmhasan, caomhalachd agus gairisinn. "Athair," ars' ise, air a' bhliadhna chaidh seachad dh' iarr mi 'm Fear-saoraidh. Ath—air, tha ar leanabh."—— Chual an t-siorruidheachd an corr, oir cha do labhradh ann an aimsir e." Leis an sgeul dhrùighteach so leugh na hearrannan a leanas. Mat. v. 10—12; x. 21—39; 1 Cor. iv. 9—13; 2 Tim. ii. 10—13; Eabh. x. 23—39; xi. 1 Pead. i. 6—9; iv. 12—19; 2 Pead. ii. 20—22; Taisb. vii. 9—17.

4. Tha cùisean mi-mhisniche eile ni's dlùithe dhoibh, *tha iad 'gam faotuinn uile 'nan cridheachaibh fein.* Is e 'm faireachadh a th' aig mòran, nach 'eil iad a tighinn dad air an aghaidh; nach 'eil am beachdan a' fàs dad ann an soilleireachd, an geur-mhothachadh ann an doimhneachd no 'u cridheachan ann an sìth. Cha 'n 'eil iad aon chuid air faotuinn tuillidh geur-mhothachaidh, no tuillidh co-

fhurtachd. Cha 'n 'eil iad ni 's spioradala no ni 's neo-
 theaginhaiche na bha iad; agus tha iad 'na uairibh air am
 fiosrachadh le plathaibh eudòchais, 's bithidh iad ullamh
 gus a' chùis a leigeadh mu làr. Tha 'n cor-inntinne so ro
 thrìc, agus is cunnartach e; is aobhar eagail e da rìreadh.
 Is e do dhleasnas agus do thearuinteachd mata a bhi
 smaoineachadh gur h-ann annad fein a tha 'n fhailinn 's
 cha 'n ann an Dia; is tusa tha ri choireachadh; theagamh
 gu bheil thu 'n iomachomhairle eadar da bharail; theagamh
 gu bheil thu feuchainn ris a' chùis a dheanamh suas eadar
 an saoghal agus diadhachd; cha 'n 'eil thu toirt na h-aire
 shuidhichte sin do'n chùis a tha i'g iarraidh. Is fheudar
 dhuit, mata, dol as ùr chum na h-oibre; 's am faireachadh
 sin a bhi agad a th' aig neach a tha snàmh ann an sruth,
 a tha 'g a ghiùlan ni 's fhaide o thìr, 's a tha mothachadh
 gu feum e oidhirpean ni 's gramala thoirt mu'm bi e cailte.
 Ni air bith ach toirt thairis. Mu chaillear thu 'n tràs; bu
 chall uamhasach e Am feadh a tha thu toirt nan oid-
 hirpean faoine sin, faodaidh tu bàsachadh; agus ciod an cor!

Ach theagamh gu'r h-ann tha do ghearain a' teachd o
 throm iomaguin, ni o'm bheil thu saoilinn nach tig thu air
 t-aghaidh gus am bi thu air t-fhior steigheachadh ann
 an lan eòlas, an creidimh 's an dòchas an t-soisgeil. Chum
 na stàide so bu choir dhuit teachd, agus teachd gun dàil;
 agus cha 'n 'eil ni 'gad bhacadh ach droch cridhe mi-chreid-
 imh; agus chum na h-inbhe so sparruin ort teachd. Ach
 ged nach fàsadh t-eòlas cho luath, no do shìth cho suidhichte
 's a bha fiughair agad agus bu mhiann leat; ged mhoth-
 aicheadh tu t-fhàs anns gach ni a bhuineas do shonas a
 Chriosduidh, mall, na tuit ann an cor lag-chridheach truagh,
 ri gne do thòir air slàinte mar chuspair nach biodh a chos-
 las ort gu bràth a bhuannachd. Is e 'n ni bu chòir dhuit
 grad aithreachas a dheanamh 's an soisgeul a chreidsinn;
 cha chomasach thu tighinn gu beachdaibh farsuing 's gu
 sìth shuidhichte gun sin. 'Se ni mu dheireadh air am bu
 chòir dhuit smuaineachadh dol air t-ais no toirt thairis.
 B'e bhi tilleadh an tràs, a bhi tilleadh 'nuair tha thu dlù
 do'n chrann-cheusaidh. Tog suas do shùil, a pheacaich!
 tha 'n cuspair iongantach sin romhad, laimh riut; amhaire
 suas air an Ti chaidh a cheusadh. Tha e ni 's fhaid' air
 ais gus an staid caoin-shuarachais san robh thu na tha e
 dh' ionnsuidh an ionad dhìdein. Creid dìreach mar tha

thu, gun tuillidh eòlais, gun tuillidh mothachaidh dhiadhaidh. Amhaire, deiream a ris, suas ris a' chrann-cheusaidh. Tha e faicsinneach do shùil a chreidimh o gach roinn do'n t-slighe air am bheil thu triall, agus faodar fhaicinn gach uair leis-san a sheallas an taobh sin. Is e sealladh a' chuspair ghràdhaich sin a nochdas gach cuspair eile 'nan suidheachadh ceart, 's a neartaicheas gach gràs a bhuineas do fhior dhiadhachd.

Ach nach fhaod e bhith, gu bheil gach ni tha bacadh fàis ni 's luaithe, ag eiridh o aobhar àraidh? Nach 'eil peacadh eigin air a cheadachadh, truailleachd éigin air a h-altrum? Nach 'eil ni eigin nach 'eil thu toileach a thréigsinn, ged tha do thuigse 'g innse gu'r h-e do dhleasnas a dhìobradh 's do choguis 'g a iarraidh ort? Feumaidh tu 'n nì toirmisgte thréigsinn, air neo cha chomasach dhuit fàs ann an gràs: ni 'n t-aon pheacadh sin, mar chnuimh fholaichte aig bun blàtha, beatha do dhiadhachd itheadh suas, gus an crom, an crion, 's am bàsaich i. Is combanach e ris nach 'eil thu toileach dealachadh, ach tha chomunn 'gad bhacadh? Agus an diòbair thu slàinte t-anama, neamh agus glòir shiorruidh 's gach ni 's caomh leat mar bhith neo-bhàsmhor, 's an roghnaich thu sgrios siorruidh, air sgàth a' pheacaidh no 'charaid sin? Gabh do roghainn fein. Ach a dhuine neo-bhàsmhoir, stad agus smaointich: an urrainn duit moille dheanamh? Tha cionta agus cunnart uamhasach ann an dàil gach mionaide. Ciod nan cuireadh Dia amach an àithne mar 's ceart a dh' fhaodadh e, "Tha e air a dhlùth-cheangal r'a iodhalaibh, leig, leis," Hosea iv. 17. Grad thig gu ceann do chomhairle. Faodaidh an tiotadh a tha thu leughadh na duilleige so a chùis a chrìochnachadh: oir mur 'eil thu toileach do chleachdadh peacach no do chombanach peacach a dhìobradh, faodaidh Dia, o 'n mhìonaid so thusa thréigsinn. Ach theagamh gu faod do mhoille ann a bhì fàs ann an eòlas agus ann an gràs, éiridh o aobhar eile, eadhon do *dhearmad air cumhachd agus cuideachadh an Spioraid a chaidh a ghealltuinn*. Theagamh gu'n d' fhiosraich thu aon uair drùghadh domhain, geur-mhothachadh làidir; agus gun robh thu 'n cor-inntinn beothail, agus t-fhaireachadh gu mòr air a dhùsgadh; ach cheadaich thu do Shàtan an cothrom sin a ghabhail ort gu d' thoirt a thaobh gu Spiorad dànachd agus féin-earbsa. Dhichuimhnich thu nach 'eil annad fein aon ni math; agus

threig thu tobar nan uisgeachan beòtha. Cha robh riamh teagamh agad nach 'eil cumhachd an Spioraid feumail; ach rinn thu dearmad air. Chuir thu doilgheas air an Spiorad Naomh agus chuir esan bacadh air a' chuideachadh ghràs-mhor air na chuir thusa cho beag luach. Rinn thu strìgh, ach 's ann a' d' neart fein: agus a nis tha thu fiosrachadh nach robh san neart sin ach laigse fein. Anis, mata, faigh buannachd o' d' mhearachd agus thoir suas t-anam cha 'n e mhàin do lamhan Chrìosd air son mathanais ach do lamhan an Spioraid air son naomhachaidh. Anis leig do thaic air a chumbachd neamhaidh sin a dh'oibrichas annainn an toil agus an gnìomh. Thig beò san Spiorad, gluais anns an Spiorad; dean ùrnuigh anns an Spiorad; dean gleachd anns an Spiorad. Fosgail do chridhe d' a chumbachd gràs-mhor; agus biodh e 'na fhaireachadh agad cho mhath agus 'na mhothachadh drùighteach, nach 'eil bith aig do bheatha spioradail air leth o thuineachadh agus o oibreachadh-san an taobh-stigh dhiot.

Ach faodaidh e blith, gu bheil a' mhi-mhisneach 's an gearan so thaobh t-fhàis cho mall ann an diadhachd, gun steidh air bith, 's nach 'eil iad ach ag éiridh o mhealladh-dòchais a tha 'g oibreachadh air inntinn a tha iriosal no dian-dhòchasach. Theagamh gu'n robh fuighair agad aon uair grad éiridh o thiugh dhorchadas na staid' neo-iompaichte gu soillse meadhon la lan-dhaingeachaidh ann an creidimh, ann an dòchas, creidimh agus gràdh. Theagamh gu'n robh dùil agad a dh'aon leum, suidheachadh a' chrìosduidh dhearbta ruigheachd; ach cuimhnich gu'r h-ann uidh air 'n uidh a tha oibre Dhe a' teachd gu foirfeachd araon ann an nàdur 's ann an gràs. An toiseach tha 'n leanabh ann, aris an duin' òg, 's an sin an làn-dhuine. Nach faun air uairibh an t-sradag beatha 'n naoidhein air ur-bhreth; is deacair a radh co dhiubh 's beò no marbh e, agus 'nuair chithear comharan soillear air beatha, nach faiceallach an aire dh' fheumas e gus an t-sradag a chumail gun dol as? 'Sann an cor neo-ghealltannach mar so a thoisich iomadh duine làidir fad-shaoghalach a bheatha. Nach cosmhuil ris a' so obair Dhe san anam. 'S mar sin aris ann am fàs an arbhair; air tus am fochann, aris a' chuisseag, 's an sin an dias: agus mar ann an acbhadh nàduir, 's ann a tha fàs diadhachd an eaidhe 'n duine. Cha 'n fhaod sinn dìmeas a dheanamh air latha nan nithe beaga, aon chuid annainn fein

no ann am muinntir eile, oir cha dean Dia sin. Tha e air a radh mu 'r Fear-saoraidh, Beathaichidh e a threud mar bhuachaille; agus 'na threud tha uain nach urrainn imeachd fada, no luath; agus ciod a ni e riu-san? Le a ghàirdean cuairtichidh e na h-uain agus giùlainidh e iad 'na uchd; cha 'n ann air a ghuailibh, ni is samhladh air neart, ach 'na uchd, aogas caomh-ghràidh; agus "iomainidh e gu sèimh an spréidh a tha trom le h-àl," Isa. xl. 11; iadsan a tha luchdaichte le iomadh eagal agus iomaguin chràiteach. Cia caomhail a ghiùlain e le baoghaltachd 's le anmhuinneachdan 's le mearachdan a dheisciobul; cia ciùin a cheartaich e beachdan mearachdach, 's a chum e suas inntinnean an da charaid 'nan triall dubhach bronach gu Emmaus, agus a chum e suas an t-srad mu dheireadh do dhòchas, 'nuair bha i air bheul dol as nan uchd. 'Na theachdaireachd gu seachd Eaglaisibh Asia, cia gràs-mhor a rinn e iomradh air a bheagan mathais a b'urrainn da fhaotuinn 'nam measg, 's cha d' amhairc e thairis air a "bheagan neirt," a bha air fhagail ann an Eaglais Philadelphia, Taisb. iii. 8. Smaoinich air a' so fo mhi-mhisnich 's mar thà thu. Fàsaidh camhanaich t eòlais ni 's dealraiche 's ni 's dealraiche gu ruig an latha iomlan; thig do neart leanabaidh gu cumhachd duine; thig fochann fann do dhiadhachd gu bhi 'na lan arbhar san déis. Tha thu sealltuinn ri Fear-saoraidh "nach bris a' chuile a ta bruithte 's nach mùch an lion o 'm bheil caol-smùid." Is fìor ghràs fann-ghràs, agus tha e 'n dluth-dhaimh ri tobar neo-chrìochuach 'na lanachd-san, a 's e Dia nan uile ghràs, a bheir gràs ni 's pailte. Is math a bhi iriosal agus barail shuarach a bhi agad dhiot féin; ach cuimhnich nach 'eil craobhan marbh a chionn nach 'eil iad air an grad luchdachadh le meas. Cha 'n 'eil mi cur nan nithe sin an céill chum t-oidhirpean a gbrabadh, oir is cinnteach nach 'eil gràs idir aigesau, a tha toilichte leis a' ghràs a th' aige; ach a chum eudochas a ghrabadh, agus a chum a mhi-mhisneach a tha 'g éiridh o mhothachadh air neo-iomlanach, a lagaicheas gach oidhirp, le bhi smaladh as dòchais.

5. Dh' fhiosraicheadh mor mhi-mhisneach le muinntir eile a chionn *tuiteam* agus *cul-sleamhnachadh ann am peacaibh*.

Is an-tromachadh dòlasach air peacadh, aidicheam, tuiteam ann, an déigh do dhaoinibh a bhi air an dùsgadh agus geur-mhothachadh fhiosrachadh agus o 'n tha mòran cun-

nairt dheth sin, tha ann am facal De iomad rabhadh 'na aghaidh, mu 'n d' rinn sin cheana iomradh. Thigeadh dhuinn, mata, an fhaicill a 's mo a chleachdadh agus an ùrnuigh a 's dùrachdaiche chur suas, gu'm bitheamaid air ar gleidheadh o na peacaibh sin; agus bu chòir ar faire dhublachadh, a thaobh nam buaireanna sin do'n dorsaiche tha sin, areir ar nàduir, ar suidheachaidh no cùis air bith eile. Gidheadh air uairibh, o chion faicill, tha eadhon iadsan a tha gu treibhdhireach dùrachdach an tòir air slàinte air am mealladh aris gu peacaibh o'n robh iad air an teasraiginn. Ann an cùisibh mar sin tha 'n cul-sleamhnaiche, fo chumhachd geur agartuis agus eudochais, ullamh gu toirt thairis, agus anns a' bheachd nach faigh e slàinte gu bràth, sguiridh e bhi leantuinn air a tòir. Anis, theirinn riut-sa, am feadh nach urrainn thu thu fein irisleadh tuillidh 's a' choir air son gach tuislidh, nach bu chòir dhuit a bharalachadh gu bheil do chor gun dòchas. Mar biodh e comasach lochdan mar sin a mhathadh, agus peacaich mar sin aiseag air an ais, co 'n sin a b' urrainn a bhi air a thearnadh? Ach cha 'n e, ars thusa, teagamh mu mhathanas air son na chaidh seachad, a 's mo tha 'gad chur fo mhi-mhisnich ach eagal nach bi thu air do choimhead san am ri teachd. Tha thu faotuinn do chridhe cho mealltach, do rùintean cho lag, do thruaillidheachd cho làidir, 's gach buaireadh cho mòr; thug thu buaidh cho tric, agus aris chaidh buaidh cho tric a thoirt ort; 's gu'n do chaill thu dòchas gu'n soirbhich leat. Ciod is ciall do'n lag-mhisnich so? Tha i'g radh, mar gu'm b' ann, nach 'eil cobhair air do shon ach annad fein, no nach 'eil Dia comasach air do theasraiginn; da ni nach fìor. Cha 'n 'eil cobhair sam bith annad fein, ach tha cobhair uil-fhoghainnteach ann an Dia. Biodh misneach agad a pheacaich; tha Dia uile-chumbachdach. Irislich thu fein fo 'laimh chumbachdaich air son na chaidh seachad, agus an sin éirich suas agus leig do thaic air a ghàirdean cumhachdach air son an ama ri teachd. Tha fuil Chrìosd comasach air a choguis a ghlanadh o chionta 'pheacaidh san am a dh' fhalbh; agus tha gràs an Spioraid Naoimh comasach air do ghleidheadh o pheacadh a chur an gnìomh san am ri teachd: Faodar an cul-sleamhnachadh a mhathadh, 's an cul-sleamhnaiche fein, aiseag, a neartachadh 's a dhaingneachadh, agus tuillidh 's buaidh a thoirt da, mar thachair do mhiltibh cheana.

CAIB. IX.

Earailean.

1. *Na h-iarr fuasgladh o t-iomaguin, 's na socraich do skith spioradail, le bhi'g aidmheil diadhachd's a' gabhail a chomunachaidh.*

Tha so air a dheanamh le mòran, 's an déigh bhi fada gun fhuasgladh, 's gach meadhon a chleachdadh ach a' meadhon ceart, a chum sìth a bhuannachd cuiridh iad rompa suipeir an Tighearna ghabhail, s an dòchas gu faigh iad comhfhurtachd a bha iad gus a so ag iarraidh gu diomhain. Ach nach 'eil so cosmhail ri earbsa fhein-fhireanta a dleasasaibh? Ciod an seol san toir an comunachadh fuasgladh do choguis luchdaichte? Am bheil nì san òrdugh sin ni 's toilteannaiche na ann an òrdugh air bith eile? Theagamh gu'n abair thu gu'n dean samhlaidhean cuirp agus fola Chrìosd drùghadh ni 's doimhne 's ni 's cumbachdaiche air an inntinn tre na ceudfaihtean. Ni iad sin; ach feumaidh an inntinn a bhi ann an cor eòlais agus creidimh chum an drùghadh a ghabhail: ach tha mi nis a' baralachadh nach e so do chor flathast, nach d' earb thu riamh t-anam ann an lamhan Chrìosd air son slàinte ta iomlan agus saor; agus ann an cor-inntinne mar so, is ionann dol gu comunachadh 's a dh' ionnsuidh na h-eaglaise air son sìthe, 's dùil a bhi agad gu'n dean iad sin air do shon, ni nach urrainn obair Chrìosd a dheanamh. Nach 'eil fuil Chrìosd comasach air do pheacanna thoirt air falbh? Am bheil ni sam bith feumail a bhi air a chur ri fireantachd an Fhir-shaoraidh air son t-fhireanachaidh? Ciod is urrainn an comunachadh a dheanamh air do shon, mar comasach sin do thearnadh. Am peacach a dh' iarras uallach cionta chall an àit air bith, co dhiubh 's a' t'ns a' choinneamh-ùrnuighe, no aig bord a' chomunachaidh, ach aig crann-ceusaidh Chrìosd, tha 'n neach sin ann am mealladh. Faodaidh e bhith, le dol gu suipeir an Tighearna, gu mothaich thu, car na h-ùine, lughdachadh air t-iomaguin; faodaidh beachd t-inntinne bhi air a thogail, 's t-fhaireachadh air a ghluasad; 's air dhuit sin a ghabhail gu mearachdach air son creidimh, faodaidh sìth a bhi agad, ach is i sìth mheallta no ghearr. Ni thu 'n

dara cuid tuiteam a' d' chadal ann am féin-mhealladh, no tillidh t-iomaguin riut, air a h-antromachadh le mothachadh gu'n do chairich thu peacadh ri peacadh, le suipear an Tighearna ghabhail ann an cor neo-ullaichte. Tha'n t-òrdugh so air a shòrachadh, cha'n ann a thoirt sìthe do mhìchreidmìch, ach a thoirt co-fhurtachd agus oilean do chreidmìch; cha'n ann chum ar toirt gu staid creidimh, ach gu bhì air a ghabhail ann an creidimh; cha'n ann a thoirt air falbh uallach a' pheacaidh o'n choguis, ach a chumail cuimhne air an Iobairt mhòir sin, tre'n deachaidh an t-uallach a thoirt air falbh. Is fìor, gu faod Dia e fein fhoillseachadh do'n pheacach ann am briseadh arain; ach cha'n i cheist cìod a dh' fhaodas e dheanamh, ach cìod a dh' fhaodas fìughair a bhì aguinn a nì e: agus anns a' chùis so fein, cìod a tha toirt fuasglaidh do'n choguis o h-uallach, 's a toirt sìthe do'n inntinn. Gu cinnteach cha'n e'n t-sàcramaid fein ach an fhirinn mhòr a th' air a leigeadh ris innte, gu'u d' thug Crìosd e fein mar iobairt airson peacaidh. Cha'n e mo rùn leis na briathraibh so a sparradh ort gu bheil lan-dearbhadh dòchais feumail gu t' fhàgail iomchuidh air son suipear an Tighearna ghabhail; ach gu cinnteach feumaidh fìor chreidimh a bhì ann ged nach biodh an creidimh ach lag; oir cìamar eile 's comasach sinn beachdachadh air corp an Tighearna? Cha'n urrainn nì sìth a thoirt do'n choguis chiontaich, no ar peacanna thoirt air falbh, ach fuil réitich Chrìosd. Agus ann a bhì gabhail seachad air crannceusaidh an Fhir-shaoraidh, gun sìth inntinne, ann an dòchas sin fhaotainn anns an t-sàcramaid, cha'n eil, gun teagamh, ach a bhì 'g earbsa as ar dleasnasaibh cràbhach féin, chum ar deanamh taitneach do Dhia ann an àit obair an t-Slanuighir. Is ann bu chòir cuimhneachain gràidh an Fhir-shaoraidh a ghabhail, le irisleachd, taingealachd, 's le earbsa fhoisnich a eadar-mheadhonachd ar Tighearna neamhuidh air son mathanais agus beatha shìorruidh.

2. Tha e ro fheumail an tùs na slighe *gu'n seachnadh tu Spiorad connspaide.*

Is e do ghnòthach àraidh slighe'n t-sonais shìorruidh fhaotuinn amach agus imeachd innte. Is e slàinte'n cuspair sonraichte tha d' bheachd, no mar 's fhearr a dh' fhaodar a ràdh an rathad gu bhuanachd. Is e t-fhocal "a bheatha, a bheatha mhaireannach;" agus bu chòir do d' shìubhal a bhì dìreach air a chrann-cheusaidh. Cha bu choir t-aire

bhi air a toirt suas le ni ach ni bhuineas do d' réite ri Dia-Na leig le d' inntinn, mata, bhi air a toirt a thaobh o chuisibh, mar an ath-bhreth, no fireanachadh t-anama'm fianuis De, gu connspaidibh mu bhaisteadh, mu riaghladh eaglaise no mu theagaszan diadhachd. Na biodh gnothach agad ri connspaid. Na cùisean connspaide's biadh laidir dhoibhsan a th' air teachd gu inbhe, cha dean iad ach an leanabh ann an Criosd a thachdadh's a mhilleadh; agus cha chomasach eadhon iadsan a th' air teachd gu inbhe san diadhachd, a bhi fad a biadhadh orra gun an slàinte spioradail a bhi air a dochann, 's an anam a bhi air a lionadh le linnntaibh fiadhaich mi-fhallain. No gabhamaid samhladh eile, an duine th' air a ghlasadh suas fo bhinn bàis, ach aig am bheil dòchas ri mathanas, 's a tha toirt nan oidhirp gu fhaotuinn, cha leig esan le 'inntinn a bhi air a tarruing a thaobh o chor fein, leis na cuisibh sin a dh' fhaodas a bhi gu h-ìomchuidh air an deaspaid leis a bhaitiche's le fear-dileas d' a dhùthaich. Nan tugadh neach paipeir-naidheachd thuige, agus oidhirp a thoirt air a tharruing asteach ann an aimhreite rioghachd, fhreagrach se e le sealladh iongantais gu'm biodh na cùisean sin air an toirt fa chomhair-san, " Ciod iad na nithe sin do neach a tha fo bhinn bàis? Cuidich leam gu mathanas fhaotuinn; agus ni thu stà dhomh; ach air na cùisibh sin na caith tiotadh do'n ùine sin bu chòir a bhuil-eachadh air son mise thearnadh o bhàs. 'Nuair bhios mi air m'aiseag gu saorsa; 'faodaidh mi smaoineachadh air gnothaichibh na rioghachd, ach cha'n fhaod mi'n tràs." Mar sin deanadh's abradh esan a tha 'g iarraidh an déigh slàinte, a thaobh nan daoine neo-thuigseach sin, a dh' iar-radh le connspaid an iomaguin sin a tha 'g iarraidh na slighe gu slàinte, a choinneachadh's a thilleadh air falbh. Faodaidh tu smaoineachadh air na cùisibh sin 'na dheigh so, ach an tràs, ".Seasaibh anns na roidibh agus faicibh agus feoraichibh air son nan seana cheumanna, C'ait am bheil an t-slighe mhaith agus gluaisibh innte; mar sin gheibh sibh fois do'r n-anamaibh." Ier. vi. 16. Leugh do Bhiobull's leabhraichean so-thuigsinn a thaobh dleasnais, a roghainn air leabhraichean connspaideach; bi tric ann an ùrnugh's ann an trom-smaoineachadh sàmhach; gleidh t-inntinn ciuin's gun bhruaidhlean; oir's ann an ciuineas cràbhaidh, 's an sìth naomh-reite, 's an sàmhchair smaointean gun bhuaireas, a tha'n solus fìor a dealradh asteach do'n anam, 's a tha

caol-ghuth ciuin an Spioraid air a, chluinntinn. 'S lionmhor iad, a ghabh seòl eile 's a chaidh an doimhne connspaide, 'n deigh dhoibh teachd fo chùram mu dhiadhachd, 's a chaill seirc 's an leanmhuinn sin a bha iad ag aidmheil a bh'aca 'n déigh na firinne; agus an aite fàs 'nan Criosduidhean iriosal, naomh sìochail, 's ann a dh'fhàs iad 'nan deasbadairean dalma, crosda, buaireasach. An toiseach bha 'n t-aithreachan air a chall 's an duine dheothasach; ach ceum ni b' fhaide 's cha robh aca ach diadhachd bharailean, an aite faireachaidh chràbhaich; agus, tha aobhar eagail gu'n do chrìochnaich iad an turus, cha 'n ann an solus agus an gràdh néimh, ach ann an saoghal sin an eòlais mhi-naomhaichte, sam bheil na deamhain a' creidsinn 's a criothnachadh.

3. Tha e feunail t-earalachadh an aghaidh Spioraid *neonachais*; cho mliath 's an aghaidh Spioraid counspoide.

Bu chòir dhuit, mar thuirt mi cheana, iarraidh an deigh eòlais. Tha 'n sgrìobtur saibhir an eòlais mu 'n chùis so, 's an achmhasanaibh do'n mhuinntir sin, air am bheil pràmh na leisge ann an uchd an aineolais. Tha gealladh soirbheachaidh aig dìchioll oidhirpeach gu fàs ann an eòlas. "Bitheadh eòlas aguin ma theid sinn air ar n-aghaidh a ghabhail eòlais air an Tighearna." Hosea vi. 3. Ach cha 'n ionann so idir agus Spiorad neonachais mhi-naomh. Tha 'n Spiorad so o'm bu mliann leam do ghleidheadh, 'ga nochdadh fein ann an iomadh dòigh; 's air uairibh ann a bhi ruith o ionad-aoraidh gu ionad-aoraidh. Ann an cuid do chùisibh tha e 'g éiridh o 'n luaireasg 'so 'n mhi-shuaimhneas inntinne tha coitcheann do mhuinntir an tùs an iomaguine mu dhiadhachd. Mar choluman Noah, tha iad air an ais 's air an adhart ag iarraidh fois gun a faotuinn; no mar neach ann am fiabhras, a' dichuimhneachadh gur h-ann annta fein a tha aobhar am mi-shuaimhneis, tha iad ag atharrachadh o aite gu aite, san dòchas fhaoim gu faigh iad an fhois sin nach tig am feasd gus an atharraichear an cor. 'Nuair nach fhaigh iad co-fhurtachd fo aon-searmonaiche, fagaidh iad a choire air a shearmoinibh, 's ruithidh gu h-aon eile, o'm faigh iad beagan suaimhneis car ùine; ach 's ann amhàin le 'n aire bhi air a tarruing o slighe ghnàthaichte. Cha 'n fhada gus an tig crìoch air an annas agus fàgaidh iad am fear so 's theid iad gu aon eile gus an ruith iad air gach ionad-aoraidh air an ruig iad; agus fàgaidh iad an t-aon ma dheireadh 's iad cho fad o sbèith 's a bha iad 'nuair a dh'fhàg

iad an ceud fhear. Bi air t-earalas o'n mhearachd so, agus fòghluim gur h-ann an Criosd, 's an Criosd amhàin, 's cha 'n ann an ionad-aoraidh sònraichte, na fo mhinistreibeachd shonraichte, air bith is comasach thu fois agus sith fhaotuinn. Is e teagasg glòrmhor slàinte ann an Criosd, a tha saor, iomlan agus aig lainbh, a dh' fheumas a bhi 'na clusaig do d' cheann goirt mi-shuaimhneach, 's cha seòl no dòigh àraidh air bith air an teagasg sin a chur an céill.

Ach cha 'n 'eil san Spiorad luaineach so ach ciocras neonachais. Tha cuid do iompachain òga tha ghnà ri 'm faicinn 's na h-uile àite 'm bheil ni sònraichte air bith 'ga chur air adhart; tha iad ri 'm faicinn air gach am 's anns gach aite 'm bheil searmonaich ainmeil r'a chluinntinn, no far am bi aon air bith do gach caochla culaidh bhrosnachaidh gu cràbhadh. Ach cha 'n 'eil an cleachdadh so càirdeil do fhàs diadhachd no obair ghràis anns an anam. Cha 'n iad eadhon coinneamhan nan comunn crabhach an aile 's fearr air son beatha chreidmich òig. Tha maothachd, malltachd 's tiamhuidheachd ann an càil na h-inntinne th' air a h-ùr-dhùsgadh gu iomaguin mu dhiadhachd, nach coinnich a bheag a tha do'n aon ghné, ann an aògas saoghalta nan coinneamh ud. Ann an deas-chainnt 's an sgeul-innse, mar tha iad air an cleachdadh 's na codhailibh, cha 'n 'eil ach beag a tha chum geur-mhothachadh a mheadachadh, no iomaguin antromachadh, ach gu tric mòran a lughdaicheas an dara ni 's a chuireas an ni eile thaobh. Nam bu chomasach ar coinneamhan bliadhnail a bhi air an cumail, leis an stoldachd dhiadhbaidh sin bu chubhaidh dhoibh, an sin dh' fhaodadh luchd-iarraidh an déigh slàinte frithealadh orra mar aon do mheadhona nan gràs; ach theagamh nach ion fiughair a bhi ris a' sin, 's air an aobhar sin, abram riut as an aodunn, na fritheil an tràs tuillidh 's tric air na coinneamhan ud; 's ann bu chòir dhuit uaigneas iarraidh; beachd-smuaineachadh a chleachdadh, 's iarraidh fàs ann an stoldachd agus thu fein a thoirt suas do riaghladh do choinnseis, 's do theagasg Dhe agus an Spioraid naoimh. Is e do ghnòthach an tràs, do shlàinte féin; agus nuair gheibh, thu sin agad mar aon do na dearbhanna gu'n d' fhuaire thu i feumaidh gu'm bi iomaguin ort mu shlàinte dhaoin' eile, 's gu'n aontaich thu le d' cho-chriosduidibh anns gach iunleachd gu math dhaoine adhartachadh.

Ach faodar caidreamh a thoirt do neonachas ann an seòl

eile—le aomadh gu amharc asteach ann an nithibh dorcha 's an rùintibh diomhair Dhe. Na Crìosduidhean a 's suidhichte, seadh, 's na diadhairean a 's mò oilean a 's eagnuidheachd, faodaidh iadsan, agus tha iad gu tric a dol tuillidh 's fada le 'n rannsachadh, 's le dànachd a 'sineadh amach an laimhe a tharruing a thaobh sgàil-bhrat an ionaid ro naoimh. Ach thigeadh dhuitse gu sònraichte so a sheachnadh; ceistean a thaobh ceud thùs an uilc; 's mu cho-chòrdadh roimh-eolais Dhe ri saorsa toil an duine; orduighean Dhe; na faisneachdan samhlauchail agus gun cho-lionadh, agus cùisean eile cho deacair, tha iad sin ro mhi-iomchuidh air do shonsa sa 'chor-inntinn sam bheil thu. 'S iad firinnean soillear so-thuigsinn an t-soisgeil ri 'm bheil do ghnòthach. 'S e tha dhìth ort mathanas, sith agus dòchas fhaotuinn; agus chum so a bhuannachd, cha 'n fheum thu ceò, 's tinghneòil feallsanachd a thogail mu chuairt a chroinn-cheusaidh, ach sealltuinn air mar tha e air a nochdadh ann am focal Dhe gu soillear, aon-fhillte 's 'na aonar. Chaidh a thoirt f' anear gu “ bheil anns an sgriobtur doimhneachdan sam faod an *elephant* snàmh, agus taualaich air am faod uan dol thairis:” is ann ris an tanalach a tha do ghnòthach-sa 'n tràs; agus feuchainn ris an doimhneachd is oidhirp chunnartach nach comhairlichean dhuit a thoirt.

4. *Seachainn a bhi cur suas riaghailt diadhachd dhuit fein, ach facal Dhe, agus a bhi deanamh faireachadh cràbhach Chrìosduidhean eile, na fhìor-dhearbhadh air treibhdhìreas do dhiadhachd fein.*

Is e'm Biobull, agus am Biobull amhàin, fìor riaghailt na diadhachd; 's ma tha do bheachdan, t-fhaireachadh 's do ghiùlan d'a reir, 's coma co dhiubh tha 's nach 'eil iad a cofhbreagradh gu mion do na dh'fhiosraich muinntir eile. Cha 'n e gu bheil eadar-dhealachadh ann an nàdur diadhachd. fìor Chrìosduidhean; ach faodaidh co-chòrdadh a bhi san nàdur agus caochla gnè. Tha aig na h-uile fìor Chrìosduidh gràdh do Dhia, fuath do'n pheacadh, mothachadh air luachnhorachd Chrìosd; tha iad air an cleachdadh ri ùrnuigh 's ri caithe-beatha naomh; ach theagamh nach deachaidh an toirt clum na h-inbhe sin air an aon doigh, 's nach 'eil iad a ruigheachd na h-aon àirde ann am foirfeachd. Ann an leughadh eachdraidh dhaoine diadhaidh chi thu nach ionann idir fiosrachadh sluaigh Dhe, 's air uairibh bithibh tu 'n cunnart tuiteam ann am mòr àmhghar, a chionn

nach 'eil thu faireachadh anns gach cùis mar a rinn na naoimh sin mu'm bheil thu leughadh. 'Nuair thachras ort eiseimpleirean comharaichte air son diadhachd, a thainig an dlùthas neo-chumanta air foirfeachd, na bi sa' bheachd nach 'eil diadhachd agad a chionn nach tig thu suas riu-san; ach seall ciod gus am faod thu teachd; bi air t-irisleachadh a chionn nach eil thu ni's cosmhuile riu, agus deanadh an eiseimpleir do bhrosnachadh gu dìcheall, gun do dhòchais a smàladh as no t-oidhirpean a bhacadh.

5. Dh' earalaichinn *gun thu leigeadh le d'bheacdan drùighteach a bhi air an luasgadh, no le t-inntinn tuisleachadh leis gach cùl-sleamhnachadh's leis gach naomh-threigsinn, a thachras air uairibh ameasg luchd aidmheil diadhachd, agus eadhon muinntir air an robh aon uair meas ard mar luchd aidmheil.*

Is tric gu cinnteach a chuireas e déistinn air muinntir a tha 'g iarraidh an déigh slàinte, 'sa chuireas e'n cunnart tuislidh iad, a bhi faicinn tuiteam na h-aitim sin a bha aon uair muirneach aig creidmhich, agus measail san t-saoghal. Is aobhar eagail nach beag an àireamh, a chaidh o'n am sin air an ais, agus nach d' imich tuillidh ann an slighibh Dhe. Ach cia baoth 's cia ciontach a leithid do ghiùlan! Nach d' innis Crìosd dhuinn gu faodadh fiughair a bhi aguinn ri leithid, 'nuair a thubhairt e, "Is anaobhinn do'n t-saoghal air son oilbheuman; oir is eiginn do oilbheumaibh teachd; ach is anaobhinn do'n duine sin trid an tig an t-oilbheum?" Mata. xviii. 7. Cha'n 'eil 's na cùisibh sin mata, ach co-lionadh fàisneachd, 's tha iad a dearbhadh, mar fhaisneachdan eile nach do cho-lionadh, gu'n robh an ti sin a liubhair iad air a dheachdadh o neamh. Agus tha iad a' dearbhadh ann an dòigh eile mar an ceudna, gu'r ann o Dhia a tha 'n creidimh Crìosduidh; oir mar bitheadh e o Dhia rachadh a sgrios o cheann fada, o dhroch ghiùlan a chàirdean a reir aidmheile, o'm bheil ann an cunnart a's motha na o naimhdeas eascairde follaiseach. Tha cealgairean 'nan dearbhadh beachdte air oirdhearcas an ni sin a tha iad ag aideachadh a bhi 'g aithris; oir co bhiodh aig an t-saothair a bhi 'g aithris air ni nach fliach? Na leig le t-inntinn mata a bhi air a gluasad le giùlan chealgairean, ann an doigh air bith, ach ann an trom dhoilgheas gu'n tachradh a leithid doibh; agus an urnuigh 's am faire dhùr-

achdaich, chum nach tachair mar sin dhuit féin. Gu'm b'i so do ghuidhe.

“ A Dhe mo dhochais na biodh faoin,
Cuir cridhe nuadh a's naomh am chreubh
Nach d' fhuaradh riamh le cealgair claon,
No neach chuir cul ri naomhachd 's neamh.”

CAIB X.

Aobhair misniche.

AMEASG nan cuspairean air am faod miann no déigh a bhi aig daoineibh, cha'n 'eil a h-aon a tha sinn cho mòr air ar brosnachadh gu iarraidh, na gu dochas altrum ris, cha'n 'eil ni mu'm bheil e cho cearr eudochas altrum, cha'n 'eil ni a 's cinntiche fhaotuin, na slainte 'n anama; ma dh'iarrar gu treibhdhireach agus aréir an sgrìobtuir e. Tha 'm Biobull gu leir 'na chulaidh-bhrosnachaidh gus a' bheatha mhaireannach iarraidh; 's bàs Chrìosd agus bith agus eachdraidh eaglais Dhe air thalamh mar an ceudna. Faodaidh daoine tuiteam ann an eudochas a thaobh saibhreas, cliu, inbhe, no slàinte cuirp a bhuanachd; *ach cha ruig neach a tha mach a ifrinn a bhi ann an eudòchas a thaobh slàinte 'n anama bhuanachd.* Tha i ni 's dlùithe dhuinn 's ni 's fhasa ruigheachd oirre na beannachd air bith eile air am faod sinn smaoinachadh. Cha'n urrainn càil ar n-inntinne thaobh maoin shaoghalta éiridh ni 's airde na dòchas, ach a thaobh slàinte faodaidh i eiridh gu dearbh-clinnt; ma ghnàthaicheas sinn na meadhona.

1. Is aon aobhar-misniche, cìod air bith culaidh bhacaidh a th' anns an t-slighe gu bheil iad uile codhalachadh annainn fein.

Cha bhac Dia ar slàinte; agus cha'n urrainn an Diabhal no'n saoghal. Cha'n 'eil bacadh air nach faodar buadhachadh; cha'n 'eil nàmhaid nach faodar a chiosnachadh. Nam biodh cuspair air bith eile aig neach san amharc, 's mur biodh ni 'ga bhacadh o bhuanachd, an taobh amach dheth fein, bhiodh e ann am mòr mhisnich 's e ullamh gu

gàirdeachas a dheanamh mar gu'm biodh e ach gann cinn-teachl a soirbheachadh. A leughadair's annad fein a tha 'n t-aon chulaidh-bhacaidh a th'ann an slighe na slàinte. Is fìor gu'r mòr's gu'r lionmhor iad a th'ann an sin fein; 's gu bheil do neart fein ro an-fhann gu buadhachadh air an aon a's lugha dhiubh: ach thug an Tighearna Dia Uile-chumhachdach geall dhuit air a neart, ma tha thu toileach a bhi air do chomhnadh; agus air an aobhar sin cha'n 'eil do laigse fein 'na culaidh-bhacaidh air nach faodar buadhachadh. 'Si 'n aon cheist, "Am bheil thu da rìreamh toileach's 'a miannachadh a bhi air do thearnadh?" Ma tha thu air do dheanamh aon uair toileach, cìod a bhacas thu bhi air do thearnadh? Smaoinich aris's aris air a bheachd shoillear sin; oir is culaidh-mhisniche nach gann e; Is e'n t-aon doilgheadas 'nam shlighe gu neamh, na bheil ann am chridhe féin, 's tha Dia toileach sin a thoirt air falbh.

2. Is mor a' chulaidh-mhisniche, *gu bheil inntinn Dhe cho làn do dheadh-ghean do 'r taobh, 's gu bheil a chridhe cho suidhichte air ar tearnadh.*

Nam biodh aobhar aguinn a bharalachadh gu'n robh e neo-thoileach ar tearnadh; gu'n robh 'inntinn ann an iomachomhairle eadar càirdeas agus naimhdeas; gu'n robh mor liosdachd feumail gu asluchadh gu bhì tròcaireach, 's gu'n robh e toirt slàinte dhuinn gu neo-thoileach agus le maoidheadh, bhiodh so gu cinnteach na aobhar mi-mhisniche, 's dh'fhaodadh e ar cur fo eagal nach soirbhicheadh leinn. Ach 's e atharracl so a tha fìor. "Is gràdh Dia," Tha e gràsmhor agus làn truacantais; "saibhir ann an tròcair;" agus "pailt ann an tròcair." Tha eadhon "tlachd aige ann an tròcair." "Cha toil leis gu'n rachadh neachl air bith a sgrios, ach gu'n tigeadh gach aon gu aithreachas." "Cha 'n 'eil tlachd aige ann am bàs a' pheacaich, ach bu roghnaiche leis gu'm pilleadh am peacach o aingidheachd's gu'm maireadh e beo." Tha e daingneachadh na cùise le mionnan, "Mar is beò mise deir an Tighearna Dia cha 'n 'eil tlachd agam—sa ann am bàs an aingidh." Esec. xxxiii.

11. Tha e eadhon air a chur an ceill gu bheil slàinte pheacach 'na thlachd cho mòr leis's gu'n do ghabh e os laimh a' giùlan air aghaidh; "soirbhichidh rùn an Tighearna 'na laimh," Isa. liii. 10. Anis is e tha sinn ri thuigsinn le "rùn an Tighearna," slàinte pheacach. 'S cha 'n e mhàin sin, ach tha e air a chur an ceill, "gabhaidh

an Tighearna tlachd annta-san a chuireas an dòigh 'na thròcair," Salm cxlvii. 11. Cha 'n urrainn sinn a thoileachadh ni 's fhèarr, na le bhì 'g aslachadh air ar tearnadh, 's le bhì 'g altrum dòchais ri slàinte uaithe. Anis, gabh thusa tha feoraich an déigh slàinte; gabh am beachd sòlasach so air frithealadh an Tighearna do d' thaobh; oir is e so am beachd ceart. Is gràdh Dia, 's tha tlachd neo-chrìochnach aige ann a bhì deanamh a chreutairean sona. Is fìor gu' r gràdh naomh a ghràdh-san, 's air an aobhar sin is airidh e air an tuillidh earbsa. Air dha solar a dheanamh, ann an tìodhlac 's ann an eadar-mheadhonachd Chrìosd, air son do thearnadh, ann an rathad a tha reir fhirinne, a naomhachd 's a cheartais, 's air dha, mar sin, a thoirt as an rathad gach ni bha bacadh a ghràidh o shruthadh amach d'ur n-ionnsuidh, tha e ro dhùrachdach air son ur tearnadh 's air ur beannachadh. Tha ur n-uile smaointean dorcha eudochasach mu thimchioll eucorach agus diobhalach d' a thròcair. Is tuailleas air a ghràdh, smaoinichadh gu bheil e neo-thoileach do thearnadh, is casaid dhuaichnidh bhreugach air a ghràs e. Nam b' ann air éiginn a chuirteadh impidh air do thearnadh, c'ar son a thug e 'Mhac gu bàsachadh air do shon? Cha 'n 'eil saorsa t-anama-sa no saorsa 'n t-saoghail gu léir, 'na ghniomh gràidh cho mòr ri tìodhlac Iosa Chrìosd. An déigh so na biodh ioghnadh ort, 's na biodh teagamh agad a thaobh ni air bith. "An ti nach do chaomhain a Mhac fein ach a thug thairis e air ar son-ne uile, cionnus maille ris-san nach toir e mar an ceudna dhuinn gu saor na li-uile nithe?" Rom. viii. 32. Tha agad inntinn Dhe, 's a chridhe, 's a rùn 's a bhuanan air taobh do shlàinte; agus nach leòir a chulaidh mhisniche sin?

3. Beachd-smuainich, air inntinn, cliu agus obair ar Tighearn Iosa Chrìosd.

Thainig e chum peacaich a thearnadh. Rinn e gach ni bha feumail air son an slàinte; tha e comasach an tearnadh chum na cuid a 's faide; thug e cuireadh do na h-uile teachd g' a ionnsuidh chum an tearnadh; gheall e an tearnadh, 's an tig e nis an cois a gheallaidh? Smuainich air glòir a phearsa, Dia air fhoillseachadh san fheòil, smuainich air a rùn ann an teachd san fheòil, ann am fulang 's am bàsachadh; smuainich air iomlanachd oibre ann an lan dìoladh a thoirt do cheartas De, 'ua lagh àrdachadh, agus ann an riaghladh Dhe os ceann dhaoine chumail suas, 'na fhìor-

ghloine, 'na urram 's 'na chumhachd; smuainich air gràdh a chridhe, air cumhachd a ghàirdein, agus air an dlùth dhaimh a th'eadar a chliu mar eadar-mheadhonair agus slàinte pheacach; smuainich air a làn uachdranachd os ceann aingeal, dhiabhal, dhaoine, nàduir agus an fhreasdail; smuainich air a ghnà eadar-ghuidhe éifeachdeich aig deas laimh Dhe; smuainich air a chuireanna do na h-uile, 's air a gheallana saor: nach iad sin na cùisean 's na h-aobhair mhisniche! Cia co suidhichte 's a tha chridhe air slàinte pheacach! 's e so an t-aoibhneas a chuireadh roimhe; 's air son an d' fhuiling e 'n crann-ceusaidh, a' cur a nàire ann an neo-shuim; is e so saothair 'anama; agus is ann leis a so a theid a chiocras do-labhairt a shàsachadh. Is i do shlàinte a ghnòthach, agus is e 'criochnachadh a dhuais. Ged theireadh tu gu'm biodh e caoin-shuarach mu d' shlàinte, am bi e caoin-shuarach mu ghlòir fein? Am maslaich, e 'ainm fein, 's an sgrios e 'obair féin, 's am breugaich e gheallanna, 's an tilg e dhuais féin air falbh, 's an cuir e crioich air a chliù fein mar Fhear-saoraidh, le diùltadh thusa thearnadh? Am bheil e coslach? Am bheil e comasach?

4. *Sior-bheachdaich air cumhachdan neo-chriochnach agus uil-fhoghainteach an Spioraid Naoimh.*

Tha 'n riochdair neamhaidh so cho uile-chumhachdach gu naombachadh 's a bha Dia air tùs gus na neamlia 's an talàmh a chruthachadh. Nam biodh tu air t-fhàgail gu t-oidhirpibh fein 's math a dli' fhaodadh tu éigheach amach, "Co a ta foghainteach chum nan nithe so?" agus dòchas ri slàinte dhiobradh gu siorruidh air son eudochais. Ach cha lugha tha innleachd na saorsa ri ullachadh air son a sochairean a bhi gu h-eifeachdach air an co-chur ri peacaich tre obair an Spioraid Naoimh, na tha i deanamh ullachaidh chum am buannachd tre eadar-mheadhonachd Chrìosd; agus cha robh agartais na Diadhachd air an roimh-fhaicinn na ullachadh air a dheanamh air an son an dòigh ni b' iomlaine le Crìosd, na bha uile anmhuinneachdan, uireasbhuidh, agus aingideachd a' chridhe air an roimh-fhaicinn 's ullachadh air a dheanamh air an son mar an ceudna leis an Spiorad Naomh. Tha coi-liontachd ghlòrmhor ann an innleachd na saorsa; cha 'n urrainn eadhon sùil amharusach a mhi-chreidimh, agus geur-shealladh na coguise ta fo thrioblaid 's fo iomaguin, failinn a chomharachadh innte. Doille do thuigse, cruas agus ceilg do chridhe, coirbteachd

do thoile; marbhantachd do choguis; meamna t-inntinne; buaireas t-anamianna; do mhi-thoil gu math a dheanamh; 's do chlaonadh gu olc; do chion-toile tighinn gu rùn-suidhichte; do neo-bhunailteachd; do ghealtachd; 's t-iomlaideachd; iad sin gu leir bha air an roimh-fhaicinn, 's bha ullachadh air a dheanamh air an son ann an saibhreas mair-eannach gràis ann an Spiorad beannaichte Dhe. Tha misneach air a toirt duit t-earbsa chur san t-saibhreas sin agus tarruing as, gun tomhas gun chrìoch. Cha 'n 'eil e air iarraidh ort ni dheanamh no labhairt, no thoileachadh no mhothachadh, no smaoineachadh, ach ann an earbsa ris an Spiorad Naomh. Tha e air àithne dhuit amharc ris-san, air son gach caochla oibre 's airson gach cumbachd, 's air son a neirt agus a ghliocais-san ann an am feuma. Leugh gu h-àraidh na h-earannan so do'n Sgrìobtur, agus feòraich mur 'eil culaidh mhisniche gu leòir an so? Luc. 11 9—13; Rom. viii. 10—17; Seumas i. 5, 6; Gal. v. 22, 23; Eoin xvi. 7—15; 2 Cor. xii. 9, 10.

5. *Gnà-bheachdaich air aogus coitcheann focail Dhe*, mar tha e cho pailt ann an iartusaibh gu slàinte iarraidh; ann an cuireannaibh g'a deanamh cinnteach; s ann am briathraibh a tha cur an ceill a bheannachdan a tha mòr, eugsamhuil, freagarach agus ciunteach.

Ged rachadh bladh a Bhiobull a chur sìos ann am facal no dha, b' e so e; "Is ràdh fìor so agus is fìu e air gach aon chor gabhail ris, gu'n d' thainig Iosa Crìosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach; d' am mise an ceud-fhear." 1 Tim. i. 15. No anns an aon fhocal sin aig am bheil seadh neo-chrìochnach,—Slàinte. Tha gach ni sa' Bhiobull ag aomadh thuige so: ann an so tha sreathan eachdraidh agus faisneachd an Seann Tiomnadh agus an Tiomnadh Nuadh, an lagh 's an soisgeul, a' codhalachadh. Tha Slàinte a' fann-bhoisgeadh ameasg neul agus fhaileas an t-Seann Tiomnadh, 's a' dealradh 'na h-uile ghlòir o eachdraidh a clureidimh Chrìosduidh. B' i chuis so a shil ann am briathraibh tlàtha ach diomhair o bhilibh Trocaire, air inntinnibh eu-dochasach ar ceud pharanta; b' i chuis so a thainig ann am pongaibh bu tlàithe ann an lagh nan deas-ghna, 'nuair sguir tairneanach nan deich àithntean a chur ball-chrith air clann Israeil aig Sinai; b' i chuis so mu 'n do bluail am faidh a chlàrsach; 's a thainig amach ann an Sailm Dhaibhidh; 's ann am plathaibh gairdeachais Isaiah; b' i chuis so

a roghnaich aingil air son an òrain aoibhneis air oidheche breith Iosa; b' i chuis so mu 'n d' rinn soisgeulaich iomradh 'nan eachdraidh, 's mu 'n do sgrìobh Abstoil 'nan litrichibh; a chùis a bha aislingean an Taisbeanaidh, a reir coslais, gu àrdachadh 's gu shoilleireachadh le bhi 'g a nochdadh mar cheanu còrdaidh eadar neamh agus talamh, 's mar an pinne tha ceangal cùisean aimsire ri glòir na siorruidheachd. F'ad chomhair-sa tha 'g iarraidh an déigh slàinte tha 'm Biobull a' nochdadh slàinte, 's a' cleachdadh 'uile-lànachd gu d' thàladh, agus 'uile-ùghdaras gu àithne dhuit, 's uile-ghràs-mhorachd gu d' chuireadh gu leanmhuinn an déigh seilbh cho ro mhòr; 's tha e eadhon a' gnàthachadh a bhagraidhean 's a thairneanaich gu tròcaireach chum t-iomain air son didein chum an dòchais a chuireadh romhad anns an t-soisgeul. Nach eil so 'na aobhar-misniche?

6. *Tha neo-chaochlaideachd nàduir Dhe's a chumhanta, 'nam mathair-aobhair air dòchas neo-chrìochnach.*

Thug e cuireadh, àithne, agus gealladh; agus cha duine e gu'n deanadh e breug, no mac duine gu'n gabhadh e aithreachas; ach is e Athair nan soillse, leis nach 'eil atharrachadh no sgaile caochlaidh. Tha e cho neo-chaochlaideach 'na rùn agus 'na ghealladh 's a tha e 'na nàdur. An ti a ni e ghràdhachadh gràdhaichidh e chum na crìche. Nam b' urrainn thu clar-ainmean a chàirdean a rannsachadh, cha 'n fhaiceadh tu gu'n deachaidh ainm riamh a dhubhadh amach. “ Comh-oibrichidh na h-uile nithe chum maith, do'n dream aig am bheil gràdh do Dhia, eadhon dhoibh-san a ghairmeadh a reir a rùn; oir an dream a roimh-aithnich e romh-orduich e iad mar an ceudna chum bhi cosmhuil ri iomhaigh a Mhic, chum gu'm biodh esan 'na chend ghin ameasg mòrain bhràithre; agus an dream a romh-orduich e ghairm e iad mar an ceudna; agus an dream a dh' fhìreanaich e ghlòraich e mar an ceudna. Ciod uime sin a their sinn ris na nithibh sin? Ma tha Dia leinn co dh' fheudas a bhi 'nar n-aghaidh? Co a sgaras sinn o ghràdh Chrìosd? an dean trioblaid no àmhghar, no geur-leanmhuinn no gorta, no lomnochduidh, no cunnart no claidheamh? Ni h-eadh ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìd-san a ghràdhaich sinn; oir a ta dearbh-beachd agam, nach bi bàs no beatha, aingil, no uachdar-anachda, no cumhachda no nithe a ta làthair, no nithe a ta ri teachd, no àirde, no doimhne, no creutair sam bith eile,



comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhe a ta ann an Iosa Criosd ar Tighearn," Rom. viii. 28—39. A chainnt oirdhearc! an uaille bhudhar! an gàirdeachas àghmhor. Chuala neamh le tlachd i; chual' ifrinn i le ball-chrith; agus cluinneadh naoimh air thalamh i 's deanadh iad gàirdeachas. Biodh misneach agad-sa tha 'g iarraidh an déigh slàinte; far an toisichear deadh obair sa' chridhe giùlainear air a h-aghaidh i gu là Iosa Criosd, Phil. i. 6. An Spiorad, a tha togail teampuill dha fein san anam, cha 'u fhàg e gun chrìochnachadh; 's an deigh e bhì crìochnaichte cha cheadaich e dha tuiteam. Ged dh' fhaodas naimhdean an taobh-muigh a bhì 'g a ghrabbadh 's ri fochaid, 's ged dh' fhaodas naimhdean san leth-stigh a bhì air uairibh a' dùsgadh ceannairce 's a' bacadh na h-oibre, theid i air a h-aghaidh gus an toirear amach a chlach-mhullaich leis an iolaich aoibhneich, "Gràs, gràs." Seasaidh rùn an Tighearna, a dh' aindeoin gach cunhachd 's gach ceilge; ged chuireadh talamh agus ifrinn an neart 's an gamhlas le cheile. Nach 'eil so 'na aobhar-misniche?

7. *Beachd-smuainich air co-fhaireachadh 's air ùrnuighean cho-chriosduidhean.* Ged fhaodadh tu bhì air do chur fo mhi-mhisnich le caoin-shuarachas agus le meath-bhlàths cuid, biodh solas ort nach ionann a ta na h-uile. Tha na miltean do mhinisteirean Chriosd, 's daoine 's mnathan diadhaidh o linn gu linn, a' dortadh amach an athchuingean dùrachdach ri Dia, air son na h-aitim sin a tha 'g iarraidh na slighe gu Sion le 'n aghaidh d'a h-ionnsuidh. Nach cuala tu do chuis air a giùlan le caomhalas agus le dùrachd air cridheachan do chairdean 's do mhinisteir? Nach d' fhairich thu mar so co-fhaireachadh a cho-thionail a' taomadh mar thuil 'nad chridhe? Dh' fhairich, agus cha 'n e mhàin gu bheil an "Spiorad agus a' bhean nuadh-phosda 'g ràdh, thig," anns an dòigh fhollaisich so: cha 'n e mhàin gu bheil guth ùrnuigh mar so a' toirt do chùise 'n làthair Dhe; ach ann am mìtibh seomar tha daoine diadhaidh a guidhe air do shon ri Dia, 's ag asluchadh gràis air t-anam. Anns na h-amaibh doilgheasach sòlaimte ud, 'nuair tha thu fo mhi-mhisnich agus ullamh gu fannachadh, 'nuair, an àite ùrnuigh, nach urrainn thu chur amach ach osna do-labhairt, an sin smuainich le tlachd 's le dòchas air na tha 'g ùrnuigh air

do shon, agus thoir buidheachas do Dhia, agus gabh misneach.

8. Gabh misneach o bheachd-smuaineachadh air *frithealadh nan aingeal*; oir “nach spiorada frithealaidh iad uile, air an cur amach chum frithealaidh dhoibh-san a bhios 'nan oighreachaibh air slàinte?” Eabh. i. 14. Cha 'n fhiosrach sinne ciod na dreuchdan a th'aca, oir theagamh nach biodh e teáruinte dhuinn an t-eolas sin a bhi aguin; 's cha 'n fhiosrach sinn c' arson a tha iad air an cleachdadh mar luchd-frithealaidh; no meud na comaine fo 'm bheil sinn: ach 's ro thaitneach làn misniche 'n smaoin gu bheil an leithidean do luchd-frithealaidh agad gu d'leas a chur air aghaidh; an leithidean sin do luchd-amhairc ort; an leithidean do chairdibh aig am bheil co-fhaireachadh riut. Rinn iad cheana gàirdeachas os ceann t-iompachaidh, ma tha thu da rìreadh air t-iompachadh; agus chaidh do chur fo 'n cùram, chum gu frithealadh iad air son do leas. Faodaidh tu bhi air do dhimeas le daoineibh, ach tha suim aig ainglibh dhiot; faodaidh tu bhi air do dhearmad le daoineibh ach tha aingil mar do luchd-coimhideachd; faodaidh tu bhi air do chur air chùl le daoineibh ach tha thu 'n combanas le ainglibh; faodaidh daoine cur a' t-aghaidh 's do gheur-leanmhuinn, ach tha aingil 'nan spiorada frithealaidh air an cur amach chum frithealadh air son do shlàinte. Nach aobhar misniche sin?

9. *Smuainich cia lionmhor iad a bha aon uair air am feuchainn, lag 's fo mhi-mhisnich, mar tha thusa 'n tràs, a chaidh a ghiùlan gu tearuinte, tre 'n amhghar-aibh, 's tha nis am fianuis na rìgh-chaitheach ann an glòir bhith-bhuan.*

Dh'fhosgail an t-Abstol Eoin mar gu'm b' ann dorsan an teampuill neambuidh, los gu 'n dealradh na seallanna 'n taobh-stigh air ar suilibh, 's gu 'n taomadh na fuaimean air ar clusaibh. “An deigh so dh'amhairc mi, agus, feuch, sluagh mòr, nach robh neach sam bith comasach air àireamh, do na h-uile chinnich, agus threubhaibh agus shluaghaibh, agus theangaidhibh, 'nan seasamh an làthair 'na rìgh-chaitheach, agus an làthair an Uain, air an sgeadachadh le trusganaibh fada geala, agus pailm aca 'nan làmbhaibh; agus ghlaodh iad le guth àrd, ag ràdh, Slàinte do ur Dia-ne a ta 'na shuidhe air an rìgh-chaitheir agus do 'n Uan,” Taisb. vii. 9, 10. Agus co iad a ta cur amach nam fonn sin?

“ Iadsan a thainig a h-àmhghar mòr 's a nigh an trusgain's a rinn geal iad ann am fuil an Uain.” 14 Bha iad aon uair air thalamh 'nan daoinibh cosmhuil riut fein a thaobh fulangais; bha iad a' toiseachadh air slighe na diadhachd mar tha thu fein an tràs.

“ Bha iadsan aon uair mar sinn fein,
A bhos gu deurach truagh;
Ri peacadh, eagal 's imcheist cridh
Bha 'n gleachd 's an strigh gu cruaidh.”

Cha 'n 'eil uallach a tha sàrachadh do chridhe nach do shàruich iadsan; cha 'n eil eagal a tha luasgadh t-inntinne, nach d' fhiosraich iadsan, cha 'n 'eil buaireadh a thug ionnsuidh ort nach d' thainig 'nan caramh-san; cha 'n 'eil culaidh bhacaidh a tha cur athaidh ort nach do thachair orra-san; bha iad aon uair cho aineolach, cho an-fhann, cho peacach, cho lan geilte 's mi-mhisniche 's a tha thu féin; cha 'n 'eil bròn, no imcheist, no cunnart ris an robh thus' air do chleachdadh, troimh nach deachaidh iadsan romhad. Ach a nis tha iad ann an neamh, an déigh tuillidh 's buaidh a thoirt air gach ni dhiubh sin, trid-san a ghràdhaich iad. Ghabh an ti sin, a shaor iad, os laimh thusa shaoradh; 's cha 'n 'eil a chluas mall no a làmh air dol an giorrad. Uime sin, air dhuinne bhi air ar cuairteachadh le neul co mor do fhianuisibh, cuireamaid dhinn gach lethtrom, agus am peacadh a ta gu furas ag iadhadh umainn, agus ruith-eamaid le foighidinn an réis a chuireadh romhainn, ag amharc air Iosa, ceannard agus fear-criochnaich ar creidimh,” Eabh. xii. 42.

10. Deanadh meud na sochaire ta thu 'g iarraidh, agus an dòchas gu 'n toirear gu foirfeachd i ann an glòir shiorruidh, do bhrosnachadh gu misnich.

Tha thu 'g iarraidh slàinte, facal nach comasach ach inntinn Dhe fein a thuigsinn; oir tha e gabhail astigh, mar thubhairt mi cheana, na tha siorruidh agus neo-chriochnach. Ni slàinte sona thu air son an t-saoghail so, 's an ath-shaoghail. San t-saoghal so builichidh i ort mathanas 'nad uile pheacaibh; fireanachadh do phearsa, ath-nuadhachadh agus naomhachadh nàduir; uchdmhacachd fear-dionaidh air do dheadh-chliù 's air do mhaoin; cuid-eachadh gu d' shlàinte cuirp; tobar sòlais anns a' chor a's muladaiche; solus nuair is motha dorchadas àmhghair; fear-comuinn nuair is aonaraich' thu; combhairliche anns

gach imcheist; cobhair 'nad laigse; cronachadh ann am buaireadh; bheir i'n dàimh thu ri sluagh saorta agus naomha Dhe; 's ni i do threòrachadh ann an urram tre gach caochladh sa' bheatha so; feitheamh ort gu bruaich na siorruidheachd, socair a thoirt duit air adhart-bàis, cràdh an dealachaidh a lughdachadh, 's do mhisneach a thogail ann an spàirn a' bhàis le dòchas na neo-bhasmhorachd. Agus cha 'n 'eil an so uile ach toiseach, earlais agus roimhbhlas air na tha feitheamh ort an taobh thall do'n uaigh. Is ann am briathran Spioraid an Tighearna 'mhain bu chòir innse ciod e sin; oir "Cha 'n fhaca sùil, agus cha chuala cluas, agus cha d' thainig ann an cridhe duine, na nithe a dh' ullaidh Dia dhoibh-san aig am bheil gràdh dha," 1 Cor. ii. 9. "Athair," ars' ar Tighearn, "is àill leam an dream a thug thu dhomh, gu 'm bi iad maille rium, far am bheil mi, chum, gu faic iad mo ghlòir," Eoin xvii. 24. "Agus mar sin bithidh sinn gu siorruidh maille ris an Tighearn," 1 Tesal. iv. 17. "An ti a chreideas anns a Mhac tha a bheatha mhaireannach aige." Eoin. iii. 36. Dhoibh-san a ta le buannachadh gu foighidneach ann an deadh obair, ag iarraidh glòire agus urraim, agus neo-bhasmhorachd, a' bheatha mhaireannach," Rom. ii. 7. "Oir a ta ar n-àmhghar eutrom, nach 'eil ach re sealain, ag oibreachadh dhuinne trom-chudthrom glòire, a ta ni 's ro anabharrach agus sior-mhaireannach; oir tha na nithe nach faicear siorruidh," 2 Cor. iv. 17, 18. "A dh' ath-ghin sinne chum oigheachd neo-thruaillidh, agus neo-shlalaich agus nach searg as, a tha air a coimhead sna neamhaibh dhuibhse, a tha air bhur coimhead le cumhachd Dhe tre chreidimh chum slàinte, a tha ullamh r'a foillseachadh san aimsir dheireannaich," 1 Pead. i. 3—5. Cha n'eil e soillear fathast ciod a bhitheas sinn: ach a ta fhios againn 'nuair a dh' fhoillsichear esan, gu 'm bi sinn cosmhuil ris; oir chi sinn e mar a tà e." 1 Eoin iii. 2. An déigh so dh' amhaire mi agus, feuch, sluagh mòr, nach robh neach sam bith comasach air àireamh, do na h-uile chinnich agus threubhaibh, agus shluaghaibh agus theangaidhibh, 'nan seasamh an làthair na rìgh-chaitheach, agus an làthair an Uain, air an sgeadachadh le trusganaibh fada geala, agus pailm aca 'nan làmhaibh; agus ghlaodh iad le guth àrd, ag ràdh, Slàinte do ar Dia-ne, a ta 'na shuidhe air an rìgh-chaitheir, agus do 'n Uan. Uime sin tha iad an làthair

rìgh-chaitheach Dhe, agus a' deanamh aoraidh dha a là agus a dh'oidhe 'na theampull; agus gabhaidh an tì a tha 'na shuidhe air an rìgh-chaitheir còmhnuidh 'nam measg. Cha bhi acras orra tuilleadh no tart ni's mò; cha mho a bhuaileas a' ghrian orra, no teas air bith. Oir beathaichidh an t-Uan a tha am meadhon na rìgh-chaitheach iad, agus treùraichidh e iad gu beo-thobraichibh uisge: agus tiorm-aichidh Dia gach deur o'n suilibh," Taisb. vii. 9—17.

Thusa, tha gu h-iomagaineach ag iarraidh an deigh slàinte, gabh misneach, amhairc a suas gu neamh, agus air t-aghaidh gu glòir shiorruidh, agus seall ciod a tha thu'g iarraidh, agus ciod ris am bheil thu air do bhrosnachadh gu dòchas altrum.

CHRIOCH.

PRINTED BY J. NIVEN AND SON,
FOR THE GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY.

